

> A' Toirt Ùghdarras do Choimhearsnachdan
Eileanach na h-Alba

Ògmhios 2014
Buidheann-obrach Mhinistreib Sgìrean
nan Eilean





> A' Toirt Ùghdarras do Choimhearsnachdan
Eileanach na h-Alba

Ògmhios 2014
Buidheann-obrach Mhinistreib Sgìrean
nan Eilean

© Crown copyright 2014

Faodar am fiosrachadh seo (ach a-mhàin suaicheantansan agus ìomhaighean) ath-chleachdadh an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith, fo theiream Ceadachd an Riaghaltais Fhosgailte. Gus a' cheadachd seo fhaicinn, tadhailibh air <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/> no cuiribh post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air fiosrachadh dlighe-sgrìobhaidh treas pàrtaidh sam bith a chomharrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho luchd-glèidhidh na dlighe-sgrìobhaidh sin.

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri fhaotainn air an làrach-lìn againn aig www.scotland.gov.uk.

ISBN: 978-1-78412-606-3

Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Ògmhios 2014

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndra
Dùn Èideann
EH1 3DG

Dèante airson Riaghaltas na h-Alba le Buidheann APS Alba, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
DPPAS31773 (06/14)

Clàr-innse

A' Toirt Ùghdarras do

Choimhearsnachdan

Eileanach na h-Alba

Facal-toisich le Cathraiche Buidheann-obrach Mhinistreib

Sgìrean nan Eilean

05

Facal-toisich le Ceannardan Ar n-Eileanan Ri Teachd

07

Ro-ràdh

11

Ciamar a tha eileanan na h-Alba cho sònraichte?

18

A' togail guth nan eilean

24

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean

36

A' neartachadh soirbheas nan eilean

56

An ath rud a thachras

82

Eàrr-ràdh 1: Buidheann-obrach Mhinistreib

Sgìrean nan Eilean

84



Facal-toisich

le Cathraiche

Buidheann-obrach

Mhinistreib Sgìrean nan

Eilean

Tha an referendum a tha air fàire mu àm ri teachd bun-reachdail na h-Alba a' cruthachadh cothrom, nach nochd ach uair sa ghinealach, airson ùrachadh deamocratach.

Mas e 's gum bhòt Alba airson dùthaich neo-eisimeileach chì sinn co-dhùnaidhean gan dèanamh mu ghnothaichean Albannach le daoine aig a bheil an sùim as motha do dh'Alba, na daoine a tha a' fuireach agus ag obair an seo. Chì sinn an uair sin beairteas is stòrasan na h-Alba air an cur gu feum gu maith na h-Alba.

'S e cothrom air leth inntinneach a tha seo dhar dùthaich.

San Iuchar 2013, mar phàirt de shlighe na h-Alba a dh'ionnsaigh neo-eisimeileachd, shuidhich am Prìomh Mhinistear Dearbhadh Lerwick.

> *Tha sinn a' creidsinn gur iad na daoine a tha a' fuireach agus ag obair ann an Alba a tha san t-suidheachadh as fheàrr gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mun àm ri teachd againn - brìgh fèin-dhearbhaidh; mar sin tha sinn a' cur taic ri bhith a' toirt cumhachd nas fhaisge air na daoine agus a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean gu h-ionadail*

Tha Dearbhadh Lerwick air ar conaltradh le Eileanan na h-Alba a stiùireadh.

A' coinneachadh ann an Sealtainn, stèidhich Riaghaltas na h-Alba Buidheann-obrach Mhinistreib Sgìrean nan Eilean airson na molaidhean làidir a chaidh a shuidheachadh mar phàirt den iomairt Ar n-Eileanan Ri Teachd le Comhairle Eileanan Shealtainn, Comhairle Eileanan Arcaibh agus Comhairle nan Eilean Siar a ghluasad air adhart.

Tha a' bhuidheann-obrach air coinneachadh sia tursan thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad agus tha mi a' moladh na trì Comhairlean Eileanach airson am miann agus an dealas rè a' phròiseis seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh, ged a tha na trì Comhairlean Eileanach ann an suidheachadh àraidh, gu bheil 93 eilean ann an Alba far a bheil daoine a' còmhnaidh, agus gum faigheadh gach coimhearsnachd eileanach buannachd à ùghdarrachadh na bu mhotha.

Air 16 Giblean 2014 aig coinneamh caibineit a chaidh a chumail ann an Steòrnabhagh dhaingnich sinn ar taic airson dìon bun-reachdail dhar cuid eileanan.

Tha an ro-shealladh seo, A' Toirt Ùghdarras do Choimhearsnachdan Eileanach na h-Alba, a' buntainn gu tur ri Arcaibh, Sealtainn agus na h-Eileanan an Iar, agus a' leantainn còmhraidhean a bh' agam le Comhairlean na Gàidhealtachd, Earra-Ghàidheil agus Bhòid agus Siorrachd Àir a Tuath, tha sinn cuideachd a' moladh cha mhòr gach gnothaich mar fhreagarrach do Sgìrean Eileanach eile na h-Alba. Mar sin, tha an ro-shealladh seo ann airson gach eilean Albannach.

An lùib barrachd cumhachd, thig barrachd dleistanais agus cunntachalachd. Ann a bhith a' cur air adhart an ro-shealladh seo, tha an dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus riochdairean bho air feadh ar Sgìrean Eileanach air dèanamh cinnteach gur e barrachd fèin-riaghlaidh do choimhearsnachdan eileanach an dòigh as fheàrr airson a bhith cinnteach gun tèid aig eileanan na h-Alba air dèiligeadh ri na dùbhlain a tha mun coinneimh agus gun tèid aca air grèim a ghabhail air na cothroman a th' ann airson fàs san eaconamaidh.

Tha teicneòlas na 21d linn ann airson ar cuideachadh gu bhith a' togail drochaid tarsaing air astar mhòr thèireil a tha an-dràsta a' cuingealachadh mòr-rùintean nan eilean. 'S urrainn do lùth ath-nuadhachail cumhachd a thoirt do dh'eaconamaidhean eileanach agus, le barrachd ùghdarrachadh, 's urrainn do choimhearsnachdan àm ri teachd nas seasmach a chruthachadh le taigheadas nas fheàrr, cosgaisean connaidh nas ìsle agus ceanglan còmhhdail nas fheàrr.

Tha an ro-shealladh seo gu h-iomlan air a mholadh leis gach ball de Bhuidheann-obrach Mhinistireil Sgìrean nan Eilean. Thathar dhen bheachd, leis a' ghluasad de chumhachdan gu lèir gu Pàrlamaid na h-Alba, a thigeadh an lùib neo-eisimeileachd, gun tèid na co-dhùnaidhean a bu chòir a ghabhail le coimhearsnachdan eileanach gu dearbh an gabhail le coimhearsnachdan eileanach.

Tha neo-eisimeileachd a' tabhann cothrom air leth am prionnsapal fèin-riaghlaidh a leudachadh cho math ri dealas Riaghaltas na h-Alba a thaobh ùghdarrachadh choimhearsnachdan.



Derek MacAoidh BPA

Ministear airson Riaghaltas Ionadail agus Dealbhadh

Facal-toisich

le Ceannardan Ar
n-Eileanan Ri Teachd

Bho chionn bliadhna air ais, cha mhòr chun an latha, air 17 Ògmhios 2013, chuir na trì Comhairlean Eileanach, ann an Arcaibh, Sealtainn agus na h-Eileanan an Iar, air bhonn an iomairt Ar n-Eileanan Ri Teachd.

Rinn sinn sin is sinn a' creidsinn, agus tha fhathast, gu bheil feartan sònraichte aig ar buidhnean de dh'eileanan, cho math ri dùbhlain àraid air sgàth ar n-iomallachd cruinn-eòlach agus àireamh-sluaigh cho beag – agus gum biodh cothrom againn làn chomasan ar n-eileanan a bhuileachadh airson maith gach coimhearsnachd sgapte, agus maith na dùthcha gu lèir, le bhith a' toirt ùghdarras dhar deamocrasaidhean ionadail mar a tha a' tachairt ann an Sgìrean Eileanach eile air feadh na Roinn Eòrpa.

Tha sinn làn chreidsinn gun gabh seo a choileanadh le bhith a' toirt dhuinn an uidheamachd airson gnothaichean a rèiteachadh dhuinn fhèin, oir tha sinn tapaidh agus ùr-ghnàthach, agus tha cùram mhòr oirnn mu ar cuid choimhearsnachdan. Le bhith a' leigeil leinn obrachadh air stèidh chòmhnard, far a bheil ar mì-chothroman air an aithneachadh agus air am maothachadh, thèid againn air an leantalachd a tha mar bhun-stèidh do dh'amasan an Aonaidh Eòrpaich a choileanadh. Le bhith a' toirt dhuinn an innleachd fiosgail gus airgead a chur an seilbh nar sgìrean agus nar coimhearsnachdan, 's urrainn dhuinn fàs eaconamach seasmach a phutadh air adhart.

Tha an iomairt againn a' toirt suim do dh'atharrachaidhean ach ag aithneachadh gu bheil tòrr a bharrachd againn a tha cumanta, agus gu bheil barrachd cuideam air cùl ar n-argamaidean nuair a tha iad air an cur air adhart leis na trì comhairlean Albannach anns a bheil eileanan a-mhàin.

A' dèanamh seasamh nach robh a' taobhadh ri pàrtaidh poilitigeach sam bith agus nach robh a' cur an cèill beachd sam bith a thaobh neo-eisimeileachd, a' cur air adhart argamaidean a bha reusanta agus a bha stèidhte air an fhìrinn, chuir sinn ceistean air riaghaltasan na h-Alba agus na RA agus air na pàrtaidhean dùbhlanaich, agus sinn gu tur mothachail nach biodh àm na b' fheàrr seo a dhèanamh ach nuair a tha Alba a' toirt sùil bhunasach air inbhe bun-reachdail na dùthcha.

Fhuair sinn beachdan math air ais bho na meadhanan agus bho ar luchd-poileataigs cho luath sa chuir sinn ar n-iomairt air bhonn.

Bha Riaghaltas na h-Alba air bòrd bho thùs, le Dearbhadh Lerwick a' gealltainn seasamh cuideachail agus gum bu chòir 'an ìre as motha de cho-dhùnadh ionadail' a bhith aig na h-eileanan.



Goirid às dèidh sin, chaidh Buidheann-obrach Mhinistreib Sgìrean nan Eilean a stèidheachadh agus, thairis air sia coinneamhan, tha cothrom air a bhith againn ar n-argamaidean a thaobh ùghdarrachadh airson ar deamocrasaidhean ionadail a chur air adhart gu Riaghaltas na h-Alba gus an dèan iad meòrachadh air agus gun toir iad beachd, air a dhaingneachadh anns an ro-shealladh seo airson nan eilean.

Chan eil sinn a' dèanamh rud beag de dh'àrd-amas ar n-iomairt ach cha mhotha a tha sinn a' dèanamh rud beag den tabhartas cultarail agus eaconamach a tha na h-eileanan a' toirt dhar dùthaich.

Tha ar cultaran àraid rim faicinn gu follaiseach nar n-às-mhalairt ciùil, ar dualchasan Gàidhealach, Lochlannach agus arceòlach, agus a h-uile uair a bhruidhneas sinn.

Tha eaconamaidh gach aon de na trì buidhnean eileanach an urra ri àireamh bheag de phrìomh ghnìomhachasan a tha, ann an suidheachadh an iasgaich, àiteachais, cultar-uisge agus ola is gas, cudromach gu nàiseanta. A thaobh lùth ath-nuadhachail, tha na stòrasan àraid timcheall air ar n-eileanan agus mar a tha sinn air thoiseach gu h-eadar-nàiseanta a thaobh deuchainnean is cur an gnìomh, tha an comas ann tabhartas deatamach a dhèanamh a dh'ionnsaigh amasan nàiseanta.

Tha am muir agus grunn na mara air leth cudromach airson ar coimhearsnachdan iomallach eileanach a chumail beò.

Mar sin, tha e cudromach gu bheil na coimhearsnachdan anns na buidhnean de dh'eileanach iomallach, ag obrachadh tro agus còmhla ri na Comhairlean agus Com-pàirteachasan Dealbhaidh Coimhearsnachd, a' gabhail an stiùir a thaobh leasachadh seasmhach agus a bhith a' dèanamh feum de stòrasan mara, a' faighinn earrann chothromach de theachd-a-steach asta, a' dèanamh cinnteach nach e th' ann an leasachadh ach rudeigin a bhios ga dhèanamh oirnn.

Tha ar n-iomallachd a' ciallachadh gu bheil comasan co-cheangail de gach seòrsa deatamach dhuinn, leithid ceanglan grid, seirbheisean puist, coluadar didseatach, no gu cudromach còmhhdhail mara no adhair, an dà chuid eadar ar n-eileanan anns na Sgìrean Eileanach no a-mach gu tìr-mòr na h-Alba.

Dhwinne, tha am muir agus na h-aiseagan mar a tha rathaidean, rathaidean-iarainn agus busaichean dhaibhsan a th' air tìr-mòr. Tha iad deatamach ach gu math tric nan uallach ionmhasail mhì-chothromach dhar Comhairlean, agus tha sinn airson obrachadh còmhla-ri Riaghaltas na h-Alba airson coimhead air gnothaichean

de leithid agus cuideachd airson a bhith ann am prìomh shuidheachadh airson a bhith a' dealbhadh sheirbheisean còmhdaile a tha èifeachdach.

Chaidh na gnothaichean seo air fad, agus gu leòr eile, an deasbad aig ar coinneamhan agus tha Riaghaltas na h-Alba gam freagairt anns an ro-shealladh seo.


Bu toil leinn taing a thoirt do Mhinistearan agus oifigich le chèile airson an dòigh chinneasach agus chuideachail anns an do dh'obraich iad còmhla rinn rè còmhraidhean agus co-rèiteachadh na Buidhne-obrach Ministreil, le taing shònraichte ga thoirt dhan Chathraiche againn, am Ministear airson Riaghaltas Ionadail agus Dealbhadh, Derek MacAoidh BPA.

Ged a tha Buidheann-obrach Mhinistreil Sgìrean nan Eilean air tighinn gu crìch, cha tàinig crìoch air ar n-amasan airson ar Sgìrean Eileanach, agus tha sinn an dòchas gun lean an obair bhuanachdail eadar sinn fhèin agus Riaghaltas na h-Alba san àm ri teachd.

Tha sinn a' cur fàilte air foillseachadh na sgrìobhainn seo agus sinn ga fhaicinn mar cheum chudromach a dh'ionnsaigh buileachadh ar mòr-amasan airson Ar n-Eileanan Ri Teachd, agus tha sinn dha mholadh dhar Comhairlean agus dhar coimhearsnachdan airson an cnuasachaidh.



An Comhairliche
Aonghas Caimbeul
Ceannard, Comhairle
nan Eilean Siar



An Comhairliche
Dr Steven Heddle,
Neach-gairm agus
Ceannard, Comhairle
Eileanan Arcaibh



An Comhairliche
Gary
MacDhonnchaidh,
Ceannard, Comhairle
Eileanan Shealtainn



Ro-ràdh

Tha eileanan na h-Alba sònraichte. Tha iad brèagha agus eadar-dhealaichte, a' mealadh eachdraidhean bheairteach, eaconamaidhean fallainn agus dùilean air leth airson fàs san àm ri teachd. Agus, dìreach mar a tha eileanan na h-Alba air dreuchd mhòr a choileanadh nar n-eachdraidh, tha e mar uallach oirnn le chèile dèanamh cinnteach gun tèid aig gach aon de ar n-eileanan dreuchd dheatamach a bhuileachadh ann an àm ri teachd na h-Alba.

Tha am measgachadh air leth de chultaran Gàidhealach, Albais agus Lochlannach a' toirt cumadh air ar n-eileanan. Tha seo mar bhun-stèidh air gnìomhachas turasachd a tha làidir is seasmhach, an lùib àrainneachd nàdarra a tha sònraichte, agus tha seo uile a' cur taic ri roinn a' ghnìomhachais chruthachail a tha a' sìor fhàs. Tha na stuthan bidh is dibhe againn, le brandaichean a tha gu math ainmeil nam measg, a' soirbheachadh air feadh an t-saoghail. Tha gnìomhachasan nas ùire a' fàs an seo cuideachd, a' gabhail a-steach seirbheisean ionmhais agus gnothachais, agus tha ar n-eileanan mar-thà a' cur gu mòr ri soirbheas na h-Alba ann an raon an lùth ath-nuadhachail, ag ionnsachadh bho na rinn iad roimhe a thaobh leasachadh ann an gnìomhachais na h-ola is gas, gach nì air a thoirt air adhart le na h-aonadan eileanach de dh'Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE).

Air 18 Sultain am-bliadhna, bidh an cothrom aig muinntir na h-Alba àm ri teachd na dùthcha a roghnachadh. Tha an dùil seo ri atharrachadh bun-reachdail cuideachd a' tabhann cothrom deamocrasaidh ùrachadh aig gach ìre ann an Alba. Gu dearbh, tha an dùil seo ri leudachadh de chumhachdan airson Pàrlamaid na h-Alba a' cruthachadh cothrom air leth gus beachdachadh air an ìre cheairt airson co-dhùnidhean a tha rin dèanamh anns a h-uile pàirt de dh'Alba. Ach, tha deamocrasaidh sa chiad dol a-mach a' bualadh air daoine agus air coimhearsnachdan agus chan ann air pàrlamaidean, comhairlean no riaghaltasan.

Ann an Àm ri Teachd na h-Alba tha Riaghaltas na h-Alba air na cothroman a dh'fhaodadh nochdadh do dhaoine fa leth, do dhachaighean agus do ghnothachasan a shuidheachadh. Gu deatamach, nì neo-eisimeileachd cinnteach gum bi na co-dhùnidhean a thèid a dhèanamh mu Alba air an dèanamh le na daoine aig a bheil an t-suim as motha a thaobh na dùthcha, na daoine a tha a' fuireach agus ag obair an seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gun dèan neo-eisimeileachd cinnteach gum bi smachd aig muinntir na h-Alba air beairteas mòr agus a stòrasan agus gun tèid againn air taghadh ciamar a chuireas sinn a' bheairteas sin gu feum gus barrachd obraichean a

Ro-ràdh

leantainn

chruthachadh agus tèarainteachd eaconamaidh nas fheàrr a thogail le bhith a' dealbhadh poileasaidh eaconamach a nì cinnteach gun tèid feumalachdan na h-Alba a riarachadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn, le neo-eisimeileachd, gum faigh eileanan na h-Alba buannachd às an aon chothrom sin – an comas co-dhùnaidhean a dhèanamh mun àm ri teachd aca, poileasaidean ionadail agus nàiseanta a dhealbhadh a tha a' freagairt air feumalachdan nan eilean agus gu deatamach gus sealbh fhaighinn air beairteas is stòrasan nan eilean gus na gnothaichean seo a thoirt gu buil.

Tha Fèin-riaghladh air cuideachadh le bhith ag àrdachadh inbhe nan eilean an Alba. Bho 1999 tha poileasaidhean a chaidh a chur air bhonn le Pàrlamaid na h-Alba air sealltainn gu bheil tuigse nas fheàrr againn air dòigh-beatha agus eaconamaidh nan eilean, agus tha riaghaltas às dèidh riaghaltas air eileanan na h-Alba a chomharrachadh airson an cudromachd ann am beatha-làitheil na dùthcha.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn, le neo-eisimeileachd, gun tèid againn chan e mhàin coimhearsnachdan eileanan ùghdarrachadh airson co-dhùnaidhean a dhèanamh mu gnothaichean a tha a' bualadh orra, ach bidh Pàrlamaid na h-Alba ùghdarraichte gus beachdachadh air raointean ùra leithid sochairean, cìsean, tele-chonaltradh, lùth, in-imrich agus poileasaidh eaconamach nas fharsaing. Bidh Alba cuideachd na làn bhall den Aonadh Eòrpach agus nì i argamaid airson prìomhachasan na h-Alba sa Bhruiseal, mòran a bhios a' bualadh gu sònraichte air coimhearsnachdan eileanach.

Tha coimhearsnachdan làidir cho cudromach airson mathais leantainneach ar n-eileanan. Tha leasachadh sòisealta agus eaconamach deatamach gus a bhith a' buileachadh fàs agus cothroman cosnaidh, gu h-àraid ann an sgìrean iomallach far nach eil àireamh-sluaigh ro mhòr. Tha a bhith a' toirt taic do choimhearsnachdan gus àiteachan beòthail, cruthachail, seasmhach a thogail fìor chudromach gus piseach a thoirt air mathas sluagh nan eilean agus gus coimhearsnachdan nas cothromaiche agus nas beairtiche a chur air bhonn. A' togail air an raon farsaing de stòrasan, chothroman agus sgìlean sna h-eileanan, 's e ar miann gum faicear gach coimhearsnachd air feadh nan eilean a' ruighinn an làn chomais.

Tha na daoine a tha roghnachadh còmhnaidh agus a bhith a' cosnadh nar n-eileanan nan stòras chudromach le sgìlean is eòlas a bu chòir dhuinn a mheas, àrach agus fhuasgladh gus ar mòr-amasan co-roinnte a bhuileachadh airson nan eilean. Ann a bhith a'



toirt ùghdarras dha na h-eileanan feumaidh sinn cuideachd an umhail a tha ga thoirt do dh'fheumalachdan nan eilean ann am poileasaidhean nàiseanta a mheudachadh. Tha am prionnsapal seo a' bualadh air gach aon de dh'eileanan na h-Alba. Tha sinn ag aithneachadh, ge-tà, gu bheil na trì Comhairlean Eileanach sònraichte leis gu bheil iad a' seirbheiseachadh choimhearsnachdan eileanach a-mhàin - tha a shuidheachadh fhèin aig gach eilean a tha a' nochdadh dùbhlain àraid da rèir a thaobh a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean poblach agus phrìomhachasan nàiseanta. 'S e an rud a tha cumanta mun deidhinn uile gu bheil iad iomallach, air an oir agus, an coimeas ris a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan eile an Alba, cho beag a thaobh àireamh-sluaigh.

Ar n-Eileanan Ri Teachd agus Buidheann-obrach Mhinistireil Sgìrean nan Eilean

Bha Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Eileanan Arcaibh agus Comhairle Eileanan Shealtainn (na trì Comhairlean Eileanach ann an Alba) luath gus a' mhòmaid bun-reachdail aithneachadh, agus chuir iad air dòigh an iomairt Ar n-Eileanan Ri Teachd airson an cuid argamaidean a chur air cèill airson nan eilean ann an co-theacsa an referenduim neo-eisimeileachd. San Ògmhios, shuidhich iad an sealladh airson àm ri teachd na trì Sgìrean Eileanach. Tha an iomairt *Ar n-Eileanan Ri Teachd*¹ air a bhith ladarna agus air a bhith na phrìomh mheadhan air an deasbad mu àm ri teachd na h-Alba.

San Ògmhios 2013 shuidhich am Prìomh Mhinistear taic an Riaghaltais Albannaich airson an ùghdarrachadh de dh'Eileanan na h-Alba gu lèir ann an Dearbhadh Lerwick, ag ràdh *“gur iad na daoine a tha a' fuireach agus ag obair ann an Alba a tha san t-suidheachadh as fheàrr gus co-dhùnidhean a dhèanamh mun àm ri teachd againn - brìgh fèin-dhearbhaidh; mar sin tha sinn a' cur taic ri bhith a' toirt cumhachd nas fhaisge air na daoine agus a bhith a' dèanamh cho-dhùnidhean gu h-ionadail.”*

A' Toirt Ùghdarras do Choimhearsnachdan Eileanach na h-Alba

'S e th' anns an ro-shealladh seo ach buil obrach na Buidhne thairis air na deich mìosan a chaidh seachad agus tha e a' cur an cèill ceuman a th' air am moladh le Ministearan na h-Alba agus Ceannardan nan Comhairlean Eileanach le chèile.

Bu chòir beachdachadh air an ro-shealladh mar phasgan chumseach de cheuman. Chan eil e ag oidhirp ris a h-uile dreuchd no feart de leasachadh coimhearsnachd air feadh ar n-eileanan a mhìneachadh no dèiligeadh riutha.

¹ <http://www.orkney.gov.uk/Council/C/our-islands-our-future.htm>

Ro-ràdh

leantainn

Chaidh, ge-tà, na molaidhean a th' air an suidheachadh ann an A' Toirt Ùghdarras do Choimhearsnachdan Eileanach na h-Alba an comharrachadh leis a' Bhuidhinn airson a bhith a' riochdachadh na cothroman as soilleire do na Sgìrean Eileanach aig an àm seo.

Bha na prionnsapalan agus na suidheachaidhean air an tugar iomradh gu h-àrd aig cridhe nan còmhraidhean aig Buidheann-obrach Mhinstreil Sgìrean nan Eilean. Feumar gach buil agus seagh bho gach atharrachadh a thathar a' moladh a sgrùdadh agus a thuigsinn gu mionaideach, leis a' chothromachadh de dhleastanas airson libhrigeadh sheirbheisean eadar riaghaltas nàiseanta agus ionadail feumach air suim a ghabhail de na h-iarrtasan aig na coimhearsnachdan a tha a' cleachdadh agus a' pàigheadh airson seirbheisean poblach. Tha am fòcas a thaobh gnìomhan na Buidhne, mar a chaidh aontachadh, ri fhaicinn ann an doimhneachd ann am Earr-ràdh 1.

Tha bun-stèidh làidir air an gabh togail aig an obair a rinn a' Bhuidheann, agus sgapaidh na buannachdan gu eileanan Alba gu lèir far a bheil sin iomchaidh. Chaidh an suidheachadh a th' ann an-dràsta airson libhrigeadh sheirbheisean poblach anns na h-eileanan a leasachadh agus atharrachadh thairis air iomadach bliadhna, agus tha seo a' leantainn tron chom-pàirteachas làidir eadar Riaghaltas na h-Alba, buidhnean poblach, ùghdarrasan ionadail, na treas roinnean agus roinnean neo-eisimeileach, agus na coimhearsnachdan fhèin.

Cho math ri leasachaidhean a thachair bho chionn ghoirid, bha ar n-obair air fhiosrachadh leis an obair mhionaideach de Chomataidh MhicGumraid neo-eisimeileach², anns an do nochd san aithisg bho 1984 mu dhreuchdan nan Comhairlean Eileanach a' phrìomh mholadh “nach bu chòir lùghdachadh a bhith anns na cumhachdan aig na Comhairlean Eileanach, agus bu chòir an cothrom a ghabhail, far a bheil e iomchaidh, na cumhachdan sin a dhaingneachadh, a leasachadh agus a leudachadh”. Dh'ionnsaich a' Chomataidh cuideachd gur dòcha gu bheil suidheachaidhean ann far am bu chòir do reachdas a bhith a' gabhail a-steach ullachaidhean airson atharrachadh mar a tha iad a' bualadh air na Sgìrean Eileanach.

Tha a' Bhuidheann a' cur làn thaic ris na toraidhean sin, agus tha iad air deuchainnean a dhèanamh air grunn raointean gus molaidhean a chur air adhart a bhiodh mar mheadhan air ceum ùr a dh'ionnsaigh ùrachadh deamocratach nar n-eileanan. Aig àm a' chunntas-sluaigh 2011, bha 103,702 neach à Alba a' fùireach anns

² Committee of Inquiry into the Functions and Powers of the Islands Councils of Scotland (1984), Cm9216.

na 93 eileanan còmhnaidh. Tha na molaidhean a th' anns an ro-shealladh seo a' bualadh air gach neach a th' anns na coimhearsnachdan eileanach sin.

Chuir a' Bhuidheann air adhart na molaidhean sin stèidhte air trì amasan cudromach:

- » A' togail guth nan eilean
- » A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean
- » A' neartachadh soirbheas an eilean

Tha am pasgan de mholaidhean a' cothromachadh na cunnartan is buannachdan a thig an lùib meudachadh de dhleastanas is chothroman. Tha mòran dhiubh cuideachd a dh'fhaodadh bualadh air sgìrean coltach eile de dh'Alba - gu h-àraid, tha cha mhòr gach fear dhiubh freagarrach airson nan coimhearsnachdan eileanach eile ann an sgìrean ùghdarrasan ionadail air Ghàidhealtachd, ann an Earra-Ghàidheal agus Bhòid agus ann an Siorrachd Àir a Tuath. Tha seo a' riochdachadh nam builean a thàinig à còmhraidhean fa leth a chùim Ministearan Albannach leis na trì Comhairlean sin, ged a tha an leasachadh den ro-shealladh seo gu h-àraid a' bualadh air an obair aig Buidheann-obrach Mhinistireil Sgìrean nan Eilean.

Tha am pasgan de cheuman stèidhte air a' ghluasad de chumhachdan gu lèir gu Pàrlamaid na h-Alba le neo-eisimeileachd - tha e ag iarraidh gun tèid dleastanasan àraid an gluasad bho Westminster gu Holyrood mus tèid an gluasad gu ruige nan eilean. Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach gu bhith a' cur an gnìomh gach ceum a th' air a mhìneachadh san ro-shealladh seo aon uair 's gu bheil cumhachdan air an gluasad tro neo-eisimeileachd, a rèir ullachaidhean co-chomhairleachaidh foirmeil agus, far a bheil reachdas a dhith, sgrùdaidh agus rùin na Pàrlamaid Albannaich.

Chan eil an ro-shealladh seo a' riochdachadh an fhacail mu dheireadh a thaobh na gnìomhan a thig gu buil, ach tha e a' tabhann pasgan a tha an dà chuid reusanta agus ladarna, agus a tha a' suidheachadh na slighe airson leudachadh de dh'ùghdarrachas do dh'eileanan na h-Alba. Leanaidh Riaghaltas na h-Alba le na còmhraidhean leis na h-eileanan a thaobh chothroman airson an coimhearsnachdan.

Buannachdan na fharsainghe bho neo-eisimeileachd

Cho math ris na buannachdan sònraichte airson nan eilean a th' air am mìneachadh san sgrìobhainn seo, tha Riaghaltas na h-Alba air na buannachdan agus cothroman a thig an lùib neo-eisimeileachd do dh'Alba gu lèir a shuidheachadh, agus a bheir

buannachd do ar coimhearsnachdan eileanach cuideachd, ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*:

- » Alba nas deamocrataiche a chruthachadh. Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gur e muinntir na h-Alba as fheàrr a ruitheas an dùthaich againn. Cha bhì sinn ceart a thaobh gach co-dhùnadh, ach mar as trice bidh na roghainnean a nì sinne airson an eaconamaidh agus airson a' chomainn-shòisealta againn nas fheàrr na an fheadhainn a nì Westminster. Le neo-eisimeileachd, bidh Alba an-còmhnaidh a' faighinn nan riaghaltasan dhan tug iad bhòt. Airson leth dhen ùine bho 1945, chaidh Alba a riaghladh le riaghaltasan Westminster gun mhòr-chuid sam bith ann an Alba.
- » Dùthaich nas saidhbhire a thogail agus cosnaidhean a mheudachadh. Tha na cumhachdan eaconamach a tha a dhìth gus fàs is saidhbhreas a libhrigeadh air fuireach aig Westminster. Tha Alba air a beannachadh le raon neartan is bhuannachdan eaconamach: stòrasan nàdarra nach beag, comharra-malairt làidir eadar-nàiseanta, oilthighean is rannsachadh cho math 's a gheibhear san t-saoghal, agus raon gnìomhachasan a tha aig toiseach gnothaich aig ìre an t-saoghail leithid biadh agus deoch, saidheansan beatha, na gnìomhachasan cruthachail, lùth, turasachd, àrachas, rianachd beairteis agus einnseanaireachd. Ach, a dh'aindeoin gach neart a tha aig Alba, thairis air na 30 bliadhna mu dheireadh tha am fàs eaconamach againn air a bhith nas ìsle na cuibheasachd na RA agus nas ìsle na dùthchannan co-choimeasail eile thar na Roinn Eòrpa. Bheireadh neo-eisimeileachd dleastanas do Phàrlamaid agus Riaghaltas na h-Alba airson an làn raoin de chumhachdan eaconamach mu chisean agus phoileasaidhean eaconamach eile, a bharrachd air lagh cosnaidh is gach rud a' buntainn ri riaghladh eaconamach, a ghabhail ann an Alba agus dheidheadh an tàilllearachd a rèir feumalachdan na h-Alba.
- » A bhith nar comann-shòisealta nas cothromaiche. Taobh a-staigh na RA, tha Alba na pàirt de chomann-shòisealta a tha a' sìor fhàs neo-ionann. Le neo-eisimeileachd 's urrainn dhuinn Alba nas co-ionann agus nas cothromaiche a thogail, far an tèid an iomadh buannachd de chomann-shòisealta a tha beairteach is gnìomhail a cho-roinn agus far an obraich sinn còmhla gus ar dùthaich a ghluasad air adhart gu lèir.



Ciamar a tha eileanan na h-Alba cho sònraichte?

Eileanan àraid agus sònraichte na h-Alba

Ann a bhith ag aithneachadh chomasan ar n-eileanan tha e deatamach gun aithnich sinn na dùbhlain agus na cothroman a tha mu choinneamh ar coimhearsnachdan eileanach.

Anns an aon dòigh sa tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gun toir neo-eisimeileachd cothrom nas fheàrr do dh'Alba gus dèiligeadh ris na ceistean a th' oirnn mar dhùthaich, bu chòir fèin-riaghladh agus ùghdarrachadh airson nan eilean an comas a thoirt do choimhearsnachdan eileanach, le taic bho riaghaltas nàiseanta, dèiligeadh ris na dùbhlain a tha rompa agus grèim a ghabhail air na cothroman air leth a tha rim faotainn.

Tha eileanan na h-Alba air an comharrachadh mar àiteachan far a bheil coimhearsnachdan a' gabhail uallach airson cruth a thoirt air an àm ri teachd; far a bheil iomairt shòisealta mar roinn ùr-ghnàthach, làidir is fàs-mhor; far a bheil maoin coimhearsnachd ann an làmhnan an t-sluaigh agus libhrigeadh sheirbheisean stèidhte gu làidir agus taic ga thoirt dha; agus far a bheil stòrasan cultarach àraid, a' Ghàidhlig nam measg, nam pàirt chudromach ann a bhith a' cruthachadh choimhearsnachdan làidir, beòthail.

Le neo-eisimeileachd, cha bhì sinn tuilleadh an eisimeil Westminster gus na h-amasan seo aithneachadh no gus taic a chur riutha. An àite sin, thèid aig Pàrlamaid na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba, Coimhairlean Eileanach agus feadhainn eile le ùidh anns na h-eileanan feumalachdan nan eilean a bhuileachadh agus gus taic a thoirt do choimhearsnachdan eileanach ann a bhith a' gabhail grèim air na cothroman sin, a' togail fàs eaconamach seasmhach agus a' dìon na buannachdan a thig às, leithid meudachadh ann an àireamh-sluaigh nan eilean.

Priomhachasan nan Eilean

Tha eileanan, gu nàdarra, nan àiteachan sònraichte le iarrtasan sònraichte. Mar eisimpleir, tha an dearbh-aithne làidir fhèin aig na h-Eileanan an Iar, aig Arcaibh agus aig Sealtainn, dìreach mar a tha eileanan Earra-Ghàidheal eadar-dhealaichte bho Eilean Arainn; ach 's e an rud a tha fìor mu gach eilean gu bheil am pailteas aca de stòrasan nàdarra agus pròis às na traidiseanan cultarach.

Tha earrannan de ar n-eileanan a tha lag, air an comharrachadh le feartan leithid crìonadh ann an àireamh-sluaigh, gainnead de chothroman eaconamach, nas lugha de dhaoine òga gu co-rèireach, dùbhlain cruinn-eòlach agus còmhdhail, agus teachd-a-steach aig ìrean nas lugha na chuibheasachd. Tha na ceistean a thaobh iomallachd, agus an dòigh as fheàrr air seirbheisean a libhrigeadh

gu h-èifeachdach airson buannachd eileanan na h-Alba fhathast gun fhuasgladh. Tha dùbhlain fhathast mu choinneamh nan Sgìrean Eileanach a thaobh ceanglachd ris an lìonradh sgaoilidh air tìr-mòr co-cheangailte ri mar a ghabhar brath air na cothroman a th' ann ann an leasachadh lùth ath-nuadhachail air tìr agus aig muir. Agus bidh an-còmhnaidh dùbhlain, ris am feumar dèiligeadh, mu ar coinneimh air sgàth ar n-ìomallachd, co-cheangailte ri còmhndhail agus mar a thèid bathar a ghluasad air ais agus air adhart.

> *Anns an aon dòigh sa tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gun toir neo-eisimeileachd cothrom nas fheàrr do dh'Alba gus dèiligeadh ris na ceistean a th' oirnn mar dhùthaich, bu chòir fèin-riaghladh agus ùghdarrachadh airson nan eilean an comas a thoirt do choimhearsnachdan eileanach, le taic bho riaghaltas nàiseanta, dèiligeadh leis na dùbhlain a tha rompa agus grèim a ghabhail air na cothroman air leth a tha rim faotainn.*

Tha na dùbhlain seo mar bhun-stèidh airson an iomairt *Ar n-Eileanan Ri Teachd* agus tha Buidheann-obrach Mhinistireil Sgìrean nan Eilean air fòcas a chumail air an dòigh san gabh ùghdarrachadh airson ar coimhearsnachdan eileanach dèiligeadh ris na ceistean sin.

Tha Riaghaltas na h-Alba agus a buidhnean poblach, còmhla ris na h-ùghdarrasan ionadail a tha a' seirbheiseachadh nan eilean, làn mhothachail mu na cothroman agus na dùbhlain sònraichte a th' ann an eileanan na h-Alba, agus a' cleachdadh cumhachdan fèin-riaghlaidh tha sinn a' co-obrachadh gu dlùth le coimhearsnachdan ionadail agus buidhnean ùidh eile. Tha am fòcas seo air a riochdachadh, mar eisimpleir, anns a' cho-obrachadh aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus anns na prìomhachasan ro-innleachdail aig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, mar a leanas:

- » Taic a thoirt do ghnòthachasan agus do dh'iomairtean shòisealta gus am mòr-mhiannan fàis a stiùireadh agus a bhuileachadh
- » Coimhearsnachdan agus sgìrean laga a neartachadh
- » Roinnean fàis a leasachadh, gu sònraichte cothroman sgìreil àraid
- » An suidheachadh a chruthachadh airson sgìre fharpaiseil agus le càrbon ìseal

Tha muinntir na h-Alba san t-suidheachadh as fheàrr airson a bhith a' dèanamh co-dhùnaidhean mu ar n-àm ri teachd, agus gus fios a bhith againn dè a tha a dhìth airson coimhearsnachdan seasmhach

Ciamar a tha eileanan na h-Alba cho sònraichte? leantainn-

agus tapaidh a libhrigeadh. Tha an aithneachadh seo aig cnag na cùise ann an sealladh an Riaghaltais Albannaich, a' gabhail a-steach na molaidhean a nochd bho chionn ghoirid nuair a chaidh Bile Ùghdarrachaidh nan Coimhearsnachdan (Alba) fhoillseachadh, agus sa cho-obrachadh le CoSLA³ gus planadh coimhearsnachd a neartachadh. Agus a' togail air an obair sin le neo-eisimeileachd, le dìon airson nan eilean a thaobh dèanamh poileasaidh an Riaghaltais na lùib, bidh guth nas làidire aig ar n-eileanan gu cunbhalach am measg luchd-dèanamh poileasaidhean. Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gu bheil neo-eisimeileachd a' riochdachadh a' chothroim as fheàrr gus an com-pàirteachas a tha eadar nan coimhearsnachdan eileanach, an cuid ùghdarrasan ionadail agus Riaghaltas na h-Alba a leudachadh gu ruige raointean ùra.

> *Tha eileanan, gu nàdarra, nan àiteachan sònraichte le iarrtasan sònraichte.*

Cuidichidh Bile Ùghdarrachaidh nan Coimhearsnachdan (Alba) ann a bhith a' gluasad an tomhas de chumhachd a dh'ionnsaigh choimhearsnachdan. Bheir e dhaibh còraichean ùra gus an gabh an guthan an cluinntinn co-cheangailte ri dealbhadh agus libhrigeadh sheirbheisean poblach, ann am pròiseas planaidh coimhearsnachd agus nan tionnsgnadh fhèin, agus nì e cinnteach gun tèid am molaidhean airson gabhail sealbh air stòrasan sa roinn phoblaich an cnuasachadh gu cothromach.

Daingnichidh am Bile cuideachd teachdaireachd an Riaghaltais Albannaich gu bheil e a' sùileachadh gun toir gach ùghdarras ionadail, agus buidhnean poblach eile, taic do choimhearsnachdan gus a bhith nas ùghdarraichte agus compàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean a th' air an dèanamh leis na buidhnean sin. Cha bu chòir gum bi seo ro dhuilich do na h-ùghdarrasan a tha mar-thà a' dèanamh seo, ach bheir e air càch obrachadh gus cumail suas ris a' chleachdadh as fheàrr seo.

Maoineachadh airson Comhairlean Eileanach

Buidseatan air an riarachadh a rèir feumalachd

Tha feum air riarachadh cothromach de stòrasan gus dèanamh cinnteach gum builich coimhearsnachdan eileanach, coltach ris a' h-uile coimhearsnachd, an comasan.

Bheireadh neo-eisimeileachd an cothrom do dh'Alba sealbh fhaighinn air ar beairteas agus stòrasan air fad. Bidh co-

³ Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (Convention of Scottish Local Authorities)



dhùnaidhean a thaobh ìrean de chaitheachas poblach agus far an tèid a chosg na cheist airson muinntir na h-Alba agus dhan Riaghaltas a thaghas iad, an àite a bhith na cho-dhùnadh do Westminster.

Tha am fèin-riaghladh de mhaoineachadh ùghdarras ionadail gu Pàrlamaid na h-Alba air an comas a thoirt do Phàrlamaid na h-Alba dìon a thoirt do riaghaltas ionadail, a dh'aindeoin gearraidhean dha-rìreabh ann am maoineachadh iomlan na h-Alba air an leigeal oirnn le Riaghaltas Westminster. Mar eisimpleir, anns na beagan bhliadhnan a chaidh seachad, tha co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh le riaghaltasan Westminster air ciallachadh lùghdachadh de 11 sa cheud ann am buidseat na h-Alba. Tha seo air tachairt a dh'aindeoin 's gun do chuir Riaghaltas na h-Alba na aghaidh. Agus ann an 2013-14 bha an rèiteachadh airson ùghdarrasan ionadail na h-Alba a' riochdachadh rèiteachadh airgid air stèidh ceudna, fhad 's a chaidh cumhachdan cosg nan ùghdarrasan ionadail ann an Sasainn a ghearradh 1.7 sa cheud.

Maoineachadh airson Comhairlean nan Eilean

A chionn gu bheil an riarachadh den bhuidseit riaghaltais ionadail air a dhealbhadh gus cunntas cheart a ghabhail de fheartan leithid iomallachd, sluagh sgapte agus feartan a tha sònraichte do choimhearsnachdan eileanach, tha Sealtainn, Arcaibh agus na h-Eileanan an Iar a' faighinn barrachd maoineachaidh airson gach neach san t-sluagh na ùghdarras ionadail sam bith eile an Alba. Tha na h-ùghdarrasan ionadail eile aig a bheil àireamhan-sluaigh eileanach sònraichte – Earra-Ghàidheal agus Bhòid, A' Ghàidhealtachd agus Siorrachd Àir a Tuath – a' faighinn moineachadh tabhartais airson gach neach san t-sluagh nas àirde na a' chuibeas Albannaich.

A bharrachd air a' chuibhreann a tha stèidhte air feumalachdan den Chaiteachas Tabhartais Cuideachaidh, tha na Comhairlean Eileanach cuideachd a' faighinn buannachd à Cuibhreann Feumalachdan Sònraichte nan Eilean (SINA), a tha ag aithneachadh a' chosgais nas àirde a tha an lùib a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean do choimhearsnachdan eileanach agus a tha a' toirt maoineachadh a bharrachd dha na h-ùghdarrasan sin. Tha SINA ag ath-riarachadh timcheall air £20 millean gach bliadhna do dh'ùghdarrasan le coimhearsnachdan eileanach. Tha na trì Comhairlean Eileanach a' faighinn timcheall air 85 sa cheud den t-suim seo, a' cur an cèill an dòigh a chaidh aontachadh airson SINA a rèiteachadh gus aithne a thoirt dha na cosgaisean a bharrachd a tha an lùib a bhith a' tabhann seirbheis poblach ann an leithid de choimhearsnachdan.

Ciamar a tha eileanan na h-Alba cho sònraichte? leantainn-

Fèin-ùghdarras Ionmhais

Tha barrachd fèin-ùghdarras a-nis aig ùghdarrasan ionadail na h-Alba ann a bhith a' dearbhadh ciamar a chosgas iad am buidseatan. Roimh 2007, bha an riaghaltas nàiseanta ag iarraidh air ùghdarrasan ionadail cuibhreann sònraichte den cuid buidseatan a chosg air seirbheisean àraid agus, mar sin, a' cuingealachadh an roghainn aig buill thaghte ionadail an cosgaisean atharrachadh gus feumalachdan ionadail a riarachadh. Tha am barrantas cuingealachaidh seo de bhuidseatan air lùghdachadh bho iomlan de £2.7 billean, thairis air na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba ann an 2007-08, gu beagan a bharrachd air £240 millean ann an 2014-15.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt maoinachadh iomlan do dh'ùghdarrasan ionadail de chòrr is £10.6 billean ann an 2014-15 agus thèid cumail ris an ìre seo ann an 2015-16. Tha seo a' leantainn le bhith a' dìon cuibhreann nan ùghdarrasan ionadail den bhuidheas Albannaich gu h-iomlan, calg-dhireach an aghaidh an t-suidheachaidh sa chòrr den RA.

Cuideachd, gheibh Comhairlean agus coimhearsnachdan Eileanach comasan cosg a bharrachd mar a thig na buannachdan coimhearsnachd, air an toirear iomradh an àite eile san ro-shealladh seo, gu buil gus taic a thoirt dhaibh le ùghdarrachadh agus gus dèiligeadh ri dùbhlain sònraichte eileanach.

Le neo-eisimeileachd, bidh an cothrom aig Pàrlamaid na h-Alba siostam chìsean a dhealbhadh do dh'Alba a bhios a' riochdachadh sealladh coitcheann den mhodail sòisealta agus eaconamach a tha an dùthaich airson fhaicinn. Tha Riaghaltas na h-Alba air gealltainn siostam chìsean nas sìmplidh a chruthachadh às dèidh neo-eisimeileachd, mar a chithear anns a' bhuileachadh de chumhachdan chìsean tiomnaichte fo Achd na h-Alba 2012. Tha an cùr an gnìomh de lasachaidhean agus cheadan ionadail air a shuidheachadh le lagh AE. Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt fainear do mholaidhean nan Comhairlean Ionadail airson ceuman cuimseachaidh leithid a bhith a' dèiligeadh ri bochdainn connaidh no cìsean VAT nas ìsle airson obair-togail agus bheir iad cuireadh do na Comhairlean Eileanach cur ri prògram obrach airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air an t-siostam chìsean a gheibhear bhon RA às dèidh neo-eisimeileachd, le dòchas gun comharraichear leasachaidhean a leigeadh le Alba gu lèir maith fhaighinn bho gach buannachd a thig an lùib siostam chìsean a tha ùr-nodha agus èifeachdach.



A' togail guth nan eilean

Bho thòisich fèin-riaghladh tha eileanan na h-Alba air buannachdan fhaighinn bho phoileasaidhean air slàinte, foghlam agus ceartas mar a chaidh an suidheachadh le Pàrlamaid na h-Alba, cho math ri bhith a' faicinn mòran de na ceistean aca a' faighinn freagairt tro reachdas air, mar eisimpleir, croitearachd, Gàidhlig, còmhhdail agus àiteachas.

Bho 2007, tha caibineat na h-Alba air coinneachadh ann an àiteachan air feadh eileanan na h-Alba, agus tha Ministearan Albannach agus comataidhean pàrlamaideach air tadhal air eileanan na h-Alba gu cunbhalach airson an gnothaichean a chur an cèill agus gus a dhol an lùib nan coimhearsnachdan eileanach.

Cuideachd, tha Pàrlamaid na h-Alba air bun-stèidh a thabhnann gus eileanan na h-Alba a mhealadh agus gus ceistean nan coimhearsnachdan eileanach a dhèanamh soilleir.

Leudaichidh neo-eisimeileachd air na buannachdan aig fèin-riaghladh airson nan eilean gu ruige raon farsaing de ghnìomhan an riaghaltais. An àite a bhith a' feuchainn ri buaidh a thoirt air Westminster, bidh cothrom dhìreach aig coimhearsnachdan eileanach air Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba airson sgrùdadh a dhèanamh air a' bhuidh aig poileasaidhean riaghaltais air na h-eileanan agus gus am beachdan a chur an cèill.

Air raon farsaing de raointean poileasaidh a tha a' bualadh air àm ri teachd ar n-eileanan tha co-luadar leis an Aonadh Eòrpach air leth cudromach. 'S ann a-mhàin mar Bhall-stàite neo-eisimeileach a thèid aig Riaghaltas na h-Alba air tagradh a dhèanamh às leth na h-Alba, a' gabhail suim den bhuidh aig coimhearsnachdan eileanach, agus guth agus riochdachadh nan eilean taobh a-staigh an Aonaidh Eòrpaich.

Dion-eileanach agus Achd nan Eilean

Ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*, thug an Riaghaltas Albannach gnàthach gealltanais gun toireadh iad air adhart Bile airson Achd nan Eilean às dèidh neo-eisimeileachd, airson na ceuman a tha a' nochdadh san ro-shealladh seo a chur an gnìomh far a bheil feum air reachdas.

'S e tairgse shònraichte a tha seo - cothrom airson an cur-a-steach agus sgrùdadh poblach agus pàrlamaideach nas motha a dhèanamh, gus dèanamh cinnteach gu bheil ullachaidhean airson seirbheisean poblach a' dol a rèir feumalachdan agus dùilean nan eilean a-dràsta agus san àm ri teachd. Bhiodh dleastanas air Riaghaltas na h-Alba agus air buidhnean poblach iomchaidh eile tro Achd nan Eilean an cuid dhreuchdan agus cho-dhùnidhean a dhèanamh 'dion-eileanach', far am bi buaidh air na dreuchdan agus co-dhùnidhean sin air na h-eileanan.

Tha am prionnsal air cùlaibh dìon-eileanach stèidhte air a bhith a' cruthachadh mothachadh farsaing a thaobh nan eilean anns a' phròiseas far am bithear a' dèanamh co-dhùnaidhean anns gach pàirt den roinn phoblaich. Tha dìon-eileanach a' gabhail a-steach a bhith a' gabhail suim de dh'fheumalachdan agus shuidheachaidhean nan coimhearsnachdan eileanach nuair a tha Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean poblach iomchaidh eile a' cur an gnìomh an dreuchdan agus a' dèanamh co-dhùnaidhean. Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh a' phrionnsapail seo, agus cuiridh Achd nan Eilean seo an cèill gu foirmeil ann an reachdas.

Mar phàirt de dhìon-eileanach, bheachdaicheadh Riaghaltas na h-Alba air:

- » nuair a thathar a' cur air bhonn reachdas ann an raointean aig a bheil buaidh air coimhearsnachdan eileanach, an gabhadh dreuchdan agus dleastanasan sònraichte a thoirt do choimhearsnachdan eileanach;
- » nuair a thathar a' cur air bhonn reachdas, am biodh feum shònraichte air cur-an-gnìomh eadar-dhealaichte den reachdas do choimhearsnachdan eileanach;
- » dè cho iomchaidh sa tha na prionnsapalan taobh a-staigh Frèam Iomraidh air Deamocrasaidh Sgìreil bhon Cho-chruinneachadh de dh'Ùghdarrasan Ionadail agus Sgìreil de Chomhairle na h-Eòrpa; agus
- » nuair a thathar a' leasachadh, a' cur ri chèile agus a' cur an gnìomh phoileasaidh, na beachdan agus suidheachaidhean aig coimhearsnachdan eileanach.

Iarraidh Riaghaltas na h-Alba air a' Phàrlamaid beachdachadh air atharrachaidhean ri Gnàth-riaghailtean na Pàrlamaid Albannaich gus dìon-eileanach a dhaingneachadh taobh a-staigh dhòighean-obrach na Pàrlamaid, gu h-àraid na dòighean-obrach reachdail, leis a' Phàrlamaid ag atharrachadh gus suim a ghabhail de dhleastanasan neo-eisimeileachd. Bidh dìon-eileanach cuideachd a' tabhann frèam gus cunntas a ghabhail de na molaidhean bhon Chomataidh Sgrùdaidh 1984 agus Dreuchdan agus Cumhachdan nan Comhairlean Eileanach an Alba (Sgrùdadh Comataidh MhicGumraid) gun gabh Achd na Pàrlamaid ann an cuid a dhòighean an atharrachadh no a ghleusadh a thaobh mar a thèid an cur an gnìomh ann an Sgìrean Eileanach, far a bheil adhbhar ann sin a dhèanamh.

Tha an cumhachd aig Pàrlamaid na h-Alba mar-thà air atharrachadh a thoirt air mar a thèid reachdas a chur an gnìomh a rèir sgìre tireil. Bheireadh am pròiseas dìon-eileanach an cothrom beachdachadh,

A' togail guth nan eilean

leantainn

a' gabhail gach cùis fa leth, am biodh seo iomchaidh a thaobh pàirtean sònraichte de reachdas.

Ministear nan Eilean

Cuiridh Riaghaltas na h-Alba air bhonn dreuchd 'Ministear airson Coimhearsnachdan Eileanach' anns a' chiad riaghaltas de dh'Alba neo-eisimeileach. Bidh an dreuchd seo a' tabhann fòcas airson gnothaichean eileanach agus guth do choimhearsnachdan eileanach taobh a-staigh an Riaghaltais air gach gnothaich agus nì e cinnteach gu bheil guth nan eilean air a riochdachadh aig gach àm.

Inbhe laghail agus bun-reachdail

A' comharrachadh inbhe eileanach

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gu bheil na buidhnean eileanach de dh'Arcaibh, Shealtainn agus na h-Eileanan an Iar nan Sgìrean Eileanach a tha, an lùib an stòrasan nàdarra agus suidheachadh cudromach taobh a-staigh eaconamaidh na h-Alba, cuideachd a' fulang dùbhlain fad-ùineil a thaobh cruinn-eòlas agus sluagh-thomhais mar a chithear ann an Alt 174 den Chunnradh air a' Ghnìomhachadh den Aonadh Eòrpach.

Thèid aire a thoirt do nàdar agus feumalachdan àraid nan eileanan Albannaich ann an bun-reachd eadar-amail na h-Alba, mus tèid bun-reachd foirmeil a chur air bhonn, tro Achd nan Eilean agus dìon-eileanach, an dìon reachdail de roinnean-pàrlamaid agus le bhith a' fastadh Ministear airson nan Eilean.

Cuideachd, gheibh riaghaltas ionadail ann an Alba buannachd bho aithneachadh bun-reachdail tro neo-eisimeileachd.

> *Thèid aire a thoirt do nàdar agus feumalachdan àraid nan eileanan Albannaich ann an bun-reachd eadar-amail na h-Alba.*

Nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gun tèid aithne a thoirt ann an Achd nan Eilean, a tha san amhairc, don inbhe shònraichte agus do na feumalachdan aig eileanan na h-Alba agus don phrionnsapal sìneachdais mar a tha e a' bualadh air eileanan na h-Alba taobh a-staigh an AE.

Cleachdaidh Riaghaltas na h-Alba a bhuidh mar Bhall-stàite den AE gus amasan co-roinnte a shireadh a chuireas barrachd chomasan eileanach air bhonn agus a neartaicheadh a thaobh lionraidhean ann an raointean còmhdhail, tele-chonaltradh agus bun-structair lùth. Bheir seo suim dhan fheum a th' ann na sgìrean eileanach a cheangal ri prìomh sgìrean an Aonaidh a rèir Alt 170 den Chunnradh aig a' Ghnìomhachadh den Aonadh Eòrpach.



Inbhe bun-reachdail

Bidh an leasachadh de bhun-reachd sgrìobhte maireannach am measg aon de na ciad phrìomhachasan aig Alba neo-eisimeileach.

Mar a chaidh a shuidheachadh ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*, thèid bun-reachd sgrìobhte maireannach na h-Alba ullachadh, às dèidh neo-eisimeileachd, le co-chruinneachadh bun-reachdail ann am pròiseas làn chompàirteach air a stiùireadh le saoranaich. Cuiridh Pàrlamaid neo-eisimeileach na h-Alba a thèid a thaghadh sa Chèitean 2016 am bun-reachd air bhonn, a' gabhail a-steach ballrachd agus dòighean-obrach. Aon uair 's gu bheil e air a stèidheachadh, bidh an co-chruinneachadh ag obrachadh gu neo-eisimeileach bhon dà chuid a' Phàrlamaid agus an Riaghaltas. Mar sin, cha bhi smachd sam bith aig Riaghaltas na h-Alba air ballrachd a' cho-chruinneachaidh no air na cuspairean a dh'fhaodadh an co-chruinneachadh a thaghadh airson a bhith nam pàirt den bhun-reachd maireannach. Ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*, ge-tà, tha an Riaghaltas a' suidheachadh ullachaidhean a tha iad am beachd a mholadh don Cho-chruinneachadh airson am beachdachadh. Tha an Riaghaltas cuideachd a' moladh ullachadh a tha a' toirt aithne dhan t-suidheachadh àraid aig eileanan na h-Alba, a' togail air an daingneachadh a thug am Prìomh Mhinistear ann an Dearbhadh Lerwick gu bheil Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh sìneadas agus dèanamh cho-dhùnaidhean ionadail.

Bidh an cothrom aig coimhearsnachdan agus Comhairlean Eileanach molaidhean a chur chun cho-chruinneachaidh bhun-reachdail airson a bhith mar phàirt den bhun-reachd mhaireannaich; bhiodh Riaghaltas na h-Alba cuideachd an dùil gum biodh ballrachd a' cho-chruinneachaidh a' riochdachadh iomadachd na h-Alba, ar coimhearsnachdan eileanach nam measg.

Tha Comhairlean nan Eilean an dùil ullachadh a mholadh dhan bhun-reachd mhaireannach a bhiodh a' comharrachadh nam prionnsapalan a tha mar phàirt den Chunnradh air a' Ghnìomhachadh den Aonadh Eòrpach mu chuspairean leithid sìneadas, a bhith a' gabhail suim de sgìrean air an iomall a' gabhail a-steach eileanan, agus a bhith a' lùghdachadh neo-ionnanachd ann an leasachadh de sgìrean nach eil cho fàbharach, a' gabhail a-steach eileanan. Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gum faicheadh an co-chruinneachadh molaidhean de leithid mar chur-a-steach chuideachail agus chuireadh iad fàilte orra, agus tha iad a' cur taic ri leithid de mhodh-obrach.

Foillsichidh Riaghaltas na h-Alba dreachd de Bhile Neo-eisimeileachd na h-Alba, airson co-chomhairle, a bhios mar bhun-reachd eadar-amail airson Alba neo-eisimeileach. Bheir am Bile

A' togail guth nan eilean leantainn

seo, a thèid fhoillseachadh san Ògmhios, aithne do dh'eileanan na h-Alba sa bhun-reachd eadar-amail bhon àm a thòisicheas neo-eisimeileachd.

Às dèidh bhòt airson neo-eisimeileachd, thèid am Bile seo, cho math ri dreachd às ùr de dh'Achd na h-Alba, a dhèanamh laghail agus bidh e mar bhun-stèidh airson riaghladh na h-Alba bhon àm a thòisicheas neo-eisimeileachd, agus gus an cuir an co-chruinneachadh bun-reachdail crìoch air a chuid obrach le bhith ag ullachadh bun-reachd maireannach. Cuideachd anns an dreachd Bile, bidh dìon nas fharsainge do riaghladh ionadail air feadh Alba.

Roinnean-pàrlamaid

Fo reachdas fèin-riaghlaidh, tha Achd na h-Alba an-dràsta a' tabhann dìon reachdail airson nan roinnean-pàrlamaid ann an Arcaibh agus Sealtainn. Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir seo a leudachadh gus roinn-pàrlamaid nan Eilean Siar a dhìon, mar an aon roinn-parlamaid eileanach eile. Thèid seo a dhèanamh nuair a bhithear a' ceadachadh gu laghail airson dreachd ùr de dh'Achd na h-Alba nuair a thathar ag eadar-ghluasad gu ruige neo-eisimeileachd.

Tha *Àm ri Teachd na h-Alba* a' daingneachadh gun lean Pàrlamaid na h-Alba le bhith a' taghadh a' cleachdadh an aon shiostam taghaidh 's a tha an àite an-dràsta agus nach biodh an àireamh de Bhuill ag atharrachadh. Tha eileanan na h-Alba air an deagh riochdachadh ann am Pàrlamaid na h-Alba tarsainn air sia roinnean-pàrlamaid agus dà sgìre pàrlamaid, le 20 BPA gu lèir a' riochdachadh ar coimhearsnachdan ionadail.

Na Cumhachdan aig na Trì Comhairlean Eileanach

Tha riaghaltas ionadail na phàirt slàn is dheatamach den deagh riaghladh a th' air Alba san fharsaingeachd - tha na seirbheisean poblach a tha e a' tabhann, cho math ris an fheadhainn a th' air an tabhann le buidhnean leithid Seirbheis na Slàinte, Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba agus Poileas Alba, le chèile mar phàirt de bhun-stèidh ar comann-shòisealta.

Tha daoine ionadail nan goireas le sgilean agus eòlas a bu chòir dhuinn a mheas, àrach agus fhuasgladh gus ar mòr-amasan co-roinnte a bhuileachadh. Tha an fheum gus eòlas ionadail a chur an gnìomh airson poileasadhan nàiseanta a chur an cèill anns na trì Sgìrean Eileanach nas motha na bha e riamh. Cumanta anns gach aon dhiubh, tha an iomallachd, an oireachd agus, an coimeas ris a' mhòr-chuid de dh'ùghdarrasan ionadal eile, an àireamh-sluaigh bheag.

Tha deamocrasaidh ionadail cudromach a thaobh mathas agus

A' togail guth nan eilean leantainn

seasmhachd nan coimhearsnachdan eileanach. A' toirt aithne dhan seo, tha Riaghaltas na h-Alba a' cur taic ri ullachadh ann am bun-reachd sgrìobhte gus inbhe agus còirichean an riaghaltais ionadail thaghte a dhaigheachadh. Dhèanadh seo cinnteach gum b' urrainn do dh'Alba barantas a thoirt mun phrionnsapal de fèin-riaghladh ionadail a rèir a' Chùmhnant Eòrpaich airson Fèin-riaghladh Ionadail. Tha leithid de dh'aithne bun-reachdail àbhaisteach ann an deamocrasaidhean leasaichte mar a' Ghearmailt, An Danmhairg agus an t-Suain, agus bu chòir dha cuideachd a bhith fìor ann an Alba an latha an-diugh. Eu-coltach ri gainnead de bhun-reachd sgrìobhte san RA, far an gabhadh riaghaltas ionadail a chur mu sgaoil le luchd-poileataigs, tha neo-eisimeileachd a' tabhann a' chothrom deamocrasaidh ionadail a dhìon.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn gun tèid aig na trì Comhairlean Eileanach na h-aon chumhachdan sa th' aca an-dràsta a chumail, agus chan eil dùil sam bith reachdas a chur an sàs airson na cumhachdan sin a lùghdachadh no airson uachdranas tìre nan Comhairlean atharrachadh. Tha an suidheachadh seo a' bualadh air na h-ullachaidhean a th' ann an Achd Chomhairle Siorrachd Zetland 1974 agus Achd Chomhairle Siorrachd Arcaibh 1974, a bhiodh le chèile a' leantainn ann an Alba neo-eisimeileach.

Gluaisidh Riaghaltas na h-Alba mar a bhios feum a thaobh molaidhean sam bith bho Chomhairle nan Eilean Siar co-cheangailte ri dè na h-ullachaidhean bho na h-Achdan bho 1974 a bhiodh iomchaidh agus freagarrach airson an cur an gnìomh anns na h-Eileanan an Iar.

Riochdachadh nas fheàrr do dh'eileanan Alba taobh a-staigh an AE
Chuireadh Riaghaltas na h-Alba fàilte air guth làidir eileanach anns an Aonadh Eòrpach.

Mas e 's gum bhòt daoine 'Bu Chòir' anns am referendum air 18 Sultain 2014, broснаichidh Riaghaltas na h-Alba riochdachadh nas motha airson coimhearsnachdan eileanach na h-Alba taobh a-staigh an AE. Dheidheadh seo a shuidheachadh ann an Meòrachan Tuigse eadar nam buidhnean iomchaidh. Thèid beachdachadh air na cothroman a leanas air riochdachadh eileanach nas fheàrr:

- » Na h-eileanan còmhla ri aon de bhuill Alba neo-eisimeileach ainmeachadh airson Comataidh nan Sgìrean, ma thèid aontachadh le CoSLA.
- » Na h-eileanan ri beachdan a lìbhrigeadh a thaobh an seasamh a bu chòir a ghabhail le Ministearan na h-Alba aig coinneamhan de Chomhairle na Pàrlamaid Albannaich air gnothaichean poileasaidh aig am bi buaidh chudromach air na h-Eileanan, a'

A' togail guth nan eilean leantainn

gabhail a-steach a bhith a' gabhail compàirt ann am buidhnean riochdachaidh gu coinneamhan de Chomhairle na Pàrlamaid Albannaich nuair a tha sin iomchaidh.

- » Am fastadh de neach taobh a-staigh an Rìochdachaidh Albannaich den AE gus beachdachadh gu sònraichte air gnothaichean co-cheangailte ris na h-Eileanan agus, far a bheil sin iomchaidh, aoigheachd a thoirt do riochdairean bho choimhearsnachdan eileanach agus Comhairlean nan Eilean.

Air feadh an ro-sheallaidh seo, far a bheil ùidhean nan Eileanan Albannach gu làidir a' bualadh air raointean de phoileasaidh na RA, tha sinn air beachdachadh air dòighean anns an gabh guth nan eileanan Albannach a riochdachadh nas fheàrr.

> *Air feadh an ro-sheallaidh seo, far a bheil ùidhean nan Eileanan Albannach gu làidir a' bualadh air raointean de phoileasaidh na RA, tha sinn air beachdachadh air dòighean anns an gabh guth nan eileanan Albannach a riochdachadh nas fheàrr.*

Cuideachadh Stàit

Tha eileanan Alba gu mòr nam 'margaidh air leth', a' foighneachd cheistean a thaobh ruigsinneachd agus cuinge far a bheil gnothachasan ionadail dualtach a bhith a' farpais an aghaidh a chèile an àite a bhith ri luchd-gnothachais air tìr-mòr ach aig a' cheart àm a' fulang le cosgaisean iomallach nas àirde bho, can, cosgaisean còmhdhail nas àirde agus cosgaisean lùth nas àirde na dhan aon seòrsa gnìomhachas ann an àite eile. Tha riaghailtean cuideachaidh Stàite nam prìomh phàirt de Lagh AE, a tha ag amas air stòrasan poblach a tha ag adhbharachadh neo-ionnanachd am measg fharpaisich agus malairt san RE a chuingealachadh. Mar eisimpleir, tha cuideachadh air a chuingealachadh gu €200,000 (timcheall air £160,000 an-dràsta) gach neach taobh a-staigh trì bliadhna sam bith ann an sreath.

Ma ghabhas dearbhadh nach toir eadraiginn sònraichte buaidh mhì-chothromach air margaidhean nàiseanta nas fharsainge no margaidhean AE, cha bhiodh na riaghailtean mu chuideachadh stàit gan cur an gnìomh – a' gabhail a-steach cuingealachaidhean air an seòrsa gnìomh as urrainn taic fhaighinn, am meud de shochair no a' chuibhreann de chuideachadh a bheirear seachad.

Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom dha na Sgìrean Eileanach riochdachadh nas fheàrr fhaotainn taobh a-staigh nan ionadan san AE le Alba na Ball-stàit neo-eisimeileach. Dhèanadh Riaghaltas na h-Alba strì gus dèanamh cinnteach gun gabhadh an AE suim ann an



gnothaichean eileanach co-cheangailte ri riaghailtean cuideachaidh Stàite, leithid iomallachd fisiceach, cudromachd bun-structair còmhhdail agus eisimeileachd ann an raointean leithid iasgach agus turasachd. Ann an ath-sgrùdaidhean air riaghailtean san àm ri teachd, dheidheadh aig Alba neo-eisimeileach an riochdachadh fhèin a dhèanamh dhan Choimisean às aonais bhèato bho Riaghaltas Westminster no ath-phrìomhachasadh de bheachdan. Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn dèanamh cinnteach gun deidheadh na Sgìrean Eileanach an riochdachadh anns a' bhuidheann riochdachaidh aig coinneamhan cuideachaidh Stàite taobh a-staigh a' Choimisein Eòrpaich, far a bheil ùidh shònraichte, chudromach aig na h-eileanan.

Gabhaidh Riaghaltas na h-Alba ceuman gus dèanamh cinnteach gu bheil an cur-an-gnìomh de riaghailtean cuideachaidh Stàite air eileanan na h-Alba iomchaidh agus èifeachdach. Bidh cuideachadh bho chomhairlichean cuideachaidh Stàite bho Riaghaltas na h-Alba a bhios a' dèiligeadh ri gach raon poileasaidh ri fhaotainn le ùghdarrasan ionadail le eileanan. Le bhith a' faighinn cothrom air eòlaichean den leithid seo, gu h-àraid ann an raointean poileasaidh a tha cho cudromach dha na h-eileanan, leithid àiteachas, coilltearachd, iasgach, ath-nuadhachadh, turasachd agus leasachadh ghnòthachasan beaga, bidh cothrom nas fheàrr aig Comhairlean ceuman a chur air bhonn gus eaconamaidhean a chuideachadh le bhith a' cumail ri riaghailtean cuideachaidh Stàite. Airson sgeamachan a tha feumach air clàradh fiosrachaidh dhan Choimisean, cuiridh Riaghaltas na h-Alba an gnìomh a chuid eòlasan agus stòrasan sa Bhruiseal.

Bho chionn ghoirid, tha a' Choimisean Eòrpach air co-luadar a chumail le Buill-stàit co-cheangailte ris na riaghailtean ùra cuideachaidh Stàit air iasgach. Tha Riaghaltas na h-Alba air am freagairt Albannach a thilleadh thuca, às dèidh bruidhinn ri luchd-ùidh air feadh na h-Alba, a' togail nan ceistean a chaidh a thogail anns na h-eileanan agus a' gabhail a-steach iarrtas gun deidheadh an stairsneach *de minimis* àrdachadh bho €30,000 gu co-dhiù €60,000 agus a' cur an aghaidh an toirmeasg de chuideachadh a thathar a' moladh airson einnseanan do bhàtaichean beaga. Tha sinn cuideachd air iarraidh air a' Choimisean Eòrpach leantainn le bhith a' leigeal le cuideachadh a bhith ga thoirt airson fosadh eadar-amail no maireannach de ghnìomhan iasgaich. Tha e na dhragh do dh'Alba ma thèid an toirmeasg air tilgeadh èisg a chur an gnìomh gun tèid mòran de bhàtaichean an èisg-ghil a-mach à sealladh. Tha an toirt air falbh de na h-artaigilean seo neo-chunbhalach le Maoin Iasgaich agus Mara na h-Eòrpa (EMFF). Ma thèid gabhail riutha, bheireadh na h-atharrachaidhean seo an cothrom do bhuidhnean poblach taic nas

A' togail guth nan eilean leantainn

fheàrr a thoirt dhan raon iasgaich, a' brosnachadh seasmhachd agus a' toirt cuideachadh dhaibh le bhith a' freagairt ann an dòigh mhath a thaobh teannachadh sa mhargaidh agus cuingealachaidhean riaghailteach, a tha tuilleadh sa chòrr sgìtheil air companaidhean beaga.

Taic roinneil agus inbhe ceàrnaidh le cuideachadh

Chaidh an clàr airson ceàrnaidhean le cuideachadh san RA airson 2014-20 a cheadachadh leis a' Choimisean air 21 Cèitean 2014. Tha an clàr seo a' suidheachadh nan sgìrean sa bheil companaidhean airidh air taic roinneil – taic calpa a bharrachd a tha ceadaichte fo riaghailtean cuideachaidh Stàite mar chomharra air na cnapan-starra a tha mu choinneamh sgìrean àraid. Tha na cnapan-starra sin mar as trice air am mìneachadh le ìre ìosal GDP *per capita*, ìrean àrda de dhìth cosnaidh agus àireamh-sluaigh a tha sgapte, stèidhte air slatan-tomhas thar-Eòrpach.

Airson a' chlàir 2014, mar eisimpleir, bha cunnart mòr ann nach deidheadh aig Sealtainn no Arcaibh air na slatan-tomhas airson taic roinneil a ruighinn. Bha seo air na cosgaisean a bharrachd a thig an lùib ghnòthachadh ann an sgìrean iomallach a dhèanamh na bu mhiosa le bhith a' toirt air falbh tobar airgid nach beag airson taic a chur ri airgead seilbh. Rinn Riaghaltas na h-Alba, mar sin, obair mhòr còmhla ri Còmhairlean Eileanan Shealtainn agus Arcaibh gus dearbhadh a chur an cèill a bha a' ciallachadh gun deach an ainmeachadh mar cheàrnaidhean le cuideachadh leis a' Choimisean. Ged a tha na riaghailtean ag atharrachadh air feadh na Roinn Eòrpa airson a dhèanamh tòrr nas duilghe taic a thoirt do chompanaidhean mòra, tha an obair chom-pàirteach seo a dh'ionnsaigh co-rèiteachaidh a' ciallachadh gum bi gnothachasan anns na h-eileanan fhathast airidh air taic calpa a bharrachd a tha cho deatamach dhaibh agus a rèir nan riaghailtean seo gu co-dhiù 2020, nuair a thèid na riaghailtean ath-sgrùdadh a-rithist.

Maoinachadh AE

Tha sinn ag aithneachadh cudromachd na maoin structarail Eòrpaich agus na maoin leasachaidh dùthchail dha na coimhearsnachdan anns na Sgìrean Eileanach. Thathar a' dèiligeadh ris na gnothaichean seo ann an doimhneachd ann am pàirtean eile den ro-shealladh seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur taic ri cothrom do dh'eileanan a bhith nas motha an sàs ann an riaghladh agus sgrùdadh maoin AE. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith an sàs ann am Prògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba (SRDP) agus riaghladh na Maoin Structarail.

A' togail guth nan eilean

leantainn

Às dèidh cuireadh bho Riaghaltas na h-Alba airson an adhbhair seo, tha Comhairlean nan Eilean air aontachadh riochdaire ainmeachadh airson suidhe air Comataidh Obrachaidh Leasachaidh Dùthchail (RDOC) agus Co-chomataidh Sgrùdaidh Phrògraman (JPMC) airson SRDP, a' dèanamh cinnteach à guth sònraichte eileanach.

Modail ùr airson seirbheisean poblach a libhrigeadh

B' e aon mhodail air mar a libhrigeadh seirbheisean poblach air an deach beachdachadh gu mionaideach le Buidheann-obrach Mhinistreib Sgìrean nan Eilean a' bhun-smuain de aon ùghdarras poblach ionadail a' libhrigeadh nan seirbheisean air fad na sgìre fhèin. Tha seo co-chòrdail ris a' phrionnsapal sìneadais agus tha comasachd sònraichte aige gus dèanamh cinnteach gu bheil dreuchdan àraid a' riochdachadh gu cothromach nam feumalachdan is iarrtasan ionadail, le barrachd cuntachalachd chuimseach eadar luchd-solair na seirbheis agus an luchd-bhòtaidh ionadail mar luchd-cleachdaidh na seirbheis. 'S e an argamaid an aghaidh seo gu bheil cuid de sheirbheisean nas freagarraiche gu bhith air an tabhann le riaghaltas meadhain, mar as trice gus leigeil le cunnartan ionmhais a bhith sgaoilte thairis air bun nas fharsainge no airson feum a dhèanamh de dh'èifeachdasan sgèile. Tha iad seo 's dòcha air am mìneachadh mar eisimpleir le solar de chùraim slàinte speisealta a tha feumach air àireamh-sluaigh mòr gu leòr airson eirmiseachd agus eòlas clionaig a' stèidheachadh agus a chumail nan àite no an lùghdachadh ann an ruigsinneachd cruinneil de bhuidheann leasachaidh eaconamach ionadail an coimeas ri fear a tha ag obrachadh air stèidh nàiseanta. Gu dearbh, tha na smuaintean seo agus an co-reiteachadh aig cnag na cùise ann am beachdachadh sam bith a thaobh am bu chòir dreuchd no dleastanas sam bith a bhith ga dhèanamh aig dè an ìre de riaghaltas.

Tha Riaghaltas na h-Alba agus riaghaltas ionadail air a bhith ag obair le com-pàirtichean bho chionn ghoirid gus Dealbhadh Coimhearsnachd a neartachadh. Tha na pròiseasan a' toirt còmhla nam buidhnean com-pàirteachais airson co-phrìomhachasan a chomharrachadh agus gus stòrasan a chur gu ionnsaigh a rèir feumalachdan agus mòr-amasan na coimhearsnachd ionadail.

> *Bu chòir an suidheachadh àraid aig gach Sgìre Eileanach leigeil le leithid de dh'obair com-pàirteachais a bhith air a shìor leasachadh agus modailean ùr airson seirbheisean poblach a libhrigeadh a sgrùdadh.*

A' togail guth nan eilean leantainn

Tha buannachdan air tighinn às an t-suidheachadh mar-thà, le libhrigeadh de sheirbheisean slàinte agus cùram sòisealta nas aonaichte air na h-Eileanan an Iar, Arcaibh agus Sealtainn. Mar-thà, tha Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairlean Arcaibh agus Shealtainn, ag obair an lùib an com-pàirtichean anns na seirbheisean slàinte, air brath a ghabhail air a' chothrom airson dòigh-obrach nas aonaichte a chleachdadh gu builean nas fheàrr a libhrigeadh airson an cuid choimhearsnachdan agus tro phrògraman leithid Co-obrachadh nan Tràth Bhliadhnachan.

Tha na h-ullachaidhean seo airson co-obrachadh, a tha mar-thà stèidhte, a' ciallachadh cur an gnìomh de dh'Achd Buidhnean Poblach (Co-obrachadh) Alba 2014, a nì cinnteach à amalachasadh nas fheàrr de shlàinte agus sheirbheisean cùraim, ann an suidheachadh math airson gluasad air adhart anns na h-Eileanan an Iar, ann an Arcaibh agus Sealtainn.

Tha am mòr-amas poileasaidh airson amalachadh sheirbheisean airson slàinte agus cùram sòisealta ann gus piseach a thoirt air an inbhe agus co-chòrdaileachd de sheirbheisean do dh'euoslaintich, an luchd-cùraim, luchd-cleachdaidh sheirbheisean agus an teaghlaichean; gus seirbheisean slàinte agus cùram sòisealta teannta, gun smal agus den inbhe as fheàrr a thabhann do dhaoine nan dachaighean no ann an suidheachadh dachaigheil far a bheil e sàbhailte sin a dhèanamh; agus gus dèanamh cinnteach gu bheil stòrasan air an cleachdadh gu h-èifeachdach gus seirbheisean a libhrigeadh a tha a' coileanadh iarrtasan aig an àireamh a tha a' meudachadh de dhaoine le feumalachdan fad-ùineil agus gu math tric iom-fhillte, mòran dhiubh a tha nas sine.

Aon uair 's gu bheilear air an dòigh co-obrachaidh a chaidh a roghnachadh eadar gach Comhairle agus Bòrd Slàinte fhisge a-steach, bu chòir gum bi suidheachadh àraid gach Sgìre Eileanach a' ciallachadh gun gabh leithid de cho-obrachadh a shior leudachadh agus modailean ùra airson a bhith a' libhrigeadh sheirbheisean poblach a sgrùdadh.



A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean

Tha prionnsalan sineadais agus dèanamh cho-dhùnaidhean gu h-ionadail nam bun-stèidh dhan ro-shealladh seo, le sùil àraid ga chumail air an raon a thaobh stiùireadh agus cleachdadh stòrasan mara. Bu chòir do choimhearsnachdan ionadail air feadh ar n-eileanan a bhith a' faighinn a' bhuannachd as motha bho theachd-a-steach a thig à airgead màil agus rìoghalachd bho ghnìomhan timcheall air cladaichean nan eilean. Bu chòir dhan seo a bhith gu sònraichte fìor nuair a tha an cleachdadh de na stòrasan seo gu h-àraid airson buannachd nàiseanta, nuair a tha buaidh aige air an àrainneachd, air a' choimhearsnachd no air gnothaichean sòisealta agus nuair a tha cunnart sònraichte ann co-cheangailte ris an àrainneachd.

Tha sinne a' faicinn gum bu chòir leasachadh sam bith anns na h-eileanan agus air a' mhuir timcheall orra san àm ri teachd a bhith air a dhealbhadh agus air a stiùireadh airson buannachd gach neach tro ullachadh aontachta de chom-pàirtichean nàiseanta, sgìreil agus ionadail, le Riaghaltas na h-Alba agus ùghdarrasan ionadail mar phrìomh chom-pàirtichean le cuibhreann anns na dleastanasan sin.

Tha eachdraidh làidir aig na Comhairlean Eileanach, a' dol cho fada air ais ri 40 bliadhna, ann an bhith a' stiùireadh gu h-ionadail agus ag obrachadh gu coimearsalta le stòrasan mara, tro ullachaidhean foirmeil leithid ceadachd obrach fo bhratach Achdan Chomhairlean Siorrachd Zetland agus Arcaibh agus aontaidhean le gnìomhachas na h-ola. Tha na h-ullachaidhean sin air obrachadh gu dòigheil gu maith na sgìre agus na dùthcha.

Tha Riaghaltas na h-Alba gu math soilleir gu bheil ar n-àm ri teachd a thaobh lùtha ri fhaighinn le lùth ath-nuadhachail mar phrìomh fheart ann am measgachadh cothromach de lùth, a tha a' riochdachadh dòigh a tha tòrr nas èifeachdaiche a thaobh chosgaisean airson ginideachd dealain na an ath ìre de làraich niuclasach a tha san amhairc aig Riaghaltas Westminster. Tha stòrasan lùtha ath-nuadhachail a' toirt dhuinn cothrom cruth-atharrachadh a thoirt air eaconamaidhean ar n-eileanan. Tha eileanan na h-Alba air grèim a ghabhail air comasan an cuid stòrasan nàdarra gus taic a chur ri sealbh agus leasachadh coimhearsnachd mar a chithear air Eilean Eige agus air Giogha, agus tha Sealtainn an dùil buannachd fhaighinn à cuibhreann de shealbh ionadail anns an tuathanas-gaoithe Viking aig a bheil an comas suas ri £30 millean a theachd-a-steach dhan choimhearsnachd ionadail.

Leis an taic iomchaidh, tha na trì Sgìrean Eileanach comasach air suas ri còig sa cheud de dh'iarrrtas dealain Bhreatainn a thabhann



ro 2030 ann an dòigh a tha glan, uaine agus èifeachdach a thaobh airgid, cho math ri bhith a' cur taic ri coimhearsnachdan ionadail.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gun toir neo-eisimeileachd cothrom nas fheàrr na stòrasan seo a chur gu feum agus an làn bhuileachadh de na buannachdan sòisealta-eaconamach a thig nan lùib, a bhith a' neartachadh a' chothroim airson sealbh a ghabhail air mar choimhearsnachd agus buannachdan coimhearsnachd nam measg.

Tha ar stòrasan nàdarra a' gabhail a-steach stòrasan aig muir agus air tìr. 'S iad iasgach agus cultar-uisge an dà ghnìomhachas as cudromaiche anns na h-eileanan – mar thoradh air mar a tha iad a' cur ri eaconamaidhean nan eilean, na cosnaidhean chuimseach agus neo-chuimseach a tha iad a' tabhann, agus an ìre àrd de shealbh ionadail. Tha cudromachd gnìomhachas an iasgaich air a mheudachadh leis mar a tha an comas ann tabhartas sònraichte fad-ùineil a thoirt do dh'eaconamaidhean eileanach, agus leis nach eil an t-uabhas roghainnean eile ann a bheir an aon ìre de chosnaidh is theachd-a-steach gu h-ionadail. An-dràsta, chan eil Alba a' faighinn ach 1.4 sa cheud de Mhaoin Iasgaich na h-Eòrpa no 40 sa cheud de chuibhreann na RA, a dh'aindeoin 's gu bheil 58 sa cheud de dh'iasgach na RA ann an Alba agus 85 sa cheud de chultar-mara. Le neo-eisimeileachd, thèid againn air a' chuibhreannachadh mì-chothromach san RA a chur gu aon taobh agus co-rèiteach a dhèanamh airson cuibhreann nas cothromaiche fhaotainn de bhuidseatan iasgaich na h-Eòrpa, a bhios a' riochdachadh meud nan gnìomhachasan, gus cuideachadh a thoirt dha na roinnean iasgaich agus cultair-mara, agus an gnìomhachas giollachd de stòras-mara nas fharsainghe.

> *Bu chòir do choimhearsnachdan ionadail air feadh ar n-eileanan a bhith a' faighinn a' bhuannachd as motha bho theachd-a-steach a thig à airgead màil agus rìoghalachd bho ghnìomhan timcheall air cladaichean nan eilean.*

Tha tuathanachas agus croitearachd le chèile nan dòighean-beatha agus nam pàirt chudromach de dh'eaconamaidhean nan eileanan Albannaich. Tha inbhe nan toraidhean eileanach a' sior fhàs agus tha comasan eaconamach sònraichte an seo airson ar n-eileanan, dìreach mar a tha àrainneachd agus àrainn nàdarra nan eilean a' tàladh luchd-turais. Tha stòrasan nàdarra ar n-eileanan nam bun-stèidh de dh'eaconamaidhean eileanach.

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

Buannachd coimhearsnachd

Prionnsapalan nam buannachdan coimhearsnachd bho stòrasan ath-nuadhachail

Dh'fhaodadh nach eil na buaidhean matha a tha a' tighinn bho stòrasan lùtha nàdarra ath-nuadhachail far chladaichean ar n-eileanan, an cleachdadh airson prothaid gnìomhachais agus na buannachdan eile a thig nan lùib air fhaireachdainn an-còmhnaidh leis na coimhearsnachdan eileanach fhèin. Mar sin, bu chòir ceuman a ghabhail gus buannachdan coimhearsnachd a dhèanamh comasach gus a bhith cinnteach gun tèid buannachdan follaiseach am buileachadh air feadh nan coimhearsnachdan eileanach.

Tha am prionnsapal de bhuanachdan bho ghnìomhachas ath-nuadhachaidh mara sa choimhearsnachd na 'phasgan' de bhuanachdan a ghabhas a libhrigeadh do choimhearsnachdan eileanach ann an grunn dhòighean. Bu chòir dhan phasgan seo a bhith air a dhealbhadh, san fharsaingeachd, ann an co-luadar leis a' choimhearsnachd, agus bu chòir a sgapadh tarsainn air sgìre tìreil de luchd-buannachd, agus tarsainn air frèam de chuspairean. San dòigh seo, bidh cinnt ann gum faigh coimhearsnachdan tìreil, coimhearsnachdan de luchd-ùidh agus Alba mar dhùthaich gu lèir buannachd às an stòras lùtha ath-nuadhachail againn.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gu bheil làraich lùtha ath-nuadhachail aig muir gu math eadar-dhealaichte. Sin is coireach gun deach na prionnsapalan seo an dealbhadh gus a bhith sùbailte agus gun gabh an atharrachadh airson dèanamh cinnteach gun tèid am buileachadh as èifeachdaiche fhaotainn airson gach làraich.

Bidh pasgain nam buannachdan coimhearsnachd ag atharrachadh bho phròiseact gu pròiseact, stèidhte air raon de fheartan, a' gabhail a-steach: meud; teicneòlas; làrach; agus an seòrsa pròiseict air a bheilear a beachdachadh. 'S e am prionnsapal de bhuanachd coimhearsnachd, mar sin, gum bu chòir gach pasgan a thàillearachd airson feartan an iomairt a riochdachadh.

Cothroman eileanach

Mar a chaidh a mhìneachadh san ro-shealladh seo, tha teachd-a-steach bho mhàl airson cultar-uisge agus Oighreachd a' Chrùin nan cothroman sònraichte dhar coimhearsnachdan eileanach (agus eile) gus buannachdan coimhearsnachd fhaotainn a bheir cuideachadh dhaibh gus an ùghdarrachadh agus an làn chomasan a bhuileachadh.

Dreuchd nan Comhairlean Eileanach

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gun urrainn do dhreuchd chudromach a bhith aig Comhairlean nan Eilean ann a bhith a'

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

dèanamh cinnteach gun tèid buannachd coimhearsnachd a chuibhreannachadh gu cothromach agus gu ro-innleachdail do choimhearsnachdan anns na buidhnean de dh'eileanan aca fhèin. Ann an leithid de shuidheachaidhean, bhiodh uallach air na Comhairlean Eileanach airson an rianachd den mhaoin aca fhèin, a' gabhail a-steach mar a bhios am maoin air a chosg, cò a gheibheadh buannachd às agus an ìre de bhuannachd. Bhiodh dreuchd ro-innleachdail aig a' Chomhairle ann a bhith a' cuibhreannachadh nam buannachdan a rèir phrìomhachasan nàiseanta agus ionadail, a bhith a' faotainn aonta mar a tha iomchaidh taobh a-staigh Chom-pàirteachasan Dealbhadh Coimhearsnachd gus a bhith cinnteach gu bheil na buannachdan gan stiùireadh a dh'ionnsaigh nan coimhearsnachdan.

Ann a bhith a' leasachadh pasgain de bhuannachdan coimhearsnachd, faodaidh prìomh dhreuchd a bhith aig na Comhairlean Eileanach ann a bhith a' cur air dòigh seilbh coimhearsnachd a bhios na bhuannachd do gach coimhearsnachd nam buidheann eileanach, agus gus a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid gach buannachd coimhearsnachd a chuibhreannachadh gu cothromach agus gu ro-innleachdail gu gach coimhearsnachd nam buidhnean eileanach.

Eadar-dhealachadh bho dhìoladh

'S e mearachd a bhiodh ann ullachaidhean airson buannachdan coimhearsnachdan fhaicinn mar thabhartasan no ullachaidhean dìolaidd no an-fhoise. Bu chòir do dh'ullachaidhean dìolaidd den leithid a bhith air a sgaradh bho thabhartasan airson buannachdan coimhearsnachd.

Sealbh coimhearsnachd air lùth ath-nuadhachail

Gu h-eadar-dhealaichte bho bhuannachd coimhearsnachd, tha targaid an Riaghaltas Albannaich gus 500 MW de stòrasan ath-nuadhachail ann an sealbh nan coimhearsnachdan agus sgìrean ionadail ro 2020 comasach air £2.4 billean de luach a theachd-a-steach rè beatha-obrachaidh nan sgeamachan.

Tha an targaid seo a' gabhail a-steach an comas do choimhearsnachdan airgead a chur a-steach no com-pàirt a ghabhail ann an sealbh, agus tha sinn ag obrachadh còmhla ri buidheann de luchd-ùidh airson an fheum as fheàrr a dhèanamh den chothrom seo, cho math ri bhith a' tabhann taic phractaigeach do choimhearsnachdan tro Sgeama Lùtha Coimhearsnachd agus Ath-nuadhachail (CARES) agus a' Mhaoin Seilbh Airgid airson Lùth Ath-nuadhachail (REIF). Tha sealbh coimhearsnachd agus ionadail de lùth ath-nuadhachail na fhìor dhuais do choimhearsnachdan, an fheadhainn anns na h-eileanan nam measg, agus tha Riaghaltas na

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

h-Alba ag obrachadh gus am mòr-amas seo a bhuileachadh.

Tha pàighidhean de bhuannachdan coimhearsnachd bho sgeamaichean coimearsalta a' tabhann airgead aig ìre tòrr nas ìsle ach tha iad nan cothroman cudromach air a shon sin gus buannachdan ar stòrasan ath-nuadhachail a sgaoileadh air coimhearsnachdan. Anns na 12 mìosan a chaidh seachad, chaidh còrr is £6 millean a thoirt do choimhearsnachdan ann an Alba bho chòrr is 3 GW de sgeamaichean gaoithe air-tìr (a' mhòr-chuid dhiubh).

Oighreachd a' Chrùin

Teachd-a-steach bho ghrund-mara Oighreachd a' Chrùin tro mhàil agus aontaidhean laghail eile

'S e cùram-roinne de thoglaichean agus thalmhainn leis a' Chrùn a th' ann an Oighreachd a' Chrùin, agus tha e a' gabhail a-steach raoin fearainn agus thoglaichean, chòirichean agus dhleastanasan ann an Alba.

Tha sinne a' creidsinn gu bheil na stòrasan mara aig coimhearsnachdan eileanach deatamach airson an ama ri teachd agus gum bu chòir a' bheirteas a thig às a chur an seilbh a-rithist gus tèarainteachd a thoirt dhan àm ri teachd.

Tha na dleastanasan a th' air Coimiseanairean Oighreachd a' Chrùin an-dràsta a' leigeil leotha teachd-a-steach fhaighinn bho bhith gan toirt seachad air màl agus tro aontaidhean laghail eile anns na h-eileanan.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh leis na Comhairlean Eileanach gum faod gnìomhan mara ann an uisgeachan tìreil na h-Alba faisg air na h-eileanan buaidh a thoirt air a' choimhearsnachd cho math ri bhith a' tabhann buannachdan ionmhasail dhan eaconamaidh ionadail. Thug Riaghaltas na h-Alba gealltanais ann an *Àm ri Teachd na h-Alba* gum faigheadh na coimhearsnachdan eileanach buannachd tro bhith a' faighinn còrr is 50 sa cheud de theachd-a-steach Oighreachd a' Chrùin bhon mhàl a gheibh iad airson grund na mara.

Tha na stòrasan mara aig na coimhearsnachdan eileanach uabhasach cudromach a thaobh àm ri teachd agus bu chòir a' bheirteas a thig às a chur an seilbh a-rithist airson an ama ri teachd sin a dhìon. Nì Riaghaltas na h-Alba, mar sin, cinnteach gun tèid 100 sa cheud den teachd-a-steach lom bho ghrund mara nan eilean a thoirt dha na coimhearsnachdan eileanach.

Bidh an teachd-a-steach bho mhàl agus aontaidhean laghail eile anns na h-eileanan co-cheangailte ri dleastanasan nan



Coimiseanairean airson Oighreachd a' Chrùin mar a tha iad an-dràsta a' gabhail a-steach, ach cha bhi e air a chuingealachadh ris a seo, teachd-a-steach bho mhàl agus aontaidhean laghail eile airson càbalan, pìoban, cultar-uisge, innealan tuinn, gaoithe agus tide-mhara, cidheachan, calachan le ùghdarrasan ionadail agus goireasan acaireachd ann an uisgeachan tireachais.

> *Tha sinne a' creidsinn gu bheil na stòrasan mara aig coimhearsnachdan eileanach deatamach airson an ama ri teachd agus gum bu chòir a' bheairteas a thig às a chur an seilbh a-rithist gus tèarainteachd a thoirt dhan àm ri teachd.*

Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt aithne do dhreuchd gach Comhairle a thaobh Dealbhaidh Coimhearsnachd agus ceannardais airson an cuid eileanan. Dheidheadh teachd-a-steach lom bho ghniomhan nas lugha na 12 mìle mara bhon eilean a thoirt do Chomhairlean fa leth agus bidh e an urra ri gach Comhairle am maoin fhèin a riaghladh, a' gabhail a-steach co-dhùnadh air mar a thèid am maoin a chosg, cò a gheibh buannachd às agus an ìre de bhuanachd. Tha comas an seo airson gach Comhairle am maoin fhèin a cho-riaghladh le urrasan leasachaidh agus seòrsachan eile de mhaoin gus na cothroman as fheàrr fhaighinn airson deagh phròiseactan a bheir buannachdan sòisealta agus eaconamach dhan choimhearsnachd ionadail cho math ri ùghdarrachadh.

Dheidheadh stòrasan an riarachadh gu gach Comhairle aon bhliadhna ann am fiachan stèidhte gu cuimseach air an teachd-a-steach lom a chaidh fhaotainn.

Mar phàirt de na h-ullachaidhean seo, bu toil leinn cuidhteas fhaighinn den dìth follaiseachd co-cheangailte ris an teachd-a-steach a tha air fhaotainn tro Choimiseanaran Oighreachd a' Chrùin. Nì Ministearan na h-Alba agus na Comhairlean Eileanach cinnteach à follaiseachd air teachd-a-steach agus mar a thèid an t-airgead a chosg.

Smachd Oighreachd a' Chrùin

Tha Riaghaltas na h-Alba agus na Comhairlean Eileanach ag aithneachadh nach eil an *status quo* reusanta agus thathar a' moladh ath-leasachadh. Cuiridh Riaghaltas na h-Alba air adhart frèam gus am bidh cothrom nas motha aig Comhairlean nan Eilean a dhol an sàs ann an stiùireadh stòrasan mara Oighreachd a' Chrùin.

Bidh am frèam seo a' gabhail a-steach ùghdarrasan ionadail agus coimhearsnachdan le bhith:

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

- » a' dèanamh cinnteach gu bheil cho-dhùnaidhean air Oighreachd a' Chrùin a' toirt ùmhachd do dh'amasan nas fharsainghe, a' gabhail a-steach buannachd coimhearsnachd agus leasachadh coimhearsnachd cho math ri togail teachd-a-steach;
- » a' dèanamh cinnteach gun urrainn do Chomhairlean buaidh a thoirt agus dealbhadh mar a thèid maoin a' Chrùin a chleachdadh timcheall air gach buidheann de dh'eileanan tro phrìomh dhreuchd nan Comhairlean air dealbhadh mara sgìreil;
- » a' gluasad smachd air stiùireadh nan cladaichean agus nan cuingealaichean uachdranais de chidheachan le ùghdarrasan ionadail agus làraich mariona bho Choimiseanairean Oighreachd a' Chrùin gu na Comhairlean Eileanach, a' toirt ùmhachd do cheuman gus dèanamh cinnteach gun tèid iarrtasan choimhearsnachdan an coinneachadh. Dheidheadh ullachaidhean eile a chur air bhonn fa leth airson puirt le urrasan neo-eisimeileach, cidheachan a bhuineas no a th' air a' ruith le companaidh ùidh coimhearsnachd agus an fheadhainn a bhuineas do Stòras Mara Cailleanach Earr (CMAL), a tha a' seirbheiseachadh an lìonraidh aiseig a tha cho deatamach;
- » a' dèanamh cinnteach gun tèid co-chomhairle a chumail le Comhairlean agus coimhearsnachdan mun ro-innleachd airson cùmhnantan màil agus aontaidhean laghail eile, priseachadh nam measg;
- » a' dèanamh cinnteach gun tèid co-chomhairle a chumail le Comhairlean agus coimhearsnachdan air molaidhean ùr-ghnàthach a thaobh cùmhnantan màil agus aontaidhean laghail eile; agus
- » a' dèanamh cinnteach gun urrainn dha na h-eileanan buannachd fhaghinn bho na stòrasan a tha an-dràsta air an riaghladh le Coimiseanairean Oighreachd a' Chrùin tro na h-ullachaidhean co-cheangailte ri cuibhreannachadh teachd-a-steach mar a chithear gu h-àrd.

Dealbhadh Mara

Gus an fheum as fheàrr fhaighinn à stòrasan nàdarra ar n-eileanan agus gus ùghdarrachadh a thoirt do choimhearsnachdan eileanach tha e cudromach nach ann a-mhàin a' faighinn teachd-a-steach bho na stòrasan a bhios na h-eileanan ach gum bi cuideachd dreuchd aca ann a bhith a' cruthachadh ro-innleachdan freagarrach gus a bhith cinnteach gun tèid feum sheasmhach a dhèanamh dhiubh.

Tha neo-eisimeileachd, cho math ri gluasad de dhreuchdan bho Oighreachd a' Chrùin, a' toirt cothrom dreuchd nan eilean a mheudachadh a thaobh an riaghlaidh seasmhach de stòrasan mara.

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

Thèid dealbhadh mara sgìreil reachdail airson nan Sgìrean Eileanach (suas gu 12 mìle mara) a thiomnadh gu foirmeil gu Com-pàirteachasan Dealbhaidh Mara, far am bi uallach stiùiridh air a' Chomhairle. Bidh na planaichean sgìreal a thèid an cruthachadh an uair sin a' daingneachadh cho-dhùnaidhean a thèid a dhèanamh le ùghdarras poblach sam bith a tha a' toirt buaidh air àrainneachd na mara, a' toirt comasan dha na h-eileanan an slighe ro-innleachdail airson an uisgeachan fhèin a thaghadh agus gus leasachadh seasmhach a chur air adhart mar as fheàrr a riochdaicheas prìomhachasan ionadail.

Tha obair air a seo mar-thà air tòiseachadh ann an Sealtainn. Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd ag obrachadh còmhla ri Comhairle Eileanan Arcaibh, agus Comhairle na Gàidhealtachd, air plana pìleat air farsaingeachd mara a bhios na stiùir airson obair san àm ri teachd, le beachd gun tèid cumhachdan dealbhaidh foirmeil an tiomnadh gu Arcaibh agus na h-Eileanan an Iar ro 2016.

Bidh buaidh aig a' phlana mara sgìreil, cho math ri co-chomhairle iomchaidh leis a' Chom-pàirteachas Dealbhaidh Mara agus buidhnean-ùidh ionadail eile, air co-dhùnaidhean ceadachd nàiseanta co-cheangailte ri leasachaidhean mòra coimearsalta aig muir. Far an gabh dearbhadh gu bheil tiomnadh de chumachdan ceadachd mara gu bhith na bhuannachd do dhòighean-obrach san t-siostam dealbhaidh agus gus leasachadh seasmhach a bhrosnachadh gu h-ionadail, bidh e an urra ri Riaghaltas na h-Alba tiomnadh den t-seòrsa seo a ghluasad air adhart.

> *Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' toirt taic do leasachadh de dhòigh-obrach 'mion-fhiosrachadh dealbhaidh' a thaobh gnothaichean a tha feumach air amalachadh de dhealbhadh mara agus fearainn, agus gluaisidh sinn air adhart leis an dòigh-obrach seo còmhla ri buidhnean-ùidh eile.*

Iasgach

Tha mòran aig gnìomhachas an iasgaich ri bhuannachd tro neo-eisimeileachd. Bidh e an-còmhnaidh na phrìomhachas do riaghaltasan Albannach taic a thoirt do choimhearsnachdan iasgaich agus raon a' bhìdh-mara.

Chan eil Alba a' faighinn ach 1.4 sa cheud de mhaoin iasgaich na h-Eòrpa a dh'aindeoin 's gu bheil sinn a' cur air tìr 8 sa cheud de dh'iasg clagte an Aonaidh Eòrpaich agus a' dèanamh suas còrr is 12 sa cheud de thoradh cultar-uisge an AE. Tha Alba san treas àite san

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

t-saoghal airson na tha sinn a' toirt à gnìomhachas a' chultar-mara, le 85 sa cheud de thoradh cultar-uisge na RA a' tighinn à Alba.

Le neo-eisimeileachd, airson a' chiad uair, bidh a guth fhèin aig Alba ann an co-rèiteachadh a thaobh iasgach san Roinn Eòrpa. Bheir neo-eisimeileachd guth sònraichte do dh'iasgairean na h-Alba, cho math ris an fheadhainn à gnìomhachas cultar-uisge, le Alba a' dol an sàs sa phròiseas poileasaidh an AE aig a h-uile ìre.

Ann an 2013, bha an tomhas-lìonaidh agus luach na chaidh de dh'iasg a chur air tìr ann an Sealtainn fhèin còrr is 73,000 tunna, luach timcheall air £73 millean.

Tha Poileasaidh Coitcheann an Iasgaich den AE ag ràdh, 'Bu chòir aithne shònraichte agus taic a thoirt do dh'eileanan beaga a tha an eisimeil an iasgaich, far a bheil sin iomchaidh, gus cothrom a thoirt dhaibh tighinn beò agus adhartas a dhèanamh.' Tha sinne a' cur taic ris a' phrionnsapal sin; chan eil sinn, ge-tà, a' creidsinn gu bheil am prionnsapal seo ga chur an gnìomh ann an riaghladh Poileasaidh Coitcheann an Iasgaich (CFP) leis an AE no san t-seasamh a thathar a' gabhail air iasgach le riaghlaltas às dèidh riaghlaltas ann an Westminster.

Tha neo-eisimeileachd a' fuasgladh chothroman airson còmhraidhean cuimseach eadar Alba, Buill-stàit eile den AE agus a' Choimisean Eòrpach a thaobh leasachadh agus cur an gnìomh de phoileasaidh iasgaich an AE. An-dràsta, feumaidh còmhraidhean leis an Roinn Eòrpa a bhith air an cumail leis an RA no le seasamh a chaidh aontachadh leis an RA, fiù 's nuair nach eil sin gu maith na h-Alba san fharsgainingeachd no gu maith ar coimhearsnachdan eileanach.

Mar Bhall-stàit neo-eisimeileach, bhiodh Alba air a làn riochdachadh ann an còmhraidhean mun CFP. Mar phàirt de ar dealas gu bhith a' neartachadh guth nan eilean, obraichidh an Riaghaltas còmhla ri na h-eileanan gus feuchainn ri aonta a ruighinn le dòighean-obrach ùghdarrasan an AE mu bhith a' cur CFP na h-Alba an gnìomh airson a' phrionnsapal seo a riochdachadh.

> *Ann an 2013, bha an tomhas-lìonaidh agus luach na chaidh de dh'iasg a chur air tìr ann an Sealtainn fhèin còrr is 73,000 tunna, luach timcheall air £73 millean.*

Tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh gum bu chòir riochdachadh coitcheann a thoirt do Chomhairlean nan Eilean air Buidheann Stiùiridh is Glèidhteachais an Iasgaich (FMAC) agus air Buidheann



Stiùiridh is Glèidhteachais an Iasgaich Cladaich (IFMAC). Nì Riaghaltas na h-Alba cuideachd rannsachadh le FMAC mun argamaid airson fo-bhuidheann eileanach.

Fon CFP ath-leasaichte, tha Alba air a riochdachadh air na buidhnean-stiùiridh iasgaich sgìreil airson A' Chuan a Tuath agus Uisgeachan na h-Iar Thuath. Le neo-eisimeileachd, nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gun tèid gnothaichean co-cheangailte ri na h-eileanan an cur an cèill ann an còmhraidhean nam buidhnean seo, far am bi iad a' bualadh air gnothaichean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air eileanan na h-Alba.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' faicinn dealbhadh mara sgìreil mar fhrèam a ghabhadh a chleachdadh airson taic a chur ri tiomnadh de chuid de fheartan de stiùireadh iasgaich dhan na h-eileanan, an lùib modhan-obrach eile leithid riaghladh òrdughan.

Mar a tha dreuchd na h-Alba a' dol am meud le cumhachdan neo-eisimeileachd, obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ri eileanan a tha airson molaidhean a chur air adhart airson riaghladh òrduighean le dùil gun dèan iad leasachadh orra, far a bheil sin iomchaidh, gu bhith nam frèaman èifeachdach airson riaghladh ionadail de dh'iasgach cladaich. Bu chòir leithid de mholaidhean tighinn bho na coimhearsnachdan eileanach fhèin, mar thoradh air meudachadh ann an dleastanas airson riaghladh iasgaich.

Cumaidh Riaghaltas na h-Alba a' dol leis an obair còmhla ris na h-eileanan air prìomh dhùbhlain, leithid an toirmeasg air tilgeadh air falbh, gus dèanamh cinnteach gun tèid suim a ghabhail de na feumalachdan agus suidheachaidhean sònraichte aca.

Cultar-uisge

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh sgèile, cudromachd agus comasan a bharrachd a' ghnìomhachais cultar-uisge anns na h-eileanan, agus tha dealas ann an com-pàirteachas dlùth, gnìomhail a chumail suas eadar an Riaghaltas, Comhairlean nan Eilean agus coimhearsnachdan agus a' ghnìomhachas fhèin.

Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh a' phrionnsapail de bhuanachd coimhearsnachd san fharsaingeachd, agus tha an cur an gnìomh as tràithe, bho ghnìomhan a tha a' tachairt anns na h-uisgeachan timcheall air na h-eileanan, a' tighinn bho chultar-mara gu sònraichte. Tha Riaghaltas na h-Alba air geallaidhean a thoirt seachad ann an àiteachan eile san ro-shealladh seo a thaobh teachd-a-steach bho Oighreachd a' Chrùin a bhios a' bualadh air cultar-uisge mar raon cuideachd.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' faicinn dealbhadh mara sgìreil mar fhrèam airson taic a chur ri leasachadh agus fàs seasmhach cultar-

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

uisge, le diù iomchaidh ga thoirt dhan àrainneachd mara, agus tha na h-eileanan ann an deagh shuidheachadh airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann airson tuathanasan-èisg nas motha fada on chladach. Nì Riaghaltas na h-Alba obair còmhla ri Comhairlean nan Eilean, le gnìomhachas a' chultar-mara agus leothasan a tha an sàs san fhrèam riaghlaidh airson 'mion-fhiosrachadh dealbhaidh' a chur air bhonn airson cultar-uisge, coltach ris an fheadhainn a tha mar-thà ann airson dealbhadh fearainn, a bhios mar bhun-stèidh airson leasachadh a bharrachd agus fàs seasmhach sa ghnìomhachas. Bidh am pròiseas airson mion-fhiosrachadh dealbhaidh a chur air bhonn, *inter alia*, a' gabhail a-steach 'Cùmhnant Bhuannachdan Coimhearsnachd' a bhios a' sireadh ris na buannachdan as motha fhaighinn às leth na coimhearsnachd, a' gabhail a-steach barrachd obraichean air tuathanasan-èisg, gun a bhith air a chuingealachadh ris a seo; barrachd chosnaidhean air tìr tro obair giollachd; trèanadh, com-pàirteachasan ann am foghlam adhartach agus sreathan-solair ionadail.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh gum bu chòir riochdachadh coitcheann a thoirt do na Comhairlean Eileanach air a' Bhuidheann Ministreil airson Cultar-uisge Seasmhach, agus gum bu chòir, le neo-eisimeileachd, riaghaltasan Albannach san àm ri teachd gnothaichean a tha a' bualadh air eileanaich ann an còmhraidhean mu chultar-mara a riochdachadh aig coinneamhan de Chomhairle Àiteachais agus Iasgaich an AE.

Airson tuilleadh taic a chur ri fàs seasmhach gnìomhachas a' chultar-mara, dh'fhaodadh gun b' urrainn Maoin Mara agus Iasgaich na h-Eòrpa taic a thabhann, taobh a-staigh cùmhnantan an Riaghlaidh, ann an leasachadh ghoireasan cultar-uisge agus giollachd air tìr, agus an tabhartas de sgilean no eòlas saidheansail no teignigeach tro thaic airson trèanadh agus lionarachd, agus eilimeadan de mhargaidheachd agus togail inbhe.

Lùth

[Taic airson fàs de lùth ath-nuadhachail anns na h-eileanan.](#)

Tha amas làn-ùineil aig Riaghaltas na h-Alba airson eileanan na h-Alba, leis na stòrasan nàdarra air leth a th' aca, compàirt slàn a ghabhail anns a' mheudachadh de ghinideach lùtha ath-nuadhachail ann an Alba. Tha seo a' ciallachadh ceanglaichean grid dealain ris an lìonradh air tìr-mòr, innealan-obrach taic fad-ùineil airson lùth ath-nuadhachail agus siostaman riaghlaidh cho math ri pàigheadh airson sgaoileadh nach eil a' dèanamh dìmeas an aghaidh ginideachd lùth ath-nuadhachail anns na h-eileanan.

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

Mar a shuidhich an Riaghaltas seo ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*, chan eile e iomchaidh gu bheil luchd-cleachdaidh a-nis gu bhith air am bualadh le prìsean lùtha nas àirde, a' fulang le barrachd bochdainn connaidh agus an cunnart nach tèid ar mòr-amasan airson lùth ath-nuadhachail am buileachadh. 'S urrainn do dh'eileanean na h-Alba gu h-àraid dreuchd chudromach a ghabhail ann a bhith a' faighinn fuasgladh air na duilgheadasan seo agus 's e sin is coireach, às dèidh neo-eisimeileachd agus an stèidheachadh le riaghlaiche Albannach, gun dèan Riaghaltas na h-Alba cinnteach gun toir a' mhargaidh lùtha riaghlaichte taic do ghinideachd lùtha ath-nuadhachail anns na h-eileanan cho math ris an leasachadh de na ceanglan grid a tha deatamach airson nan eilean. A' cleachdadh nan cumhachdan meudaichte seo taobh a-staigh margaidh singilte na RA airson dealan agus gas, nì Riaghaltas na h-Alba na leanas:

- » Leantainn le sireadh rèim nas cothromaiche a thaobh phrìsean sgaoilidh airson lùth ath-nuadhachail nan eilean, le ceuman gan gabhail a dh'ionnsaigh margaidh singilte amalaichte airson dealan aig ìre an AE. Tha an frèam phrìsean sgaoilidh a tha an-dràsta ann airson na RA a' dèanamh dìmeas an aghaidh ginideachd ann an Alba agus tha Riaghaltas na h-Alba air iomairt a dhèanamh thairis air mòran bhliadhnachan ri taobh Comhairlean Eileanach airson atharrachadh a tha a' dèiligeadh ris a' chnaip-starra seo mu choinneamh an leasachadh de lùth ath-nuadhachail anns na h-eileanan.
- » Feuchainn ri ullachaidhean taic margaidh a stèidheachadh aig ìre a bhios a' ciallachadh gun gabh na ceanglain grid eileanach an togail.
- » Ann a bhith a' gluasad air adhart amasan margaidh agus riaghlaidh, diù shònraichte a chur ann dhan Riaghailt Eòrpach 2009/28/EC, Alt 16(7) a tha ag ràdh: "*Nì Buill-stàite cinnteach nach bi na cìsean airson sgaoilidh agus tarraifean riarachaidh a' dèanamh dìmeas sam bith an aghaidh dealan bho stòrasan ath-nuadhachail, a' gabhail a-steach gu sònraichte dealan bho stòrasan lùtha ath-nuadhachail a chaidh a dhèanamh ann an sgìrean air an oir, leithid sgìrean eileanach, agus ann an sgìrean le àireamh-sluaigh nach eil mòr*".
- » Beachdachadh air dè na modhan-obrach ionmhasail a bharrachd a ghabhadh a chleachdadh agus dè na modailean obrachaidh eile dham faodar taic a thoirt airson dèanamh cinnteach à leasachadh den ghriod eileanach.
- » Taic leantainneach a thabhann airson ùr-ghnàthachas agus cur an seilbh a thaobh teicneòlasan mara ath-nuadhachail aig a bheil uibhir de chomasan airson ar coimhearsnachdan eileanach.

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

Riochdachadh nas làidire airson nan eilean ann an ro-innleachd lùtha nàiseanta

A' cleachdadh neo-eisimeileachd, bi uallach air Alba airson gnìomhachais na h-ola agus gas ann an uisgeachan na h-Alba. Gheibh Alba cuideachd buannachd chuimseach bho theachd-a-steach bhon stòras seo airson a' chiad uair bho thòisichear a' toirt ola às a' Chuan a Tuath an-toiseach ann an 1975.

Ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*, tha Riaghaltas na h-Alba a' suideachadh molaidhean gus Maoin Lùtha Albannach a chur air bhonn. Cuiridh am maoin seo an seilbh teachd-a-steach bho obair ola agus gas airson dà adhbhar: airson airgead fhàgail aig na ginealaich a tha ri tighinn; agus gus teachd-a-steach a thabhann a dhaingnicheas cuidhteasan bho theachd-a-steach ola agus gas. Tha an fheallsanachd a th' air cùlaibh leithid de mhaoin cho cumhachdach agus chaidh mar-thà an libhrigeadh gu soirbheachail anns a' mhòr-chuid de dhùthchannan aig a bheil beairteas de stòrasan, leis an RA am measg beag-chuid aig nach eil seo. Chaidh aig Sealtainn, ge-tà, air teachd-a-steach ionadail san fhad-ùine a dhion, tro ghrunn fhreumhan, bho na h-obraichean gnìomhachais aig Sullom Voe.

Tha Riaghaltas na h-Alba air a bhith a' putadh gu follaiseach an dreuchd a th' aig coimhearsnachdan eileanach ann an àm ri teachd lùth na h-Alba. Le neo-eisimeileachd, nì Riaghaltas na h-Alba cinnteach gum bi guth nan eilean nas làidire buileach anns an leasachadh de mhodhan-obrach an Riaghaltais Albannaich a thaobh lùth.

Cuiridh Riaghaltas na h-Alba air bhonn comataidh ùr ro-innleachdail air lùth agus nì e cinnteach gu bheil riochdachadh ann bho Chomhairlean nan Eilean cho math ri na riaghaichean gnìomhachais agus riochdairean bhon ghnìomhachas fhèin.

A thaobh gnìomhachas na h-ola agus gas, cumaidh a' chomataidh còmhraidhean air gnothaichean leithid ceadachd agus riaghladh suas-sruth, ceistean àrainneachd agus gnìomhan dì-coimiseanaidh. Bheir seo guth do choimhearsnachdan eileanach, airson a' chiad uair ann an ceathrad bliadhna, air an leasachadh fad-ùineil ro-innleachdail ann an raon na h-ola agus gas.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd an dùil Com-pàirteachas Lùtha a chur air bhonn le Riaghaltas Westminster gus ullachadh airson co-cheannas anns na modhan-obrach a thaobh a' mhargaidh lùtha agus dèanamh cinnteach gu bheil gnothaichean fad-ùineil na h-Alba air an seirbheiseachadh. Nì Riaghaltas na h-Alba sgrùdadh còmhla ri na Comhairlean Eileanach mar a chuidicheas iad, còmhla ri



riochdairean bho sgìrean cudromach eile, le bhith a' toirt stiùir air modhan-obrach an Riaghaltais Albannaich fon Chom-pàirteachas Lùtha ùr seo.

Buaidh coimhearsnachd bho ola agus gas

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gu bheil buaidhean sòisealta agus eaconamach air coimhearsnachdan eileanach bho ghnìomhan co-cheangailte ri ola agus gas, a thaobh an dà chuid cosgaisean agus buannachdan, agus gum feumar beachdachadh orra gu faiceallach. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aontachadh ann am prionnsapal gum bu chòir aire a thoirt do thaic coimhearsnachd airson feuchainn ri argamaid a dhèanamh an aghaidh buaidhean nach eil cho fàbharach.

Às dèidh neo-eisimeileachd, obraichich Riaghaltas na h-Alba còmhla ri na coimhearsnachdan eileanach iomchaidh airson dòighean a lorg a lùghdaicheas droch bhuaidh sam bith air coimhearsnachd bho ghnìomhan ola agus gas, co-chòrdail ris na geallaidhean a thug sin dhan ghnìomhachas mar a th' air an suidheachadh ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*.

Bun-structair puirt agus caladh

Nì Riaghaltas na h-Alba strì gus na buannachdan eaconamach do dh'Alba bho stòrasan ath-nuadhachaidh mara, gnìomhachas na h-ola agus gas a mheudachadh do dh'Alba, a' gabhail a-steach cothroman sònraichte anns an t-sreath solair. Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur taic ri mar a tha gnothaichean eileanach a' dol an sàs anns an raon seirbheis, lùth mara agus dì-coimiseanadh nam measg.

Tha h-uile coltas gum bi feum air leasachadh agus ùrachadh air bun-structair chidheachan, a bhuineas do dh'urranan no do dh'ùghdarras ionadail agus a th' air an cleachdadh le gnìomhachasan na h-ola agus gas cho math ri lùth ath-nuadhachail, gus dèanamh cinnteach gum faighear am buannachd as fheàrr às na stòrasan nàdarra seo. Dh'fhaodadh gum biodh ath-leasachadh de na goireasan seo na chuideachadh gus am comas a thoirt dhaibh cothrom a ghabhail air an obair mhor dì-coimiseanaidh a tha san amhairc.

> *Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gu bheil buaidhean sòisealta agus eaconamach air coimhearsnachdan eileanach bho ghnìomhan co-cheangailte ri ola agus gas, a thaobh an dà chuid cosgaisean agus buannachdan, agus gum feumar beachdachadh orra gu faiceallach.*

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean

leantainn

Cumaidh Riaghaltas na h-Alba le bhith a' toirt taic ionmhasail nach beag airson cuideachadh le maoin airson pròiseactan calpa anns na h-eileanan

Cosgaisean connaidh agus èifeachdas

Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gu bheil neo-eisimeileachd a' tabhann cothrom na buannachdan as motha fhaighinn bho ar beairteas lùth. Nì an leantainneachd den mhargaidh thar-RA, mar a tha san amhairc, cinnteach gun cùm na stòrasan mòra de lùth ath-nuadhachail aig Alba a' toirt lùth carbon-iseal do luchd-cleachdaidh na RA aig prìsean a tha èifeachdach agus a sheachnas gainnead lùtha agus àrdachadh aithghearr ann an prìsean air feadh nan eilean.

Tha Riaghaltas na h-Alba air *Good Practice Principles for Community Benefits from Onshore Renewable Energy Developments* fhoillseachadh, a tha a' brosnachadh an dreachdadh de phlanaichean gnìomh coimhearsnachd ro-innleachdail ionadail airson buannachdan coimhearsnachd a stiùireadh gu ruige feumalachdan ionadail, a' gabhail a-steach leasachachaidhean èifeachdais targaidheach airson lùth, is urrainn cuideachadh le bhith a' lùghdachadh bochdainn connaidh.

Tha àrdachadh ann am prìsean lùtha bho chionn ghoirid air sealltainn dhuinn gum feum sinn, nas motha na rinn sinn riamh, feum a dhèanamh de na cumhachdan a tha ri làimh gus taic a thoirt do dhaoine le na cosgaisean lùtha aca. Tro neo-eisimeileachd, gheibh luchd-cleachdaidh Albannach buannachd tro bhuidheann-riaghlaidh nas cumhachdaiche a' strì às an leth, le cumhachdan a nì cinnteach gu bheil margaidhean ag obrachadh gu h-èifeachdan ann an Alba. Bidh Alba neo-eisimeileach cuideachd saor gus dòighean ùra a dhealbhadh airson leasachaidhean èifeachdais a mhaoineachadh agus a lìbhrigeadh ann an dachaighean na h-Alba, a tha nas cothromaiche agus nas freagarraiche dhar feumalachdan.

Tha Riaghaltas na h-Alba air leth mothachail air na duilgheadasan a tha mu choinneamh dhachaighean ann an sgìrean far nach eil gas a thaobh a bhith a' cumail an dachaighean blàth agus a' cuamail cosgaisean connaidh sìos. Gu sònraichte, tha e follaiseach gu bheil lìbhrigeadh de cheuman lùth-èifeachdas gu math duilich ann an Sgìrean Eileanach. Airson feuchainn ri dèiligeadh ris an duilgheadas seo, tha Riaghaltas na h-Alba a' coimhead air targaidhean ar prògraman maoineachaidh gus feumalachdan nan dachaighean far nach eil gas a choinneachadh cho math sa ghabhas. Tha Riaghaltas na h-Alba, mar sin, air taic a mheudachadh dhaibhsan a tha a' fulang tro bhochdainn connaidh le bhith a' tabhann cothrom nas motha air Sgeama Taic Lùtha. Tha maoineachadh an Riaghaltais

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

Albannaich airson sgeamachan bochdainn connaidh stèidhte air sgìre air a rèiteachadh air feadh gach ùghdarras ionadail ann an Alba agus thathar ga thoirt seachd air stèidh feumalachd, a' gabhail suim den ìre de bhochdainn connaidh agus na seòrsachan togalaich ann an sgìrean dùthchail agus Eileanach. Bheir maoin na bliadhna seo cuideachd taic airson libhrigeadh ann an sgìrean dùthchail agus iomallach le bhith a' tabhann airgead sònraichte airson a chleachdadh gus leasachadh a dhèanamh air teasachadh agus lìnige-blàthachaidh ann an dachaighean le teachd-a-steach ìosal agus dachaighean gun ghas. Mar phàirt den mhaoin airson Prògraman Lùth-èifeachdais Dhachaighean 2014-15 a chaidh a thoirt do Chomhairlean, fhuair na trì ùghdarrasan eileanach còrr air £4.5 millean airson ceuman lùth-èifeachdais a chur air bhonn airson connadh a thoirt do dhachaighean bochda anns na h-eileanan.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' tabhann raon farsaing de chuideachadh a bharrachd do dhachaighean agus do ghnothachasan airson lùth-èifeachdas a dhèanamh nas fheàrr, a' lùghdachadh iarrtas connaidh agus, leis a sin, a' lùghdachadh chosgaisean connaidh na dachaigh. Tha seo a' gabhail a-steach taic ionmhasail tro thabhartasan agus iasadan, cho math ri comhairle agus taic. Far an gabh a dhèanamh, tha na gnìomhan ag obrachadh an làimh ri sgeamachan thar-RA gus dèanamh cinnteach gu bheil dachaighean ann an Alba a' faighinn a' bhuanachd à iomairtean leithid *Green Deal*, *Renewable Heat Incentive*, agus *Feed-in Tariffs*.

Tha an sgeama làithreach aig Westminster airson dèiligeadh ri bochdainn connaidh agus gus lùth-èifeachdas a leasachadh air obrachadh tro chompanaidhean lùtha. Tha cosgaisean phrògraman leithid Dleastanas Companaidh Lùtha (ECO) agus Lasachadh Dhachaighean Blàtha air an seirbheasachadh le dachaighean tro na cunntasan lùtha aca gun suim ga chur ann an teachd-a-steach. Mar a th' air a shuidheachadh ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*, tha lùth dachaigh ruigsinneach agus an comas aig luchd-cleachdaidh so-leònte an dachaighean a theasachadh agus pàigheadh airson dealan na uallach mhòr agus le cumhachdan neo-eisimeileachd nì Riaghaltas na h-Alba gearradh maireannach agus leantainneach air cunntasan lùth dhachaighean de £70 gach bliadhna le bhith a' toirt air falbh chosgaisean Lasachadh Dhachaighean Blàtha agus an Dleastanas Companaidh Lùtha bho chunntasan.

Leanaidh Riaghaltas na h-Alba le bhith ag obrachadh gu dlùth leis na h-eileanan ann an bhith a' cur air bhonn sgeamachan lùth-èifeachdais agus chuireadh iad fàilte air a' chothroim, tro neo-eisimeileachd, gus sgrùdadh a dhèanamh feuch dè an taic a

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

bharrachd a ghabhas a thabhann mar thoradh air dleastanasan a bharrachd na h-Alba gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na duilgheadasan a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach ann a bhith a' dèiligeadh ri bochdainn connaidh.

Croitearachd agus Àiteachas

Tha raon farsaing de ghnìomhachas àiteachais air feadh ar Sgìrean Eileanach. Mar eisimpleir, far a bheil croitearachd nas cumanta ann an Innse Gall agus ann an Sealtainn, tha an raon àiteachais ann an Arcaibh air stèidh nas motha mar thoradh air gnothachasan tuathanachais làn-ùineil ag obrachadh ann, agus 's e seo an dòigh-cosnaidh as motha taobh a-muigh an raoin phoblach. Dh'fhaodadh gur e suidheachadh agus astaran gu margaidh na dùbhlain as motha an aghaidh nan raointean croitearachd agus àiteachais air feadh ar n-eileanan.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh na buannachdan a th' ann an croitearachd agus àiteachas airson na h-eileanan, agus leanaidh an obair dhlùth chom-pàirteach eadar sinn agus Comhairlean Eileanach agus coimhearsnachdan. Gu sònraichte, tha ar planaichean nas fharsainge airson dìon-eileanach de phoileasaidhean iomchaidh gu bhith a' bualadh gu cuimseach co-cheangailte ri croitearachd agus àiteachas.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur air bhonn Fòram Luchd-ùidh Croitearachd airson gnothaichean co-cheangailte ri croitearachd a dheasbad am measg luchd-ùidh. Thèid cuireadh a thoirt do riaghaltas ionadail compàirt a ghabhail, agus obraichidh an Riaghaltas le CoSLA gus dèanamh cinnteach à riochdachadh co-rèireach airson nan eilean, mar thoradh air cho cudromach sa tha croitean do choimhearsnachdan eileanach na h-Alba. Bidh seo na chuideachadh gus dèanamh cinnteach gun tèid croitearan nan eilean an làn riochdachadh agus an sàs ann an dèanamh phoileasaidh an Riaghaltais, agus gun tèid aca air am feumalachdan agus an dùilean a chur an cèill.

Ged is dòcha nach toir neo-eisimeileachd buaidh air an riaghladh de phoileasaidh àiteachais, tha e a' sealltainn na buannachdan a dh'fhaodadh tighinn à ballrachd neo-eisimeileachd den AE. Nam biodh Alba air a bhith neo-eisimeileach anns na co-rèiteachaidhean CAP mu dheireadh, bha sinn air a bhith airidh air €1 billean a bharrachd ann an pàighidhean cuimseach tuathanais gu 2020, agus dheidheadh againn air argamaid a dhèanamh airson na ceudan de mhilleanan a bharrachd de Euros ann am maoin eachadh leasachadh dùthchail, le maoin shònraichte a bhiodh nam buannachd do dh'eileanan na h-Alba nam measg.

A' dèanamh feum de stòrasan nan eilean leantainn

Tha ullachaidhean airson riaghladh agus maoinachadh Eòrpach cuideachd a' toirt buaidh mhòr air croitearan agus tuathanaich nan eilean. Le neo-eisimeileachd, thèid aig Alba air co-rèiteach a dhèanamh airson cuibhreannachadh nas cothromaiche airson leasachadh dùthchail - coltach ri mar a tha dùthchannan eile leithid Èireann agus Fionnlainn air a bhuileachadh, a tha a' sealtainn na ghabhas a choileanadh le dùthchannan neo-eisimeileach taobh a-staigh co-rèiteachaidhean an AE nuair a thèid aca air am feumalachdan is prìomhachasan fhèin a chur an cèill.

Tha Riaghaltas na h-Alba làn mhothachail mu na buaidhean agus na builean airson nan eilean, agus thathar air coinneachadh ri Buidheann Taic Àiteachais na Gàidhealtachd agus nan Eilean grunn uairean rè an ìre dealbhaidh de dh'ath-leasachadh CAP. Chaidh làn fainear a thoirt do bheachdan is sheallaidhean a chaidh a chur an cèill. A dh'aindeoin buidseatan nas lugha a cho-rèiteachadh aig ìre na RA agus mar a thathar a' sìor phutadh a dh'ionnsaigh pàighidhean stèidhte air sgìrean, tha am pasgan airson Poileasaidh Coitcheann an Àiteachais (CAP), a chaidh fhoillseachadh le Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail agus an Àrainneachd air 11 Ògmhios 2014, a' tabhann toradh fàbharach a bheir buannachd do dh'iomadach croitear agus tuathanach eileanach.

Tha am pasgan slàn aig Riaghaltas na h-Alba a' gabhail a-steach ceuman a tha àraid dha na h-eileanan, leithid airgead a bharrachd do luchd-àrach mart-fheòil a tha a' ciallachadh iomlan de thimcheall air €65 gach laogh fo Sgeama Taic Co-cheangailte Shaor-thoileach airson Mart-fheòil (VCS) mar thoradh air na cosgaisean nas àidre a th' orra agus taic shònraichte airson Sgìrean Eileanach taobh a-staigh Sgeama Taic Sgìre Fho-leasaichte (LFASS), agus a tha cuideachd a' gabhail a-steach ceuman sònraichte do chroitearan, leithid sgeama fa leth tabhartais chalpa taobh a-staigh Prògram Leasachaidh Dhùthchail na h-Alba (SRDP).

A' coimhead air adhart, tha Comhairlean nan Eilean a-nis air aontachadh, às dèidh cuireadh bho Riaghaltas na h-Alba, riochdairean ainmeachadh airson a' Chomataidh Obrachaidh air Leasachadh Dùthchail (RDOC) airson Prògram Leasachaidh Dhùthchail na h-Alba (SRDP). Cuidichidh seo gus dèanamh cinnteach gun lean ar n-eileanan le bhith an sàs gu cuimseach ann an co-dhùnaidhean agus sinn a' gluasad air adhart gu ìre buileachaidh an SRDP ùir.

A thaobh leasachadh croitearachd, thèid HIE an sàs ann an còmhraidhean, ann an com-pàirteachas le feadhainn eile, airson a dhreuchd a choileanadh agus inbhe Leasachadh Choimhearsnachdan Croitearachd a thogail. Cuiridh Riaghaltas na h-Alba taic ri còmhraidhean nan Comhairlean anns an t-seadh seo.

Tha Riaghaltas na h-Alba an-dràsta ag obrachadh Sgeama Tabhartais an Taighe Croite, a tha a' cur taic ri togail de thaighean nach eil ro dhaor air croitean a tha fhathast air an obrachadh. Tha Riaghaltas na h-Alba am beachd breithneachadh a dhèanamh rè 2014-15 agus thèid cho-chomhairle a chumail le Comhairlean Eileanach air reachdas sam bith a tha san amhairc no air atharrachaidhean eile. Thèid beachdachadh air reataichean tabhartais anns a' bhreithneachadh.

> *Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh na buannachdan a th' ann an croitearachd agus àiteachas airson na h-eileanan, agus leanaidh an obair dhlùth com-pàirteach eadar sinn agus Comhairlean Eileanach agus coimhearsnachdan.*

'S urrainn do sheirbheisean poblach na h-Alba agus fastadh ann an seirbheisean poblach buannachdan eaconamach a thabhann do dh'eileanan na h-Alba cho math ri bhith a' toirt seirbheisean nas fhaisge air na daoine leis a bheil iad ag obrachadh. Beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba nuair a thèid leudachadh a dhèanamh air dreuchdan bhuidhnean leithid Coimisean na Croitearachd, aig a bheil dàimh obrach dhlùth leis na h-eileanan, am biodh buannachd ann luchd-obrach a bharrachd agus goireasan a shuidheachadh anns na h-eileanan an làimh ri buidhnean poblach a th' ann mar-thà.



A' neartachadh soirbheas nan eilean

Leasachadh eaconamach nan eilean

Tha *Àm ri Teachd na h-Alba* a' mìneachadh lèirsinn Riaghaltas na h-Alba airson Alba neo-eisimeileach. Tha *Àm ri Teachd na h-Alba* ag innse carson, le bhith a' toirt seachad a' chomais stiùirean eaconamach uile na h-Alba a thàilllearachd ri suidheachaidhean, neartan is roghainnean na h-Alba fhèin, a bhiodh cothrom aig Alba ìrean fàis eaconamaich a thogail gus a bhith a rèir na gheibhear ann an dùthchannan neo-eisimeileach Eòrpach eile coltach ri Alba, fhad 's a thathar a' meudachadh co-ionannachd agus soirbheas air feadh na h-Alba an dà chuid fa leth agus eadar diofar sgìrean.

Tha *Àm ri Teachd na h-Alba* cuideachd ag aithneachadh “gu bheil dùbhlain agus cothroman aig coimhearsnachdan nan eileanan againn a tha eadar-dhealaichte bhon fheadhainn a gheibhear ann am pàirtean eile den dùthaich.” Bheireadh neo-eisimeileachd seachad barrachd comais airson ceangal dlùth agus cunbhalach eadar riaghaltas ionadail agus àrd-riaghaltas, mar sin a' toirt cothrom gus poileasaidh leasachaidh eaconamaich a thàilllearachd gus freagairt san dòigh as èifeachdaiche ri dùbhlain, agus taic a chur ri cothroman, sna h-eileanan.

Mar eisimpleir, tha Riaghaltas na h-Alba air gealltanais a thoirt seachad Coimisean Obair Chothromaich a stèidheachadh às dèidh neo-eisimeileachd gus comhairle a thoirt dhan riaghaltas mun bhun-thuarastal, a bharrachd air nithean a' buntainn ri còirichean fa leth agus coitcheann a tha a' cur ri cothromachd aig an obair agus farpaiseachd ann an gnothachas. Ri linn a bhith a' sgrùdadh nan cùisean seo nì an Coimisean rannsachadh is bheir e seachad comhairle mu na suidheachaidhean is na beachdachaidhean sònraichte a tha mu choinneamh ghnothachasan nan eileanan againn.

A bharrachd, faodaidh Comhairlean nan Eilean innealan a bharrachd a tha ri fhaotainn a chleachdadh mar thoradh air neo-eisimeileachd gus taic a thoirt do dh'fhàs eaconamach seasmhach agus gus beairteas a phiobrachadh agus obraichean a chruthachadh sna h-eileanan againn. Dheidheadh taic a chur ris a seo leis na raointean ùghdarrachaidh agus tha dleastanas a bharrachd a tha air a mhìneachadh san ro-shealladh seo, cuide ris a' mhaoineachadh a dh'fhaodadh a bhith ri fhaotainn an dà chuid tro shochair coimhearsnachd agus teachd-a-steach bho aontaidhean màil airson grunn na mara.

A' toirt taic do chothroman eaconamach làithreach. Tha cruinne-eòlas a' toirt buaidh air eaconamaidhean nan Eilean Siar, Arcaibh agus Shealtainn, air sgàth astar bho na prìomh mhargaidhean,



cosgaisean gnothachais, a bhith air an iomall, gainnead sluaigh agus mì-chothromachadh ann an sluaigh-thomhais.

Gus sgrùdadh a dhèanamh air na cothroman is na prìomhachasan aca air fad, thadhail am Ministear airson Lùtha, Iomairt agus Turasachd, agus àrd-riochdairean bho Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba air gach Comhairle Eilein tràth ann an 2014.

Tha cothroman fàis eaconamaich soilleir agus sgeulachdan soirbheachais ann an eileanan na h-Alba air fad. Tha seo a' gabhail a-steach neartan ann an earrainn an lùtha, agus air cùl sin bunait so-mhaoin stòrasan nàdarra ann an ola is gas agus earrann nan gnothaichean ath-nuadhachail, a bharrachd air earrannan leithid biadh agus deoch, cultar-uisge, gnìomhachasan cruthachail, turasachd agus saidheansan beatha. Bheir na neartan seo, cuide ri cothroman san t-sreath-sholair agus cothroman ceangalan eadar eileanan a thoirt air adhart, fàs eaconamach seasmach san àm ri teachd air adhart sna h-eileanan.

Tha gnothachasan a tha a' tòiseachadh às ùr agus gnothachasan a tha a' fàs a' faighinn taic tro sheirbheisean Slighe Gnothachais a tha air an libhrigeadh tro ùghdarrasan ionadail, fhad 's a tha Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' toirt taic do leasachadh gnothachasan leis a' chathroim fàis as motha, a bharrachd air a bhith a' toirt taic do neartachadh choimhearsnachdan. Mar bhuidheann gnìomh eaconamach is coimhearsnachd Riaghaltas na h-Alba airson na Gàidhealtachd is nan Eileanan air fad, tha dreuchd ro-innleachdail aig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean thar na roinne agus tha i mòr gu leòr gus eòlas a cho-roinn agus stòrasan a chur còmhla gus coinneachadh ri feumalachdan sgìrean ionadail.

Gu sònraichte tha eòlas roinneil Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus a dreuchd mar bhuidheann-ùidh ann an Leasachadh Alba Eadar-nàiseanta (LAE) a' toirt cothrom do sgiobaidhean sgìrean ionadail ceangal a dhèanamh le sàr-eòlaichean sna h-earrannan agus eòlas air na margaidhean eadar-nàiseanta a chuidicheas gus fios a chur ri prìomhachasan leasachaidh ionadail taobh a-staigh co-theacsa chothroman is dhùbhlain roinneil, nàiseanta agus cruinneil.

Tha Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean cuideachd a' toirt cothrom air prògraman taic ann an raointean leithid iomairteas, ceannardas agus ùr-ghnàthachadh agus tha seirbheis comhairle speisealta suidhichte aice a tha air a tàillearachd gus coinneachadh ri feumalachdan gnothachasan bho air feadh na roinne.

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

Fo na h-ullachaidhean làithreach, bu chòir gun ruigeadh solar bann-leathainn fìor-luath sa Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan 84 sa cheud de thaighean na roinne ro dheireadh 2016, a' cur taic ri dèanadas ghnòthachasan agus fàs coimhearsnachd. Tha goireasan agus eòlas sònraichte aig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean ann an raointean leithid poileasaidh Eòrpach, riaghailtean cobhair Stàite, còmhhdail, rannsachadh agus mion-sgrùdadh eaconamach a dh'fhaodas a bhith air a chleachdadh gus fios is taic a chur ri sgiobaidhean sgìrean ionadail agus com-pàirtichean ann a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean is na dùbhlain mar a tha iad a' tighinn am bàrr.

A bharrachd air a bhith a' faighinn cothrom air na seirbheisean thar-Ghàidhealtachd is Eilein seo, a tha 13 luchd-obrach stèidhichte ann an Arcaibh, Sealtainn agus sna h-Eileanan Siar a' cuideachadh gus libhrigeadh, tha 29 luchd-obrach a' faighinn cosnadh ann an sgiobaidhean stèidhichte ann an sgìrean thairis air na trì Sgìrean Eileanach. Tro na sgiobaidhean sgìre seo bidh Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' toirt taic rianachd chunntasan do 82 ghnòthachas, 39 iomairtean sòisealta agus 15 coimhearsnachdan thar nan eileanan seo.

Tha an com-pàirteachas seo a' cuideachadh gus fàs eaconamach a libhrigeadh sna h-eileanan seo an-dràsta fhad 's a thathar a' dèanamh cinnteach gu bheil Riaghaltas na h-Alba, tro Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, agus Comhairlean ann an suidheachadh math gus brath a ghabhail air na stiùirean eaconamach agus cosnadh a dh'fhaodadh a bhith ann ri linn neo-eisimeileachd.

A' leasachadh ùr-ghnàthachadh eileanach

A' cleachdadh chumachdan a th' ann mar-thà, tha Riaghaltas na h-Alba air ceithir Sgìrean Iomairt a stèidheachadh, a' gabhail a-steach 15 làrach ro-innleachdail, nam measg Àirinis sna h-Eileanan Siar a bharrachd air Hatston agus Lyness ann an Arcaibh. 'S e àiteachan le cothroman soilleir a tha sna Sgìrean Iomairt agus tha iad a' tabhann pasgan taic gus tasgadh tràth a bhrosnachadh, piseach a thoirt air fàs agus cruthachadh obraichean a phiobrachadh.

Chaidh adhartas a dhèanamh aig na làraich seo bhon a chaidh an ainmeachadh sa Ghiblean 2012. Ach, tha sgèile an leasachaidh agus cruthachadh obraichean air a bhith air a chuingealachadh le maill ann a bhith a' leasachadh cheangalan grida do na h-eileanan. Gus cothrom a thoirt dha na làraich seo a' bhuannachd as fheàrr fhaighinn bho inbhe Sgìre Iomairt, agus gus na cothroman so-ùrachaidh a tha a' bhunait so-mhaoin stòrais nàdarra aca a' toirt



seachad, leudaichidh Riaghaltas na h-Alba raon-ama nan Sgìrean Iomairt ann an Hatston, Lyness agus Àirinis thar trì bliadhna eile gu 2020.

Ri taobh seo tha Riaghaltas na h-Alba a' cur taic ri Comhairlean a bhith a' stèidheachadh Cheàrnaidhean Ùr-ghnathachaidh Eileanach (CUE) gus fòcas soilleir a thoirt air na cothroman sònraichte a tha ri fhaotainn anns gach Sgìre Eilein agus gus cothrom a thoirt do chom-pàirtichean uile an taic a cho-òrdanachadh is a thàillearachd gus coinneachadh ri feumalachdan ghnathachasan ionadail leis a' chomas as motha leudachadh.

> *Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do Chomhairlean a bhith a' stèidheachadh Cheàrnaidhean Ùr-ghnathachaidh Eileanach (CUE).*

Dh'fhaodadh CUE comharra-malairt a thoirt seachad a dh'fhaodadh a bhith na fòcas airson teachdaireachdan foillseachaidh, a' cur an cèill nan cothroman fais eaconamaich a gheibhear do luchd-tasgaidh agus gnothachasan dùthchasach. Seach gu bheil na cothroman sònraichte agus a' bhunait ghnathachais diofraichte air feadh nan eilean, an t-sreath-sholair am measg sin, bhiodh e an urra ri eileanan CUEan a leasachadh agus a thoirt air adhart tro bhith ag obair le com-pàirtichean, gus an taic ionadail as iomchaidh a chomharrachadh agus a ghleidheadh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach gealltanasan dealbhaidh sgioblach, taic leasachadh sgìlean a tha a' freagairt air an àite fhèin, faochadh reataichean gnothachais cuimsichte (a' cleachdadh chumhachdan a thathar a' moladh ann am Bile Ùghdarrachaidh nan Coimhearsnachdan) a bharrachd air ceumannan eile a tha freagarrach a rèir shuidheachaidhean ionadail. Bidh Riaghaltas na h-Alba agus a bhuidhnean-gnìomha a' dèanamh ceangal leis na h-eileanan fhad 's a bhiodh iad a' leasachadh nan CUE, am measg sin ann an co-theacsa prògram IS URRAINN, a tha ag amas air taic a thoirt do raon ghnìomhan a' brosnachadh Alba nas innleachdaiche agus nas iomairtiche.

Dh'fhaodadh Riaghaltas Albannach le cumhachdan neo-eisimeileach beachdachadh air dè an taic a bharrachd a dh'fhaodadh e a' thabhann do CUE, le ùmhlachd do na molaidhean bho Chomhairlean nan Eilean.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd a' brosnachadh Chomhairlean nan Eilean, a tha ag obrachadh còmhla ri Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba, gus an com-

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

pàirteachais le gnothachasan prìobhaideach sna h-eileanan a dhèanamh nas doimhne gus dèanamh cinnteach gu bheil taic air a thàilllearachd gus coinneachadh ri feumalachdan choimhearsnachdan gnothachais ionadail. Far a bheil companaidhean cudromach eadar-nàiseanta nam fastaichean mòra, agus far an urrainn dhaibh a bhith nan acraichean timcheall air an tèid tapachd eaconamach ionadail a thogail agus a dhaingnicheas ceangalan sreath-solair, obraichidh Riaghaltas na h-Alba le Comhairlean nan Eilean gus am bi luchd-dèanaidh iomchaidh nan co-dhùnaidhean a' gabhail com-pàirt taobh a-staigh nan gnothachasan seo. Bithear gam brosnachadh cuideachd gus sgrùdadh a dhèanamh air dòighean anns an urrainn dhan ghniomhachd aca buannachd èifeachdach a thoirt do luchd-còmhnaidh ionadail agus taic a thoirt do leasachadh choimhearsnachdan seasmhach.

Cis-leigeil

Bhiodh neo-eisimeileachd a' ciallachadh gun deidheadh cìsean uile ann an Alba a stèidheachadh le Pàrlamaid na h-Alba a rèir feumalachdan mhuinntir na h-Alba.

Dheidheadh co-dhùnaidhean mu na cìsean sònraichte a bu chòir a bhuileachadh ann an Alba neo-eisimeileach, agus aig dè an ìre, a ghabhail le Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba an ama.

Tha *Àm ri Teachd na h-Alba* a' mìneachadh dòigh-obrach Riaghaltas na h-Alba a thaobh cìs-leigeil, am measg sin na prìomhachasan tràtha leithid gnìomh a thaobh Cìs Luchd-siubhail Adhair, Cìs Corparaid agus cur às do Chuibhreann Cìse nan Càraidean Pòsta.

Le neo-eisimeileachd, bidh eileanan na h-Alba nas fhaisge air an fheadhainn a bhios a' dèanamh nan co-dhùnaidhean air cìs-leigeil agus bidh Pàrlamaid na h-Alba nas cunntasaiche, mar sin a' toirt cothrom do choimhearsnachdan is do bhuidhnean agartas a dhèanamh airson atharrachaidhean do chis-leigeil.

Mar a tha air a mhìneachadh ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*, tha Riaghaltas na h-Alba seo a' dealbhadh siostam chìsean sìmplidh agus follaiseach às dèidh neo-eisimeileachd, agus seo air a dhealbhadh gus am bi cothroman seachnadh cìse air an lùghdachadh. Thairis air a' chiad phàrlamaid neo-eisimeilich, bidh Riaghaltas na h-Alba agus Teachd-a-steach na h-Alba ag obair còmhla gus an siostam chìsean a dhèanamh nas sìmplidhe gus cosgaisean gèillidh a lùghdachadh, faochaidhean a sgioblachadh agus cuideachadh gus seachnadh cìse a lùghdachadh, le amas buannachd teachd-a-steach de £250 millean sa bhliadhna fhaighinn ro dheireadh na ciad teirm. Gu sònraichte, bidh an



Riaghaltas seo ag iarraidh air Teachd-a-steach na h-Alba cosgaisean gèillidh a lùghdachadh airson ghnòthachasan beaga is meadhanach mòr a bhios a' cruthachadh cosnadh luachmhor.

Bhiodh Riaghaltas na h-Alba an dùil cuireadh a thoirt do riochdairean bho choimhearsnachdan nan eilean gus cur ri prògram obrach gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air siostam cìse na RA a bhiodh air tighinn a-nuas thuca às dèidh neo-eisimeileachd agus tòiseachadh air an t-siostam chìsean ath-sgrùdadh gus làn-bhuannachdan siostam cìse ùr-nodha agus èifeachdadh a thoirt gu buil. Bheir seo cothrom dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' togail siostam cìse a choinnicheas ri feumalachdan na h-Alba air fad, coimhearsnachdan ar n-eileanan nam measg.

Reataichean gnothachais

Tha a bhith a' toirt taic do ghnòthachasan gus soirbheachadh na phrìomh phàirt de bhith a' brosnachadh choimhearsnachdan tapaidh agus àiteachan seasmhach sna h-eileanan againn. 'S e an rèim chìsean aon de na dòighean san urrainnear an taic sin a libhrigeadh, gu sònraichte tro bhith a' cleachdadh reataichean gnothachais.

Tha raon farsaing sgeamaichean faochaidh reataichean gnothachais ann a tha stèidhichte gu nàiseanta, a tha a' toirt buannachd do ghnòthachasan beaga no dhaibhsan ann an raointean sònraichte no sgìrean cruinn-eòlasach. Mar eisimpleir, ann an 2013, tha 2,800 aitreach ann an Arcaibh, Sealtainn agus sna h-Eileanan Siar air buannachd fhaighinn bho Sgeama Bònais nan Gnothachasan Beaga aig Riaghaltas na h-Alba, a' pàigheadh reataichean aig ìre neoni no aig ìre lùghdaichte gnothachais. Thug seo an cothrom dhaibh a' mhaoin sin a thasgadh an àite sin ann a bhith a' cumail suas agus a' leudachadh nan gnothachasan aca no a bhith a' cruthachadh obraichean ùra.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gum bu chòir barrachd sùbailteachd a bhith aig Comhairlean gus gnothachasan a bhrosnachadh no gus taic a thoirt do phrìomh ghnìomhachasan sna sgìrean aca agus gum bi an cumhachd seo gu sònraichte luachmhor do Chomhairlean nan Eilean. Mar phàirt de Bhile Ùghdarrachaidh nan Coimhearsnachdan (Alba) tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt a-steach cumhachd ùr gus leigeil le Comhairlean sgeamaichean faochaidh ionadail a chruthachadh.

Tha draghan dligheach ann an eileanan na h-Alba mu na cosgaisean a tha mu choinneamh chompanaidhean togail is innleadaireachd aig a bheil mòran ri chur ris an eaconamaidh ionadail. Aon uair is gu bheil am Bile air a dhol troimhe, bidh e comasach do

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

dh'ùghdarrasan ionadail roghnachadh faochadh reataichean a bharrachd a thabhann do chompanaidhean leithid seo no do earrannan eile mar as roghnach leotha, a' cuideachadh ghnothachasan ionadail gus spionnadh a thoirt do chruthachadh obraichean agus gus eaconamaidhean seasmhach eileanach a thogail. Bhiodh e fosgailte do Chomhairlean le eileanan beachdachadh air co-dhiù a bhiodh iad airson faochaidhean ionadail a bhuileachadh gu sònraichte air na h-eileanan aca a-mhàin.

Sealbh coimhearsnachd

Faodaidh sealbh coimhearsnachd no smachd air fearann no togalaichean cuideachadh gus coimhearsnachdan eileanach a dhèanamh nas tarrainge mar àiteachan-fuirich, a' toirt taic do ath-bheothachadh eaconamach agus leasachadh seasmhach. Thàinig còir ceannach nan coimhearsnachdan, a thàinig a-steach ri linn Achd Ath-leasachaidh an Fhearainn (Alba) 2003 gu bhith an gnìomh san Ògmhios 2004. Atharrachaidh Bile Ùghdarrachaidh nan Coimhearsnachdan (Alba) a' chòir seo, agus bheir e seachad frèam do bhuidhnean coimhearsnachd a tha a' riochdachadh choimhearsnachdan air feadh na h-Alba gus fearann a tha tràighe no air a dhearmad a cheannach, mura h-eil an neach leis a bheil e deònach a reic, gus an tèid adhartas a dhèanamh air leasachadh seasmhach airson an fhearainn. Bidh e cuideachd nas fhasa do choimhearsnachdan an "coimhearsnachd" fhèin a dhèanamh aithnichte ann am barrachd dhòighean, chan ann dìreach a rèir còd-puist, ach mar eisimpleir mar choimhearsnachd eilein shònraichte no mar bhuidheann eileanan.

Tha sealbh aig an raoin phoblaich air raon fearainn is togalaichean agus dh'fhaodadh buidhnean coimhearsnachd a bhith a' faireachdainn gum b' urrainn dhaibh feum na b' fheàrr a dhèanamh dhiubh. Bheir am Bile a-steach còir do bhuidhnean coimhearsnachd iarrtas a chur a-steach gus so-mhaoin na raoin poblaich a cheannach, a ghabhail air màl, a stiùireadh no a chleachdadh. Bidh còir aig a' bhuidhinn aig a bheil sealbh air an t-so-mhaoin measadh a dhèanamh air molaidhean na buidhne coimhearsnachd mu choinneamh a' chleachdadh làithrich, agus bidh barail ann gun tèid eadar-ghluasad aontachadh, mura h-eil adhbharan soilleir ann na aghaidh.

Sgilean

Tha a bhith a' leasachadh bunait sgilean ionadail, gus coinneachadh ri feumalachdan an dà chuid luchd-còmhnaidh agus ghnothachasan, fìor chudromach do dh'eileanan na h-Alba agus riatanach airson fàs



eaconamach. Tha dreuchd chudromach aig companaidhean de gach meud a tha ag obair air na h-eileanan ann a bhith a' togail air sgilean a rèir feumalachdan gnìomhachais, nam measg tro phreantasachdan tro Phrògram nam Preantasachdan Ùr-nodha.

Gus taic is comas a thoirt dhan gnìomhachd seo tha Riaghaltas na h-Alba, tro Leasachadh Sgilean na h-Alba, air gealltanais a thoirt do bhith a' leasachadh fianais agus tuigse mu fheumalachdan sgilean sgioba-obrach ro-innleachdail nan eileanan againn. Tha sgioba de luchd-obrach sònraichte aig Leasachadh Sgilean na h-Alba stèidhichte air feadh na h-Alba, agus ionadan sgìreil sna h-Eileanan Siar, Arcaibh agus Sealtainn nam measg. Leanaidh na sgiobaidhean seo air adhart a' toirt taic do bhith a' leasachadh sgilean iomchaidh, foghlam agus solar phreantasachdan a tha a' freagairt air suidheachaidhean àraid gach Sgìre Eilein, am measg seo a bhith a' leasachadh Phlanaichean Tasgaidh Sgilean (PTS) agus Measaidhean Sgilean Roinneil. Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba cuideachd air gealltanais a thoirt seachad còmhraidhean a chumail le Com-pàirteachasan Dealbhaidh Coimhearsnachd a' còmhach Sgìrean Eilein gus gnìomhachd a thoirt air adhart mar thoradh air PTSan na Gàidhealtachd is nan Eilean a tha gu bhith ann a dh'aithghearr.

Am measg iomairtean sònraichte eile tha Riaghaltas na h-Alba gu gnìomhach a' brosnachadh Prògram nam Preantasachdan Ùr-nodha do dh'fhastaichean air feadh nan eilean. Bho 2013 Cairteal 3, bha Leasachadh Sgilean na h-Alba air taic a thoirt do cha mhòr 300 neach-còmhnaidh taobh a-staigh nan trì Sgìrean Eileanach gus Preantasachd Ùr-nodha a thòiseachadh ann an 2013-14. A bharrachd, bhathar air taic tòiseachaidh a thoirt do chòrr is 150 tron Mhaoin Chosnaidh thar nan trì Sgìrean Eileanach ann an 2013-14. Tha Leasachadh Sgilean na h-Alba a' cumail rian air a' Mhaoin seo, ach tha seirbheisean air an leasachadh is air an libhrigeadh aig ìre ionadail gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' coinneachadh ri feumalachdan fa leth agus a' cur ris na tairgsean a tha air am maoineachadh gu h-ionadail agus a th' ann mar-thà, airson eileanaich a chuideachadh gus sgilean a leasachadh gus obair fhaighinn no leantainn air adhart gu trèanadh nas adhartache.

Obraichidh Riaghaltas na h-Alba còmhla ri coimhearsnachdan eileanach agus com-pàirtichean gus leantainn air adhart a' leasachadh foghlam adhartach, foghlam àrd-ìre, agus trèanadh sgilean freagarrach sna h-eileanan, a bheir seachad trèanadh airson gnìomhachasan riatanach ionadail a tha cudromach gu nàiseanta leithid ola agus gas, stòrasan mara agus lùth ath-nuadhachail.

⁴ Thathar an dùil gum foillsichear figearan nam Preantasachdan Ùr-nodha a rèir ùghdarras ionadail airson 2013-14 air 17 Ògmhios 2014

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

Leanaidh an obair chudromach seo air adhart ann an co-theacsa buileachadh ionadail PTS na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus freagairt Riaghaltas na h-Alba do dh'Aithisg a' Choimisein airson a bhith a' Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba (Coimisean Wood).

Innleadaireachd agus togail

Tha an earrann innleadaireachd is togail sna h-eileanan sa bhitheantas a' gabhail a-steach ghnòthachasan beaga innleadaireachd-aotrom, saothrachaidh agus obair-dèanaimh, a bharrachd air companaidhean innleadaireachd bun-structair agus companaidhean togail cunradail. Sheall cunntas-sluaigh 2011 gun robh a' cho-roinn de chosnadh bhon earrainn thogail (11 sa cheud) na bu chudromaiche do na h-eileanan an coimeas ris a' chòrr de dh'Alba (8 sa cheud).

Tha pailteas de stòrasan nàdarra sna h-eileanan a dh'fhaodadh a bhith air an cur gu feum na b' fheàrr gus tasgadh a tharraing a-steach dha na sgìrean sa bheil iad. Dh'fhaodadh na h-eileanan a bhith an lùib cruthachadh lùth ath-nuadhachail agus obair-dèanaimh aig ìre chruinneil – le gnìomhachd an t-sreath-sholair aithnichte mar phrìomh stiùir airson a bhith a' leasachadh an eaconamaidh ionadail. Tha cothrom cuideachd ann dha na h-eileanan a bhith gu mòr an sàs ann an obair taic agus sreathan-solair, a' gabhail a-steach dì-choimiseanadh. 'S e prìomh dhùbhlann aghaidh a chur ri fo-choileanadh eaconamach ann an earrainn an obair-dèanaidh – gu h-àraid agus ìrean àrda trèanaidh agus sgioba-obrach sgìleil ann gu h-eachdraidheil. Dh'fhaodadh seo a bhith tro phreantasachdan agus trèanadh ann an earrainn na h-ola agus a' ghas.

> *Tha pailteas de stòrasan nàdarra sna h-eileanan a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh ann an dòigh nas fheàrr gus tasgadh a tharraing do na sgìrean sònraichte aca.*

Obraichidh Riaghaltas na h-Alba agus a bhuidhnean, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba, còmhla ri Comhairlean nan Eilean, a' gabhail a-steach an t-Slighe Gnothachais, gus meud-comais air na h-eileanan a neartachadh agus sreath-solair luachmhor de chompanaidhean innleadaireachd is togail a chruthachadh a bhios ag obair air na h-eileanan seo. Bidh gnìomhan a' gabhail a-steach:

- » a' toirt taic do leasachadh thar nan earrannan gus dèanamh cinnteach gu bheil an gnìomhachas togail seasmhach;



- » a' toirt taic do ghnòthachasan fàis ann an gnìomhachas na h-innleadaireachd, gu h-àraid far a bheil iad a' cur luach ris an t-sreath-sholair ann an earrannan fàis eile leithid lùth;
- » a' comharrachadh sgilean a tha a dhìth ann an gnìomhachas na h-innleadaireachd is an togail agus gus taic a thoirt do thrèanadh;
- » sgilean a leasachadh gus daoine a tha a' fuireach sna h-eileanan a chuideachadh gus cothroman cosnadh nas fheàrr a bhith aca taobh a-staigh a' ghnìomhachais innleadaireachd is togail; agus
- » Tha *Àm ri Teachd na h-Alba* a' mìneachadh nam poileasaidhean eaconamach agus gnìomhachais a dh'fhaodadh Alba a leantainn ri linn neo-eisimeileachd gus torachas, innleachdas, rannsachadh agus leasachadh a bhrosnachadh agus gus cothrom nas fheàrr a thoirt do às-mhalairt thar eaconamaidh na h-Alba. Dh'fhaodadh an seata de cheumannan eaconamach a thathar a' moladh uile buannachd a thoirt do dh'eaconamaidhean nan eilean.

Ann a bhith a' toirt nam poileasaidhean seo air adhart beachdaichidh Riaghaltas na h-Alba air dòighean innleachdail gus dèanamh cinnteach gu bheil eileanan na h-Alba a' faighinn buannachd à tasgadh ann am fàs eaconamach.

Am measg nan iomairtean a tha air an comharrachadh ann an *Àm ri Teachd na h-Alba* tha:

- » A' leasachadh ro-innleachd gnìomhachais ùr airson na h-Alba, a' gabhail a-steach taic airson tasgadh, a' neartachadh dreuchd Banca Tasgaidh na h-Alba, a' leudachadh leasachadh sgilean agus a' leudachadh ar bun-stèidh togail, le fòcas sònraichte air a bhith a' dèanamh a' chuid as fheàrr de na cothroman togail a tha an lùib nan comasan lùtha far-chladaich againn.
- » A' brosnachadh innleachdas tro thaic ionmhasail dìreach agus neo-dhìreach leithid iasadan is barantasan creideis agus brosnachaidhean cise a tha ag amas air a bhith a' brosnachadh tasgadh ann an gnìomhachdan ùr-ghnàthach ann an rannsachadh is leasachadh.
- » A' meudachadh com-pàirteachas san sgioba-obrach tro chùram-chloinne a bheir cruth-atharrachadh seachad, agus siostam inimrich a tha a' coinneachadh ri feumalachdan na h-Alba san dòigh as fheàrr.

Solar poblach

Tha e riatanach gu bheil solar na raoin poblaich, as fhiach mu £10 billean sa bhliadhna, a' lìbhrigeadh buannachd poblach cho mòr 's a ghabhas dhan eaconamaidh agus do na coimhearsnachdan againn. 'S e rùn modail solarachaidh na h-Alba dèanamh cinnteach gu

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

bheilear a' dèanamh feum cho mòr 's a ghabhas de na dh'fhaodas solar poblach cur ri soirbheas eaconamaidh na h-Alba. Tha an dòigh-obrach sin a' coimhead air solarachadh mar phàirt bunaiteach dhen phròiseas iomlan a thaobh leasachadh poileasaidh agus libhrigeadh seirbheis. Cuidichidh Bile Ath-leasachaidh an t-Solarachaidh (Alba), a chaidh aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba sa Chèitean 2014, sinn gus leasachaidhean a thoirt air adhart nas luaithe ann an siostam an t-solarachaidh agus aghaidh a chur ri neo-chunbhalachdan nach fheum a bhith ann do luchd-solair a tha an lùib gnothachais leis an raoin phoblaich.

Chan eil lagh an Aonaidh Eòrpaich a' ceadachadh leth-bhreith a tha buannachdail do ghnòthachasan a tha stèidhichte ann an Alba. Dh'fhaodadh a bhith a' toirt air falbh bacaidhean do chom-pàirteachas SME ann am margaidhean solair phoblaich cur gu mòr ri fàs eaconamach na h-Alba.

Anns na h-Eileanan an Iar tha poileasaidh aig a' Chomhairle gus clàsa buannachd coimhearsnachd a chur a-steach do chunraidhean uile mura h-eil adhbhar ann nach biodh seo ion-dhèante. Dh'fhaodte gun gabh barrachd buannachd coimhearsnachd 'fhàsgadh' a-mach às na cunraidhean seo gus teirmean nas fheàrr a ghleidheadh do ghnòthachasan ionadail a thaobh fo-fhastadh agus cosnadh ionadail - le barantasan a tha a' cur aghaidh ri cùisean a' buntainn ri cosnadh do dhaoine òga a thaobh cothroman cosnadh cuimseach agus trèanadh/leasachadh sgilean tro mhodhan leithid phreantasachdan foirmeil. Bidh Bile Ath-leasachaidh an t-Solarachaidh (Alba) ga chur mar riatanas air buidhnean poblach beachdachadh air clàsan buannachd coimhearsnachd a chur a-steach dhan a h-uile cunradh mòr ùr san raoin phoblaich agus mura h-eil iad iomchaidh, innse carson ann am brath a' chunraidh.

Chuir Riaghaltas na h-Alba ìmpidh air Coimisean na h-Eòrpa gus reachdas solarachaidh ath-leasachadh. Tha am Prìomh Mhinistear air a dhèanamh soilleir gun cleachdadh Riaghaltas na h-Alba a shuidheachadh mar Bhall-stàit neo-eisimeileach gus argamaid airson atharrachaidhean do dhòigh-obrach an Aonaidh Eòrpaich a thaobh solarachadh. Air an gabhail còmhla, cuiridh Bile Ath-leasachaidh an t-Solarachaidh (Alba) agus Riaghailtean Solarachaidh ùra an Aonaidh Eòrpaich frèam reachdail làidir timcheall air Modail Solarachaidh na h-Alba, a' dèanamh mhodhan nas simplidhe, nas coitchinne agus nas sgioblaichte, an dà chuid do ghnòthachasan agus do bhuidhnean poblach; agus a' cur ceannachd a tha seasmhach agus cunntasach gu sòisealta aig cridhe a' phròiseas.



Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air adhart ag obair le eileanan na h-Alba a thaobh a bhith a' buileachadh Bile Ath-leasachaidh an t-Solarachaidh (Alba) agus frèam nas fharsainghe an t-solarachaidh rè samhradh 2014, a' gabhail a-steach cothroman gus gnothachasan ionadail a neartachadh.

Dealbhadh

Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba a bhith a' cleachdadh dòigh-obrach dealbhaidh a tha stèidhichte air na h-àiteachan fhèin, agus chaidh tòrr sùbailteachd a choileanadh roimhe tro ath-leasachadh dealbhaidh. Tha am Frèam Dealbhaidh Nàiseanta a' cur an cèill Ro-innleachd Eaconamach an Riaghaltais a thaobh farsaingeachd. Tha e a' mìneachadh na ro-innleachd fad-ùine againn airson fàs agus tasgadh, a' faicinn Alba mar àite soirbheachail, seasmhach; àite le càrbon ìosal; àite nàdarra, tapaidh; agus àite le ceangalan matha. Tha Poileasaidh Dealbhaidh na h-Alba a' toirt na lèirsinn seo air adhart agus a' mìneachadh mar a dh'fhaodas dealbhadh atharrachadh cudromach agus math a libhrigeadh anns na sgìrean fhèin.

Tha lèirsinn am Frèam Dealbhaidh Nàiseanta airson fàs a' comharrachadh cho cudromach 's a tha eileanan agus cladaichean na h-Alba airson an eaconamaidh againn san àm ri teachd. Fhad 's a thathar ag aithneachadh gu bheil na bailtean mòra nam prìomh stiùirean a thaobh eaconamaidh na h-Alba, thathar a' toirt aithne cho-ionann do na cothroman mòra leasachaidh a tha a' tighinn am bàrr às na trì Sgìrean Eileanach, chan ann a-mhàin bho lùth mara ath-nuadhachail, ach cuideachd bho na neartan eaconamach as fharsainghe aca, agus càileachd àrainneachd is càileachd beatha a tha cho math 's a gheibhear air an t-saoghal. A thaobh farsaingeachd, tha am Frèam Dealbhaidh Nàiseanta a' cur taic ri ceangaltas didseatach agus còmhhdhalach, a' toirt prìomhachas dhan bhun-structair a tha a dhìth gus comas lùth ath-nuadhachail nan eilean fhuasgladh, agus ag aithneachadh prìomh bhailtean nan eilean mar ionadan airson tasgadh agus seirbheisean.

Tha Riaghaltas na h-Alba air sealltainn gu bheil dealas aige do shealladh nan eilean le bhith a' gabhail os làimh 'dìon-eileanach' eagarach de Phoileasaidh Dealbhaidh na h-Alba (PDA) a tha a' tighinn am bàrr - le taic bho Chomhairlean nan Eilean taobh a-staigh buidheann-obrach ùine-ghoirid a bhios an sàs ann an dealbhadh. Tha seo a' ciallachadh, airson a' chiad uair, gu bheil iomraidhean soilleir mu na cùisean sònraichte dealbhaidh sna Sgìrean Eileanach taobh a-staigh am PDA, agus gu bheil a' tàilllearachd phoileasaidhean iomchaidh gus suidheachaidhean ionadail a nochdadh.

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

Leudaichidh Riaghaltas na h-Alba beatha agus meud-comais na buidhne-obrach seo thairis air obair dearbhaidh PDA gus leigeil leinn obrachadh le Comhairlean nan Eilean gus sgrùdadh a dhèanamh air prìomh chùisean, leithid ceangalan eadar dealbhadh muireil agus tìreil, ann an dòigh nas mionaidiche. Thèid meud-comais na h-obrach seo a dhearbhadh tro cho-obrachadh le Ceannardan Dealbhaidh nan eilean. An àite a bhith dìreach na fhòram airson chòmhradh, tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba do bhith a' comharrachadh agus a' toirt air adhart freagairtean a ghabhas obrachadh agus a bheir seachad barrachd sùbailteachd ann an dealbhadh, stòrasan a shireadh ann an dòigh nas èifeachdaiche, agus fòcas nas gèire air cùisean dealbhaidh a tha a' buntainn gu sònraichte ris na h-eileanan.

Còmhdhail

Thathar ag aithneachadh san fharsaingeachd gu bheil còmhdhail na pàirt riatanach de ghnìomhachd eaconamach air fad. Tha an t-so-mhaoin is am bun-structair co-cheangailte a bhios gan cleachdadh, uile nam pàirtean de dh'eaconamaidhean eileanach làidir, beothail agus seasmhach. Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gu bheil com-pàirteachas ionadail gu h-àraid cudromach do Chomhairlean nan Eilean nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnidhean mu ullachaidhean airson còmhdhail, agus còmhdhail aig prìs chothromach agus neo-chosgail an dà chuid gu/bho agus eadar nam buidhnean eilean. Tha an dà phrionnsapal seo aig teas-meadhain nan gnìomhan againn san àm ri teachd.

Ceannardas

Ag aithneachadh gu bheil dùbhlain àraid an lùib ceangaltas do na h-eileanan againn agus an ìre chun a bheil coimhearsnachdan làidire agus gnothachasan ionadail an crochadh air ceangalan còmhdhalach èifeachdach agus aig prìs chothromach, gu h-àraid cho fìor chudromach 's a tha seirbheisean aiseig bunaiteach bho thìr-mòr gu na Sgìrean Eileanach iomallach, tòisichidh Riaghaltas na h-Alba còmhradh le coimearsnachdan eileanach agus luchd-ùidh eile gus beachdachadh air ullachaidhean riaghlaidh com-pàirteach.

> *Tha Riaghaltas na h-Alba a' daingneachadh gu bheil e a' gealltainn faraidhean cothromach air seirbheisean aiseig eadar eileanan.*

Dh'fhaodadh iad seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' neartachadh nan ullachaidhean a th' ann mar-thà, stèidhichte air co-obrachadh eadar Còmhdhail Alba, com-pàirteachasan còmhdhail



ionadail agus Comhairlean, no a' cruthachadh buidheann a bharrachd ri taobh seo a bhios a' cumail fòcas air cùisean còmhhdhalach a' buntainn ris na h-eileanan, mar eisimpleir fòram còmhhdail eileanach a choinnicheas dà uair sa bhliadhna. Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn ullachaidhean riaghlaidh a bheir làn-aire do bheachdan a tha a' buntainn gu sònraichte ris na h-eileanan, agus obraichidh iad le luchd-ùidh gus beachdachadh air seo agus dèanamh cinnteach à seo air stèidh leantainneach.

Faraidhean

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn measadh a dhèanamh air neo-chosgailleachd siubhal aiseige gu agus bho choimhearsnachdan eileanach, le amas a bhith a' toirt a-steach faraidhean nas cothromaiche do mhuinntir nan eilean, luchd-turais agus gnothachasan. Thèid na Cosgaisean Co-ionann Rathaid a sgaoileadh a-mach a dh'aithghearr gu na slighean a tha air fhàgail ann an lìonra Seirbheisean Aiseig Chluaidh is nan Eilean. Bheir seo lùghdachaidhean mòra do luchd-siubhail, càraichean, carbadan beaga malairteach agus busaichean air 14 slighe aiseige a bharrachd bho thoiseach clàr-ama geamhraidh 2015-16.

Ag aithneachadh suidheachaidhean eadar-dhealaichte nan slighean agus nam faraidhean gu is bho na h-Eileanan a Tuath, leanaidh Riaghaltas na h-Alba air adhart a' cumail chòmhradh le Comhairlean Eileanan Arcaibh agus Shealtainn gus bruidhinn mu ullachaidhean airson an ama ri teachd airson faraidhean gu agus bhon tìr-mhòr. Tha Riaghaltas na h-Alba soilleir nach biodh ullachaidhean Cosgaisean Co-ionann Rathaid an-còmhnaidh buannachail air seirbheisean aiseige nan Eileanan a Tuath, seach gu bheil na h-astaran a tha nan lùib a' ciallachadh gum faodadh raon de na faraidhean fàs nas daoire.

Mar phàirt de na dleastanasan aca do na coimhearsnachdan aca, tha e an urra ri Comhairlean nan Eilean faraidhean a shuidheachadh is aontachadh airson nan seirbheisean aiseige eadar-eileanan a bhios iad a' solarachadh. Mura h-eil dleastanas aig Riaghaltas na h-Alba airson a bhith a' lìbhrigeadh nan seirbheisean bunaiteach seo, cumaidh Riaghaltas na h-Alba còmhradh mu chruth agus raon-ama a bhith a' sgaoileadh a-mach Cosgaisean Co-ionann Rathaid sam bith le Comhairlean nan Eilean. Tha Riaghaltas na h-Alba a' daingneachadh gu bheil e a' gealltainn faraidhean cothromach air seirbheisean aiseige eadar eileanan.

Tha Ministearan na h-Alba gu gnìomhach air ìmpidh a chur air a' Choimisean Eòrpach thar grunn bhliadhnachan gus barrachd sùbailteachd fhaighinn san ùine as fhaide a tha ceadaichte airson chunraidhean aiseige, agus seo roimhe cuingealaichte ri sia

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

bliadhna. Às dèidh an tagraidh seo, chuir an Coimisean Eòrpach a-mach stiùiridhean ath-sgrùdaichte o chionn ghoirid, a' cur taic chudromach ri beachd Riaghaltas na h-Alba air a' chùis seo. Tha barrachd sùbailteachd ann am faid nan cunnraidhean aiseige gu h-àraid feumail ann an cunnraidhean san àm ri teachd far am bi oibrichean buailteach tòrr airgid a thasgadh ann an soithichean. Le neo-eisimeileachd agus guth nas làidire san Roinn Eòrpa, is urrainn do Riaghaltas na h-Alba draghan nan eilean againn a riochdachadh gu dìreach a thaobh gnothaichean còmhhalach uile.

Seirbheisean adhair

Tha Riaghaltas na h-Alba a' tasgadh mu £30 millean sa bhliadhna gus taic a thoirt do sheirbheisean adhair chun na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan. Tha seo a' gabhail a-steach cosgais a bhith a' ruith puirt-adhair le Puirt-adhair na Gàidhealtachd is nan Eilean Earranta, Sgeama Lasachaidh nam Faraidhean Adhair agus slighean Dleastanas Seirbheis Phoblaich (DSP). Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast a' gealltainn gun solaraichear na goireasan seo san ùine-fhada.

Gu sònraichte, tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn gun tèid Sgeama Lasachaidh nam Faraidhean Adhair a th' ann mar-thà a chumail suas gus an urrainn do luchd-còmhnaidh ann an coimhearsnachdan iomallach agus eileanach leantainn air adhart a' faighinn cothrom air còmhdhail adhair aig prìs lasaichte. Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt fa-near gu bheil Comhairlean nan Eilean ag iarraidh an sgeama a leudachadh gu bhith a' gabhail a-steach seòrsachan àraid de chòmhdhail gnothachais, agus tha e a' toirt cuireadh do na Comhairlean cùis gnothachais a chur ri chèile a tha a' sealltainn nan cosgaisean agus a tha a rèir an lagha, agus gum beachdaich Riaghaltas na h-Alba air an uair sin. Mar Bhall-stàite neo-eisimeileach dhen Aonadh Eòrpach, bhiodh barrachd comais aig Alba agairtean dìreach a dhèanamh dhan Aonadh Eòrpach gus taic a thoirt do ghoireas leithid seo agus a' togail air a' chobhair làithreach a tha sòisealta na ghnè.

Mar phàirt dhen tasgadh leantainneach againn ann an còmhdhail, tha Riaghaltas na h-Alba air pròiseas a thòiseachadh gus dà itealan ùr a cheannach. Bidh iad sin air an obrachadh leis a' chompanaidh adhair a ghleidheas an cunnradh gus slighean DSP a sholarachadh eadar Glaschu agus Ceann Loch Chille Chiarain, Tiriodh agus Barraigh. Nì Riaghaltas na h-Alba ceangal le luchd-siubhail, gnothachasan agus cùisean eile a' buntainn ri coimhearsnachdan nan eilean gus beachdachadh air dè na leasachaidhean a ghabhas dèanamh a thaobh nan slighean seo. Beachdaichidh an Riaghaltas cuideachd air co-dhiù a dh'fhaodas sàbhalaidhean a rèir meud a

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

bhith air an libhrigeadh le bhith a' cur Còmhdhail Alba agus slighean adhair nan ùghdarrasan ionadail còmhla gu bhith nan aon phasgan, agus co-dhiù a bu chòir rianachd a' chunnraidh a bhith air a ghabhail os làimh aig ìre nas ionadaile.

Aiseagan Eadar-eileanan agus ceangalan stèidhichte

Tha aiseagan eadar-eileanan ann an cuid de sgìrean, gu h-àraid na h-Eileanan a Tuath, air an solarachadh leis na h-ùghdarrasan ionadail agus air am maoineachadh air stèidh eadar-dhealaichte bho sheirbheisean CalMac. Tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gum faod dùbhlain ionmhasail susbainteach tighinn air ùghdarrasan ionadail fa leth, agus tha e a' gealltainn gun tèid cumail ri prionnsapal maoineachadh cothromach nuair a thathar a' solarachadh aiseagan agus bun-structair aiseagan.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh nach bu chòir solar sheirbheisean còmhdhalach uallach ionmhasail nas motha na tha freagarrach a rèir a meud a chur air Comhairle sam bith gus am biodh seo an aghaidh prionnsapalan Alt 170, le iomradh sònraichte air cosgaisean teachd-a-steach agus cosgaisean aiseagan ùra a cheannach, a tha an lùib sheirbheisean aiseige taobh a-staigh Arcaibh agus Shealtainn. Thathar a' gealltainn barganachadh ciallach a-nis gus a' chùis seo a cho-dhùnadh.

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd ag aithneachadh gu bheil ùidh aig cuid de Sgìrean Eileanach ann an ceangalan stèidhichte, a' cur fàilte air molaidhean bho na h-eileanan agus a' gealltainn gun tèid beachdachadh air molaidhean sam bith leithid seo, a' co-roinn fiosrachadh iomchaidh agus a' comasachadh lìonraidhean agus ionnsachadh le dùthchannan eile leithid Nirribhidh. Tha Riaghaltas na h-Alba dhen bheachd, le neo-eisimeileachd agus ballrachd san Aonadh Eòrpach, gum bi comas nas fheàrr aig Alba gus maoineachadh Aonaidh Eòrpaich fhaighinn gus taic a chur ri tasgadh ann am bun-structair, leithid ceangalan stèidhichte, agus gun obraich e leis na h-eileanan mar a thathar a' mìneachadh ann am badan eile san ro-shealladh seo gus a' chuid as fheàrr fhaighinn às na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann. Ann a bhith a' dèanamh seo, nì e feum dhen taic speisealta a thaobh maoineachadh Eòrpach a tha Còmhdhail Alba a' cur air dòigh airson cuideachadh gus cothrom fhaighinn airson pròiseactan a' buntainn ri còmhdhail.

Riaghlaiche cìs connaidh

Tha *Àm ri Teachd na h-Alba* ag aithneachadh gur e prìomh chosgais a tha ann an cosgaisean connaidh do luchd-cleachdaidh agus do ghnothachasan. Le neo-eisimeileachd, tha Riaghaltas na h-Alba seo an dùil sgrùdadh a dhèanamh air buannachdan a bhith a' toirt

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

a-steach inneal Riaghlaiche Cìs Connaidh gus prìsean a dhèanamh nas bunaitiche do ghnothachasan agus do luchd-cleachdaidh agus mar a ghabhadh seo obrachadh ri taobh Maoin Lùtha na h-Alba againn.

Ceangaltas didseatach

Tha Comhairlean nan Eilean a' sireadh gealltanais seirbheis uile-choitcheann a shuidheachadh a thaobh seirbheisean conaltraidh bann-leathainn agus fòn-làimhe; gu sònraichte:

- » bu chòir gum b' urrainn dhan a h-uile aitreabh sna h-eileanan cothrom fhaighinn air Bann-leathainn an Ath Ghinealaich aig prìsean coltach ris a' chòrr dhen dùthaich; agus
- » bu chòir seirbheisean conaltraidh fòn-làimhe còmhach agus ceangaltas a sholarachadh air feadh nan eilean.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' gealltainn gum faigh sgìrean iomallach agus dùthchail na h-Alba an ceangal didseatach as fheàrr a ghabhas faighinn, na h-eileanan am measg sin, co-dhiù is ann tro bhann-leathainn an ath ghinealaich no seirbheisean bann-leathainn fòn-làimhe.

Bann-leathainn an Ath Ghinealaich

Leudaichidh an tasgadh susbainteach a thathar a' dèanamh ann am bun-structair Bann-leathainn an Ath Ghinealaich ruigsinneachd thar nan eilean thairis air an dà bhliadhna a tha romhainn, ach tha Riaghaltas na h-Alba ag obair còmhla ri Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Bann-leathainn Coimearsnachd na h-Alba (BCA) agus Comhairlean nan Eilean gus a dhol nas fhaide buileach. Tha obair a tha mar-thà a' dol air adhart a' gabhail a-steach com-pàirteachas sholarachaichean mar phàirt dhen Phrògram Leudachaidh Fìor-luath, gus tuigsinn dè na freagairtean teicneòlasach a dh'fhaodadh a bhith air an cur gu feum san àm ri teachd, a bharrachd air taic airson pròiseactan stèidhichte sa choimhearsnachd a dh'fhaodadh a bhith tighinn am bàrr tro BCA.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh air Comhairlean nan Eilean, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus BCA leantainn air adhart leis a' cho-obrachadh seo le amas cothrom air bann-leathainn a thoirt gu àireamh cho mòr 's a ghabhas de dh'aitreabhan sna trì Sgìrean Eileanach. Tha Riaghaltas na h-Alba deiseil is deònach leantainn air adhart a' toirt taic dhan phròiseas seo. Choinnich buidheann-obrach, air an tarraing bho riochdairean às na h-eileanan, Riaghaltas na h-Alba, BCA agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, sa Mhàrt gus measadh a dhèanamh air ceangaltas thar nan eilean agus thathar a' cur seisean leantainneach air dòigh a-nis.



Bheir seo cothrom còmhraidhean a chumail mu sgaoileadh làithreach agus san amharc tro phrògram Bann-leathainn Didseatach Fìor-luath na h-Alba (BDFa) agus roghainnean airson nan aitreabhan sin far nach eil coltas gun tèid Bann-leathainn an Ath Ghinealaich a libhrigeadh mar phàirt dhen seo, co-dhiù is ann tro BCA no am Prògram Leudachaidh Fìor-luath.

'S e prìomh phrionnsapal dhen obair seo gu bheilear a' dèanamh feum cho math 's a ghabhas dhen t-so-mhaoin a th' ann mar-thà, leithid an lìonra a tha fo shealbh Shetland Telecom agus bun-structair sam bith a tha air a libhrigeadh tro phrògram SWAN (*Scotland Wide Area Network*). San fharsaingeachd, tha Riaghaltas na h-Alba a' sgrùdadh mar a dh'fhaodadh bun-structair snàithleach, a thathar a' cleachdadh an-ceartuair airson adhbharan nach eil a' buntainn ri tele-chonaltradh (leithid a bhith a' cumail smachd air tuathanasan-gaoithe no a bhith a' cumail sùil air fo-stèiseanan dealain), a bhith air an cleachdadh gus ceangalan eadar am prìomh lìonra agus na fo-lìonraidhean a sholarachadh do choimhearsnachdan. Tha BCA a' cumail còmhraidhean le luchd-seilbh a' bhun-structair seo gus sgrùdadh a dhèanamh air ion-dhèantachd agus faighinn thairis air cnapan-starra a dh'fhaodadh a bhith ann.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha bann-leathainn gu h-eaconamach is gu sòisealta do choimhearsnachdan iomallach agus dùthchail air feadh na h-Alba. Tha riaghladh tele-chonaltraidh glèidhte an-ceartuair agus mar sin na bu tràithe am-bliadhna sgrìobh Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhais, Fastaidh agus Fàis Sheasmhaich, mar Chathraiche de Cho-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilean, gu Ofcom gus sgrùdadh a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh Comain Seirbheis Choitchinn (CSC) a bhith air a bhuileachadh airson bann-leathainn. Ach, tha e soilleir nach eil rùn sam bith an-ceartuair aig Riaghaltas Westminster seo a bhuileachadh.

Às aonais CSC bann-leathainn, tha Riaghaltas na h-Alba agus a chom-pàirtichean a' tasgadh còrr is £280 millean ann am prògram BDFa a nì cinnteach gun urrainn do 85 sa cheud de dh'aitreabhan bann-leathainn snàithleach fhaighinn ro dheireadh 2015 agus 95 sa cheud ro dheireadh 2017. Às aonais an eadar-theachd seo, cha ruigeadh còmhach ach 66 sa cheud ro 2017.

> *Thathar a' dèanamh tasgadh susbainteach ann am bun-structair bann-leathainn an ath ghinealaich agus leudaichidh seo ruigsinneachd thar nan eilean thairis air an dà bhliadhna a tha romhainn.*

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

Bhiodh cumhachdan aig Alba neo-eisimeileach stiùirean riaghlaidh a chleachdadh a dh'fhaodadh ruigsinneachd gu seirbheisean a leudachadh. 'S e moladh Riaghaltas na h-Alba riaghlaidhe eaconamach singilte a chruthachadh le dleastanasan thar grunn earrannan, tele-conaltradh am measg sin. Dh'fhaodadh e beachdachadh gu mionaideach air a' chùis gus Bann-leathainn CSC a thoirt a-steach. Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn, cuide ris an tasgadh susbainteach a tha e a' dèanamh, gu bheil comas aig CSC solar bann-leathainn gu taigheadasan is gnothachasan sna coimhearsnachdan dùthchail againn a leasachadh. Leanaidh Riaghaltas na h-Alba air adhart a' conaltradh le Comhairlean nan Eilean mun chùis seo.

Còmhdach Fòn-làimhe

Tha Riaghaltas na h-Alba cuideachd gu mòr airson taic is comas a thoirt do chonaltradh leantainneach a tha ag amas air a bhith a' coileanadh còmhdach fòn-làimhe nas fheàrr sna h-eileanan.

Na bu tràithe am-bliadhna, sgrìobh Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhais, Fastaidh agus Fàs Sheamhaich gu Ed Vaizey, Ministear Roinn a' Chultair, nam Meadhanan agus an Spòrs (RCMS) as leth buidheann *Ar n-Eileanan Ri Teachd* gus na draghan a tha againn le chèile mu adhartas Pròiseact Bun-structair Fòn-làimhe Riaghaltas na h-Alba a chur an cèill. Mar thoradh air litir Mhgr Swinney, tha RCMS air aontachadh coinneachadh ri Comhairlean nan Eilean, cuide ri Arqiva a tha a' lìbhrigeadh a' phròiseict.

A' coimhead air adhart, leanaidh Riaghaltas na h-Alba air adhart a' toirt taic do Chomhairlean nan Eilean tro phròiseas com-pàirteachaidh le RCMS agus Arqiva. Tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh conaltradh a thaobh Pròiseact Buileachaidh nam Fònaichean-làimhe (PBF) a chom-pàirteachadh taobh a-staigh bùth-obrach nas fharsainghe mu cheangaltas fòn-làimhe, a' comasachadh ceangal eadar riochdairean bho Ofcom agus Oibrichean Lìonra Fònaichean-làimhe agus na h-eileanan. Bhiodh tachartas leithid seo a' toirt fòram sàr-mhath do na h-eileanan gus an lèirsinn aca a thaisbeanadh, gus an urrainn dhan ghniomhachas a mhapa-rathaid airson na roinne a mhìneachadh agus gus còmhradhean brìgheil àrach eadar gach buidheann a thaobh cùisean bunaiteach leithid reumhaireachd roinneil, sgaoileadh agus ìrean còmhdach.

Tro chòmhradhean leantainneach le oibrichean fòn-làimhe agus Ofcom, tha Riaghaltas na h-Alba air tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air reumhaireachd roinneil. Ged nach eil seo do-dhèante gu teicnigeach, tha Riaghaltas na h-Alba dhen bheachd gum faodadh reumhaireachd roinneil a bhith doirbh a choileanadh an dà

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

chuid gu teicnigeach agus gu malairteach. A bharrachd, tha Riaghaltas na h-Alba a' tuigsinn gum faodadh reumhaireachd roinneil a bhith neo-thaitneach do luchd-cleachdaidh. Bhiodh seo air sgàth 's nach biodh reumhaireachd taobh a-staigh na dùthcha ag obrachadh san aon dòigh ri reumhaireachd thall-thairis.

Cha bhiodh an gluasad thairis air lìonraidhean nan oibrichean a' tachairt gun bhriseadh, agus bhiodh seo a' ciallachadh gun deidheadh còmhraidhean fòn a chall agus gum biodh brisidhean san t-seirbheis. Tha na h-oibrichean fòn-làimhe uile an aghaidh reumhaireachd roinneil, agus ged a tha Ofcom a' leantainn air adhart a' sgrùdadh na cùise, chan eil planaichean sam bith aige òrdachadh.

Bheireadh neo-eisimeileachd cuideachd cothrom do Riaghaltas na h-Alba agus dhan Riaghlaiche Singilte a tha e a' moladh, sùbailteachd gus beachdachadh air dleastanasan còmhdaich sònraichte a chleachdadh airson saoraidhean speactrum agus ceadachdan a bhiodh ag obair gus a' chuid a b' fheàrr a dhèanamh de chòmhdach fòn-làimhe agus bann-leathainn dùthchail, le aire do dhòighean-obrach soirbheachail a chaidh a chleachdadh ann am badan eile dhen Roinn Eòrpa. Ged nach eil cumhachdan riaghlaidh/reachdail an-dràsta aig Alba thairis air tele-chonaltradh, tha Riaghaltas na h-Alba a dh'aindeoin sin a' leantainn air adhart ag obair le Riaghaltas Westminster, Ofcom agus na prìomh oibrichean gus dèanamh cinnteach às na toraidhean as fheàrr do dh'Alba. A thaobh còmhdach, choitich Riaghaltas na h-Alba gu soirbheachail ri Ofcom ro reic-tairgse 4G na bliadhna an-uiridh gus dèanamh cinnteach gun robh aon cheadachd a' giùlan còmhdach airson 95 sa cheud, aig a' char as lugha, de shluagh na h-Alba. Ghlèidh Telefonica (O2) a' cheadachd seo. Ged nach fheum Telefonica ach an ìre còmhdaich seo a choileanadh, is fhiach toirt fa-near gu bheil am bun-structair aige air a cho-roinn le Vodafone agus tha farpais lìonraidh mar thoradh air a seo a' ciallachadh gu bheil oibrichean eile, leithid EE, a' gealltainn còmhdach farsaing.

Gus dèanamh cinnteach à còmhdach fòn-làimhe riarachail, tha e soilleir gu bheil dealbhadh reic-tairgse riatanach ann an dùthchannan le sgìrean cruinn-eòlasach mòr agus àireamhan-sluaigh gann, gus cothrom a thoirt do luchd-ceannaich air seirbheis agus roghainn. Le neo-eisimeileachd, is urrainn dhuinn ionnsachadh bho na rèimean riaghlaidh agus poileasaidh aig dùthchannan leithid na Suain gus targaid còmhdaich nas motha a choileanadh. Tha còmhdach 4G mar-thà aig còrr is 90 sa cheud san t-Suain.

Seirbheisean libhrigidh puist agus Am Post Rìoghail

Tha seirbheisean puist fìor chudromach ann an Alba, gu h-àraid ann

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

an coimhearsnachdan dùthchail agus eileanach. Bheir neo-eisimeileachd seachad an cothrom dèanamh cinnteach gu bheil seirbheis puist uile-choitcheann suidhichte a tha a' freagairt air feumalachdan na h-Alba, gu h-àraid feumalachdan nan coimhearsnachdan iomallach agus dùthchail againn. Tha Àm ri Teachd na h-Alba a' mìneachadh dùil an Riaghaltais seo a bhith a' maidseadh, co-dhiù aig a' char as ìsle, an ìre seirbheis a thàinig a-nuas bhon RA às dèidh neo-eisimeileachd, agus 's e sin an-ceartuair seirbheis sia làithean san t-seachdain airson a' phuist. Le bhith a' riaghladh seirbheisean puist, leigidh seo le riaghaltas ann an Alba neo-eisimeileach ceumannan a ghabhail gus aghaidh a chur ri cosgais àrd a bhith a' lìbhrigeadh pharsailean ann an sgìrean iomallach agus dùthchail.

Tha Àm ri Teachd na h-Alba cuideachd a' mìneachadh dùil an Riaghaltais seo tòiseachadh a' cur a' Phuist Rìoghail ann an Alba air ais fo sheilbh na stàite às dèidh neo-eisimeileachd, agus seirbheisean Oifis a' Phuist a bhith a' cumail fòcas air an rud as fheàrr a dh'obraicheas do choimhearsnachdan agus do ghnòthachasan air feadh na h-Alba.

Turasachd

Tha Ro-innleachd Eaconamach Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh gur e prìomh earrann eaconamach a tha ann an turasachd airson na h-Alba. A bharrachd air a' bhuidhe eaconamach dhìreach air gnòthachasan agus daoine fa leth, faodaidh turasachd cur ri co-theacsa nas fharsainge eaconamaidh measgaichte agus seasmhach, a' tarraing agus a' seirbheiseachadh in-thasgadh agus a' brosnachadh fàs sluaigh. Tha so-mhaoin agus gnìomhan nàdarra, sòisealta agus coimhearsnachd nam pàirtean cudromach de na tha na Sgìrean Eileanach a' tabhann do luchd-turais agus nan stòras cruthachail cuideachd. Tha e soilleir carson a tha turasachd riatanach do na h-eileanan – agus carson a tha na h-uibhir aig na h-eileanan ri thabhann.

> *Faodaidh turasachd, sa cho-theacsa as fharsainge, cur ri eaconamaidh measgaichte agus seasmhach.*

Eadar Dàmhair 2012 agus Sultain 2013, rinneadh suirbhìdh am measg luchd-turais air feadh nan eilean, le VisitScotland, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Comhairlean Eileanan Arcaibh agus Shealtainn agus Comhairle nan Eilean Siar. Sheall e gun robh biadh agus deoch, mar eisimpleir, a' riochdachadh pàirt chudromach dhen airgead a bha luchd-turais a' cosg ann an àite – agus uaireannan b' e sin a bha toirt orra tadhal sa chiad àite.

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

Cuiridh Riaghaltas na h-Alba taic ri com-pàirteachas nas làidire eadar eileanan na h-Alba, VisitScotland, Còmhdhail Alba agus luchd-ùidh eile gus am feum as fheàrr a dhèanamh de chothroman gus turasachd a bhrosnachadh do dh'eileanan na h-Alba. Tha Frèam Leasachaidh Turasachd Nàiseanta VisitScotland ath-sgrùdaichte a' sealltainn far a bheil feum air prìomh chothroman tasgaidh – agus far a bheil neartan/so-mhaoin làithreach rim faighinn.

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh cho cudromach 's a tha ceangalan còmhdhalach airson earrann na turasachd sna h-eileanan.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur fàilte air taic bho Chomhairlean nan Eilean airson àm ri teachd Bliadhnachan Fòcais agus ag aithneachadh gu bheil iad seo a' toirt cothrom air leth gus am feum as fheàrr a dhèanamh dhen t-so-mhaoin dhiofraichte a tha sna h-eileanan – agus tha com-pàirtichean sna h-eileanan mar-thà air am brosnachadh gus obrachadh còmhla ri VisitScotland gus comas àraid nam bliadhnachan seo a ghlacadh.

Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba obrachadh le Comhairlean nan Eilean, agus coimhearsnachdan nan eilean, aig ìre obrachail gus an comas àraid a th' aca mar chinn-uidhe a thoirt gu bith, cleachdadh stòrasan a leasachadh, cuideachadh ann a bhith a' brosnachadh co-roinn bun-structair gus turasachd a bhrosnachadh, agus cuideachadh gus freagairtean a thoirt a-steach a tha gu h-àraid a' freagairt air na h-eileanan.

Dh'fhaodadh an obair seo a bhith a' gabhail a-steach na leanas, gun a bhith cuingealaichte ri seo:

- » obrachadh le Comhairlean nan Eilean gus na h-Ùrlaran Co-roinn Fiosrachaidh a th' ann mar-thà a chleachdadh gus obair nas dlùithe a bhrosnachadh (a' gabhail a-steach a bhith a' co-roinn toraidhean rannsachaidh iomchaidh) eadar buidhnean poblach, ùghdarrasan ionadail, an gnìomhachas fhèin agus cuideachd buidhnean san treas raon;
- » sgrùdadh air mar a dh'fhaodadh obair thùsail le Comhairle Eileananan Arcaibh air Cuireadh gus Tairgseachadh airson seirbheisean bhuisaichean a bhith air a chleachdadh mar mhodail de chùis gnothachais a dh'fhaodadh a bhith air a chur an gnìomh thar nan eilean air fad – agus coimhead air dè na roghainnean a th' ann airson taic a thoirt do bhith ag obair còmhla barrachd;
- » oifigearan riaghaltais agus luchd-obrach iomchaidh NDPB ag obair le gnìomhachas and Comhairlean nan Eilean gus luach a tha air a chur ris roimhe a thaisbeanadh tro iomairtean leithid Mallin Waters – agus na cothroman nas fharsainghe airson mhargaidhean thar-nàiseanta a tha an lùib na mara; agus

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

» a bharrachd air obair turasachd mara a th' ann mar-thà, sgrùdadh a dhèanamh air na h-ath cheumannan ann a bhith a' co-obrachadh a thaobh freagairt do Chonaltradh a' Choimisein Eòrpaich sa Ghearran 2014 'Ro-innleachd Eòrpach airson tuilleadh Fàis agus obraichean ann an turasachd Cladaich agus mara' COM (2014) 86. Taobh a-staigh obair shònraichte mun ro-innleachd seo tha grunn mholaidhean leis a' Choimisean far am faodadh prìomh dhreuchd a bhith aig Comhairlean nan Eilean.

Tha na h-eileanan nam pàirt riatanach de mhargaideachd na h-Alba san fharsaingeachd. Tha a bhith nam pàirt de dh'iomairtean VisitScotland a' fosgladh chothroman nas motha, ruigsinneachd fada nas motha agus follaiseachd fada nas motha – gu h-àraid ann am Bliadhna Tilleadh Dhachaigh gu Alba 2014 – nuair a tha sùilean an t-saoghail oirnn.

Gnìomhachasan Cultarail agus Cruthachail

Tha cho cudromach 's a tha na gnìomhachasan cruthachail do dh'Alba aithnichte seach gu bheil na gnìomhachasan cruthachail air an gabhail a-steach mar aon de sheachd prìomh raointean fàis ann an Ro-innleachd Eaconamach an Rìghaltais (cuide ri Lùth, Seirbheisean Ionmhasail, Biadh agus Deoch, Saidheansan Beatha, Turasachd agus Oilthighean). Tha iad co-dhiù a cheart cho cudromach do choimhearsnachdan nan eileanan againn 's a tha iad do dh'Alba san fharsaingeachd.

Tha caractar nan Eilean Siar, Arcaibh agus Shealtainn follaiseach ann am beairteas na susbaint is nam batharan cruthachail is cultarail aca. Le brosnachadh 'brìgh an àite' a tha a' cuairteachadh àrainneachd, coimhearsnachd, cànan (Gàidhlig agus dual-chainntean Albais) agus dualchas cultarail, tha raon measgaichte luchd-gnàthachaidh sna h-eileanan, a' gabhail a-steach ceòl ùr-nodha agus traidiseanta, litreachas, na h-ealain, fasan agus làimh-chiùird. Bidh craoladh, obair-aodaich agus dualchas a' tabhann ìrean cudromach cosnaidh agus cothroman gnothachais. Bidh na h-eileanan cuideachd a' toirt aoigheachd do thachartasan ainmeil, fèisean agus galaraidhean a bhios a' togail air a' bhunait chultarail is chruthachail. Tha batharan cruthachail, a tha tarraingeach gu ìre air sgàth ceangal ri coimhearsnachd eilean sònraichte, leithid Clò Hearach no seudraidh às Arcaibh, air an às-mhalairt do bhunait luchd-ceannach eadar-nàiseanta. Tha na gnìomhachasan cruthachail agus cultarail a' cur gu susbainteach ri bhith a' stiùireadh gnìomhachd eaconamach taobh a-staigh nan eilean agus a' tabhann cothrom cudromach airson fàs eaconamach agus iol-ghnèitheachadh san àm ri teachd.

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

Tha seo air aithneachadh le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (UHI), aig a bheil colaistean anns gach Sgìre Eileanach agus aig a bheil Gnìomhachasan Cruthachail agus Cultarail mar aon de na h-ochd lionraidhean cuspair aige. Taobh a-staigh UHI tha ionadan sàr-mhathais leithid Ionad Rannsachaidh Arc-eòlais Arcaibh agus Ionad an Eòlais Lochlannaich (le ionadan ann an Arcaibh agus Sealtainn) a' gabhail brath air eachdraidh àraid nan eilean seo ann an dòigh a tha a' freagairt air an latha an-diugh agus a tha a' ruigsinn a-mach gu ar nàbaidhean Lochlannach agus thar sin, mar eisimpleir, o chionn ghoirid nochd Ionad Rannsachaidh Arc-eòlais Arcaibh an t-eòlas a bha iad air a leasachadh mu na tursachan is na carraighean ann an Làraich Dualchais na Cruinne an Arcaibh le pròiseact obair-raoin air Ìomhaighean Easter Island. Thairis air na trì Sgìrean Eileanach, tha buaidhean cudromach aig an earrainn chultarail is chruthachail air turasachd, agus luchd-turais air an tarraing dhan sgìre le taighean-tasgaidh nan eilean, cruinneachaidhean taigh-tasgaidh a tha cudromach gu nàiseanta, tasglannan agus làraich arc-eòlasach (am measg sin Làraich Dualchais na Cruinne - Cridhe Hiort/Arcaibh Nuadh-chreagach) agus carraighean. Tha gnothachasan agus batharan cruthachail a' toirt raon eòlasan is chothroman do luchd-turais fhad 's a tha iad a' tadhal.

Tha an raon seo cuideachd na phàirt de shusbaint sòisealta nan eilean. Tha cothrom air, agus com-pàirteachas ann, an gnìomhachd chruthachail is chultarail a' cruthachadh soirbheas coimhearsnachd is sòisealta, agus a' dèanamh nan eilean nan àiteachan tarraingeach airson a bhith a' fuireach is ag obair annta.

Tha àireamh mhòr iomairtean an crochadh air margaidhean ionadail (sa bhitheantas na h-iomairtean as lugha), fhad 's a tha margaidhean nàiseanta agus eadar-nàiseanta aig àireamh nas lugha de dh'iomairtean (sa bhitheantas na 'stiùirichean margaidh').

Tha an earrann aithnichte le raon farsaing is measgaichte de ghnìomhachdan - bho fhastaichean mòra leithid an fheadhainn a tha an lùib dualchas agus craoladh, gu iomairtean fèin-fhastaidh - bho 'luchd nan dòighean-beatha fìor àraid' gu 'dòighean-beatha measgaichte' gu meanbh-ghnothachasan.

> *Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh neartan dùthchasach eileanan na h-Alba: dualchas is cultar Lochlannach agus Gàidhlig.*

Tha Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh neartan dùthchasach eileanan na h-Alba: dualchas is cultar Lochlannach agus Gàidhlig;

A' neartachadh soirbheas nan eilean leantainn

dualchas àrc-eòlasach is nàdarra; susbaint na Gàidhlig agus craoladh agus làimh-chiùird is fasan. Tha dealas aig Riaghaltas na h-Alba leantainn air adhart a' toirt taic dhan dualchas Lochlannach is Ghàidhlig, dhan chultar agus dhan chànan am measg choimhearsnachdan nan eilean. Le neo-eisimeileachd dh'fhaodadh Seirbheis Chraolaidh Albannach craoladh fa leth a leasachadh aig ìre fo-Alba, a' gabhail a-steach nan eilean, gus an cultar is na cùisean làithreach a tha a' buntainn riutha a thoirt am follais.

Tha raon phoblach na h-Alba a' toirt taic do na gnìomhachasan cultarail is cruthachail ann an grunn dhòighean. Bidh ùghdarrasan ionadail a' toirt comhairle is cuideachadh do chompanaidhean beaga is do ghnothachasan ùra a tha a' tòiseachadh, tron t-Slighe Ghnothachais am measg dhòighean eile. Bidh Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' toirt seachad taic a tha air amas gu sònraichte. Tha raon-ùghdarras sònraichte aig Alba Chruthachail gus taic a thoirt do na gnìomhachasan cultarail is cruthachail. Tro sin, tha dreuchd chudromach aig Alba Chruthachail ann a bhith a' toirt taic do chultar coimhearsnachdan nan eilean. A' nochdadh cho follaiseach 's a tha na h-eileanan san earrainn chruthachail, bha an tasgadh aig Alba Chruthachail a rèir gach neach san t-sluagh sna h-Eileanan Siar, Arcaibh agus Sealtainn ann an 2012-13 a' sealltainn gun robh iad san dàrna, sa cheathramh agus sa chòigeamh àite am measg 32 sgìrean ùghdarras ionadail na h-Alba. Tha eachdraidh dhearbhte aice a thaobh a bhith a' tasgadh sna traidiseanan ciùil bheothail aca, agus seo ri fhaicinn, mar eisimpleir, sa bhursaraidh a bh' ann o chionn ghoirid do luchd-ealain gus rannsachadh a dhèanamh air stòras ceòl fìdhle Shealtainn. Bheir Riaghaltas na h-Alba air adhart tuilleadh chòmhradh eadar na h-eileanan agus Alba Chruthachail gus dèanamh cinnteach gu bheil an gealltanais seo a' leantainn air adhart.



An ath rud a thachras

Tha an ro-shealladh seo a' mìneachadh toradh Buidheann-obrach Mhinistreib Sgìrean nan Eilean. 'S e pasgan cuimseach cheumannan a th' ann agus tha e stèidhichte air a' ghluasad chumhachdan gu Pàrlamaid na h-Alba a bhiodh neo-eisimeileachd a' libhrigeadh. Bhiodh làn-chumhachdan neo-eisimeileachd a' dèanamh cinnteach gun deidheadh na co-dhùnaidhean a b' fheàrr a bhiodh air am breithneachadh le coimhearsnachdan eileanach, a dhèanamh leis na coimhearsnachdan eileanach sin, agus gu bheil a' gabhail aire do dh'fheumalachdan nan eilean aig gach ìre riaghlaidh.

Às dèidh bhòt airson neo-eisimeileachd air 18 Sultain tòisichidh Riaghaltas na h-Alba ag obair gus am pasgan seo a bhuileachadh gu h-iomlan.

Tha àireamh de na cheuman a chaidh a mhìneachadh a' cur feum air reachdas agus mar sin bidh iad fo ùmhlachd mion-sgrùdadh agus rùn na Pàrlamaid. 'S e an ceum as cudromaiche am measg nan ceuman seo a bhith a' stèidheachadh Achd nan Eilean. Tha an ro-shealladh seo agus *Àm ri Teachd na h-Alba* a' dearbhadh dealas Riaghaltas na h-Alba do bhith a' toirt air adhart Bile airson Achd nan Eilean.

Bhiodh Bile nan Eilean fo ùmhlachd phròiseasan àbhaisteach Phàrlamaid na h-Alba, am measg sin co-chomhairle iomlan leis a' phoball agus mion-sgrùdadh le Pàrlamaid na h-Alba.

Tha grunn cheuman eile ann nach biodh a' feumachdainn an dàrna cuid an gluasad chumhachdan a thigeadh an cois neo-eisimeileachd no reachdas ùr a bhith air a dhèanamh. Tha a bhith a' buileachadh grunn dhiubh seo mar-thà a' dol air adhart – mar eisimpleir ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil guth nas motha agus reachdachadh cho math 's a ghabhas aig na h-eileanan a thaobh obrachadh is sgrùdadh Prògram Leasachadh Dùthchail na h-Alba. Dheidheadh an guth is an riochdachadh seo do na h-Eileanan a leudachadh le Neo-eisimeileachd seach gum biodh Riaghaltas na h-Alba ag obair mar Bhall-stàit den Aonadh Eòrpach.

'S e aon de na prìomhachasan tràth airson Alba neo-eisimeileach a bhith a' cruthachadh bun-reachd sgrìobhte maireannach. Mar a thathar a' mìneachadh ann an *Àm ri Teachd na h-Alba*, thèid seo a dheasachadh, às dèidh neo-eisimeileachd, le cùmhnant Bun-reachdail, neo-eisimeileach bho Riaghaltas na h-Alba agus bho Phàrlamaid na h-Alba, ann am pròiseas a bhios gu coitcheann a' com-pàirteachadh is air a stiùireadh le saoranaich. Ach, molaidh an Riaghaltas gum bi am bun-reachd sgrìobhte a' gabhail a-steach ullachadh a bhios ag aithneachadh suidheachadh àraid eileanan na h-Alba.

An ath rud a thachras

leantainn

Seach gu bheil atharrachadh bun-reachdail san amharc, tha sin air leigeil le pròiseas ùrachaidh tòiseachadh a thaobh deamocrasaidh. Tha neo-eisimeileachd a' toirt cothrom do dhaoine agus do choimhearsnachdan a bhith aig cridhe dèanamh cho-dhùnidhean ionadail agus aig gach ìre de phoileasaidh nàiseanta agus airson am feumalachdan a bhith air an aithneachadh ann am Pàrlamaid na h-Alba agus nas fharsainge taobh a-staigh an Aonaidh Eòrpaich.

Tha neo-eisimeileachd a' tabhann cothrom gun tèid co-dhùnidhean mu Alba a dhèanamh leis an fheadhainn as motha a tha a' gabhail cùram mu Alba, 's e sin na daoine a tha a' fuireach an seo. Tha Riaghaltas na h-Alba a' creidsinn gur e sin brìgh fèin-dhearbhaidh agus tro phrionnsapalan a bhith a' toirt cumhachd nas fhaisge air na daoine agus a bhith a' dèanamh cho-dhùnidhean gu h-ionadail, tha sinn a' creidsinn gu bheil an ro-shealladh seo a' leudachadh a' chothraim sin gu eileanan na h-Alba.

Eàrr-ràdh 1

Buidheann-obrach
Mhinistreib Sgìrean nan
Eilean

B' iad Buill Buidheann-obrach Mhinistreib Sgìrean nan Eilean:

Derek MacAoidh BPA	Ministear airson Riaghaltas Ionadail & Dealbhadh (Cathraiche)
Pòl Wheelhouse BPA	Ministear airson na h-Àrainneachd & Atharrachadh Aimsir
An Comhairliche Aonghas Caimbeul	Ceannard Chomhairle nan Eilean Siar
An Comhairliche Dr Steven Heddle	Neach-gairm agus Ceannard, Comhairle Eileanan Arcaibh
An Comhairliche Gary Robinson	Ceannard Comhairle Eileanan Shealtainn
Mark Boden	Àrd-oifigear Comhairle Eileanan
Alistair Buchan	Àrd-oifigear Comhairle Eileanan Arcaibh
Malcolm Burr	Àrd-oifigear Comhairle nan Eilean Siar

A bharrachd, bha na Ministeran a leanas an làthair aig coinneamhan sònraichte dhen Bhuidhinn, mar a bha iomchaidh a rèir dleastanasan an raoin-ùghdarrais:

Ridseard Lochhead BPA	Rùnaire a' Chaibineit airson Chùisean Dùthchail & na h-Àrainneachd
Keith Brown BPA	Ministear airson Còmhdhail & Cùisean Feachda
Fearghus Ewing BPA	Ministear airson Lùtha, Iomairt & Turasachd
An Dr Alasdair Allan BPA	Ministear airson Ionnsachaidh, Saidheans & Cànan na h-Alba

Dh'aontaich a' Bhuidheann aig a' chiad choinneamh gum biodh fòcas air:

- » Beachdachadh air mar a tha agus mar a dh'fhaodadh Comhairlean nan Eilean a bhith a' faighinn taic gus na cumhachdan làithreach a tha ri fhaotainn dhaibh a chleachdadh, agus coimhearsnachdan a chom-pàirteachadh gus seirbheisean poblach nas fheàrr is nas co-fhreagarraiche, cho math ri toraidhean nas fheàrr, a lìbhrigeadh do choimhearsnachdan;
- » Beachdachadh air deamocrasaidh ionadail a leasachadh is a leudachadh sna buidhnean eileanan agus cothroman ann an co-theacsa an referendum, am measg sin na cùisean a thàinig am bàrr sa cho-aithris suidheachaidh againn *Ar n-Eileanan Ri Teachd*; agus
- » Ro-shealladh aontachadh a bhios a' mìneachadh chothroman do choimhearsnachdan nan eilean san àm ri teachd, agus Riaghaltas na h-Alba gu làidir dhen bheachd gu bheil neo-eisimeileachd a' tabhann a' chothraim as fheàrr airson adhartas leithid seo.

Bha taic aig a' Bhuidhinn bho chlàireachas air a tharraing bho oifigearan anns gach Comhairle agus Riaghaltas na h-Alba. Choinnich a' Bhuidheann sia troipean:

29 Lùnastal 2013	Dùn Èideann
29 Dàmhair 2013	Glaschu
21 Samhain 2013	Dùn Èideann
17 Gearran 2014	Lerwick
24 Màrt 2014	Steòrnabhagh
2 Ògmhios 2014	Kirkwall

Chuireadh taic ris gach coinneamh tro cho-obrachadh cudromach eadar Comhairlean nan Eilean agus oifigearan Riaghaltas na h-Alba gus leasachadh is sgrùdadh a dhèanamh air an raon chuspairean a tha air am mìneachadh san iomairt *Ar n-Eileanan Ri Teachd* againn.

> Tha sinn a' creidsinn gur iad na daoine a tha a' fuireach agus ag obair ann an Alba a tha san t-suidheachadh as fheàrr gus co-dhùnaidhean a dhèanamh mun àm ri teachd againn - brìgh fèin-dhearbhaidh; mar sin tha sinn a' cur taic ri bhith a' toirt cumhachd nas fhaisge air na daoine agus a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean gu h-ionadail.

“Dearbhadh Lerwick”,

Am Prìomh Mhinistear, Ailig Salmond BPA, 25 Iuchar 2013



© Crown copyright 2014

ISBN 978-1-78412-606-3 (Gaelic)

Foillsichte le Riaghaltas na h-Alba, Ògmhios 2014

Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndra
Dùn Èideann
EH1 3DG

Dèante airson Riaghaltas na h-Alba le Buidheann APS Alba, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
DPPAS31773 (06/14)

w w w . s c o t l a n d . g o v . u k